



PRUDENTIA · PRÆSTAT



EX·LIBRIS  
HEW·MORRISON



6. D.

H.M. 48.

See Typo h. 92 note

Very rare.

The editor of *Zygo. Galathica* never  
met with the Gothic edition!











*MACLEOID AM MORTAIR.*

## GUTH

### Ó Bhruaichi na Síorruidheachd, *SEARMON*

A CHAIDH LIUBHAIRT ANN AN EAGLAIS-SGIREACHD IN-BHIRNIS, AIR DI-LUAIN, 24AMH LA DE MHIOS DHEIREANN-ACH AN FHOGHAIR 1831, AIR BALL AN DEIGH DO

**UISTEIN MACLEOID**

*A BHI AIR A CHROCHADH.*

AIR SON MORT OILLTEIL

**MHURCHAIDH GHRANNT;**

ÀNNS AM BHEIL CUNNTAS MU'N MHORT, AGUS NA CEUMAIBH FA LETH A THARRUING E D'A IONNSUIDH; AGUS MAR AN CEUDNA EACHDRAIDH CEUD CHAITRE-BEATHA, MAILLE RI CUNNTAS AIR AITHREACHAS AGUS CROCHADH A MRORTAIR; (NI IS I AN T-SEARMON MU'N DO LABHAIR E FEIN AIG A CHROICH.)

**LEIS AN URRAMACH A. CLARC, A.M.**  
AON DO MHINISTEIRIEH INBHIRNIS.

*AIR EADAR-THEANGACHADH O'N BHEURLA CHUM GAELIC  
ALBANNAICH.*

**Inbhírnis:**

CLO-BHUAILTE LE D. STALCER,

MRSON C. DOUGLAS, L. GRANNT, I. SMITH, D. MORRISON, AGUS D. MAG CULLOCH, LEABBAR-REICEADAIRIBH ANN AN INBHIRNIS;  
AGUS R. DOUGLAS, ANN AM BAILE-DEUTMAICHE,



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

1458

## ROIMH-RADH AN EADAR-THEANGAIR.

*Do Luchd-àitich Gàeltachd agus Eileana na h-Alba.*

**Mo CHAIRDEAN GRADHACH**—Tha e duilich leam gu'n robh eadar-theangachadh na searmoin so echo fada gun a bhí air a chlò-bhualadh, ach air sonnan aobhairean a leanas cha robh e comasach dhomh an obair a dheanamh ni bu trathaile. Anns a cheud àite, na dleasdanasan lionmhор a tha fiachaicht' orm, anns an dreuchd chudthromach anns am bheil mi air mo shuidheachadh. Anns an dara h-àite, ged rinn cuid de mo chaidribh caoimhneil lamh-cobhrach a thoirt d'nomh anns an t-seirbhis so; a chionn gu'n do leudaich Ughdar Urramach na searmoin an teagascg, an uair a chaidh a clo-bhualadh an dara agus an treas uair anns a bheurla; bha an saothair-sa ann an tomhas mhor caillte, maille ri mo shaothairsa, air chor's gum b'fheudar dhomh mu dheireadh an leabhar gu h-iomlan eadar-theangachadh o 'thoiseach gu 'dheireadh. Ach tha e 'na mhor-shòlas dhonibh, gum bheil an obair chud-thromach so a nis air a eriochnachadh. Ciod air bith mar a tha'n t-eadar-theangachadh. air a dheanamh, cha do chaomhain nii saothair air. Agus tha mi 'guidheadh air Dia nan uile ghràs, gu'n lean e gach earail agus rabhadh firinneach a tha air an toirt anns an t-searmon, le beannachd eifeachdach dhoibhsan uil' a leughas no chluinneas iad. Do bhrigh nach 'eil air fhagail dhomh ach dà thaobh-duilleig de'n leabhar so, ri sgriobh-adh orra, cha chomasach dhomhs' anns an roimh-radhbh so a bheag a radh ribh, agus cha mho bhiodh e freagarrach dhomh sin a dheanamh, an deigh gach earail chudthromach a th'agaibh chean' anns an t-searmon. Sibhs' a tha chomh-nuidh am measg bheanntan agus ghleanntan na Gàeltachd—is tric mi a smuaineachadh air 'ur staid, aonarach ann an iomadh seadh, agus 's e mo dhùrachd, gum biodh eòlas ro-oirdheirc an Tì sin a tha “gu leir ionmhuinn,” Dan Sholaimh v. 16, air a sgaoileadh gu buadhach 'n 'ur measg, agus “—a ghradh air a dhortadh a mach ann bhur cridheachaibh, tre 'n Spiorad Naomh —.” Air leam gum bheil Dia a labhairt ribhs' a tha 'n 'ur párrantaibh air mhodh ro shòlaimt' 'na fhocal naomh, mar thubhairt nighean Pharaoh ri mathair an leinibh Mhaois, “—thoir an leanabh so leat, agus altrum dhomhs' e —.” Ecsod. ii. 9. Smuain-ichibh air an la eagallach sin anns am mallaich clann am párrantan air mhodh uamhasach, a chionn nach d'rinn iad an “togail suas ann an oilean agus ann an teagascg an Tighearn.” Cleachdaibh gach uile dhichioll chum maighstirean-sgoil' t haotainn air am bi fior eagal an Tighearn, a phàirticheas gu dileas

agus gu fallain ri 'ur sliochd firinnean ro chudthromach an t-soisgeil. Tha e 'na aobhar eagail, gum bheil cuid diubhsan a th' anns an dreuchd chudthromach so, mu 'm feudar a radh

" Ma gheibh iad an rùsg,

" Gum bheil iad coma co dhiubh,

" Mu'n t-sionnach bhi stiuradh an treud."\* f

A mhuinnitir òg, beachdaichibh le mor chùram air na h-ear-allibh a tha air an toirt dhuibhse mar an ceudna, agus bithibh air bhur faicill o'n mhealltaireachd eagallach sin, a bhi 'g 'ur toileachadh fein le coslas na diadhaidheachd; mur 'eig agaibh ach so, ceadaichidh Satan dhuibh dhol air bhur n-aighaidh gu samhach, gus an ruig sibh bruaich na Siorruidheachd, no gus am fosgail sibh bhur suilean anns na lasraichibh siorruidh.

A mhuinnitir Eilein Cholla—maille ris an do-bhullich mi a chuid bu shona de laithibh mo chuairet 'san t-hàsach gus a niseadar sibhs' agus mise tha ceangal gràidh nach urra mi dhi-chuimhneachadh, am feadh 's a bhios mi 'nam fhear-cuairet ann an gleann nan deur. Agus do bhrigh gum feud e tachairt, nach seilbhich mi an solas sin, bhur gnuis fhaicinn ni's mo 'san fheoil, cha bheag an comh-t hurtachd a tha e toirt dhomb, gum feud an leabhar so, anns am bheil co-lionn earail fhirinneach air an toirt dhuibh, teachd a dh'ionnsuidh bhur laimhsa, agus a bhi air a leughadh leibhise, agus le 'ur sliochd, 'nuair a bhios mis' air mo thasgadh anns' " — an tighe a dh'orduicheadh do gach uile bheo," Iob xxx. 23. Bitheadh e mar ro-churain oirbh, nach faighear sibh fadheoidh am measg nan oighean amaideach, ach gum bi sibh air blur faotuinn 'nam measgsan a tha dianruith a dh'ionnsuidh a chomharraidh, chum duaise ard-ghairme Dhe ann an Iosa Criosd. Ghuidhinn oirbh leis gach uile dhurachd, a bhi mar an ceudna air bhur faicill o'n treunmhealladh sin, a tha air a sgoileadh air feadh na tire, le saoblh-chreidmhich, a tha fiaradh air doigh uamhasach nan Sgriobtuirean Naomha, le claoen-bheachd air trocair Dhe, a cheart ni a chruadhaich Mac-Leoid ni's mo agus ni's mo ann an ain-diadhachd. Tha iad a deanamh so le thi 'g eadar-theangachadh leabhrachaichean bheaga o'n bheurla gus a Ghælic. Seachnaibh iad sin, mar nihe a tha ro-chronail d'ur n-anmannaibh. O ! cuimhnichibh an guth o bhruaich na Siorruidheachd. Cuimhnichibh guth breitheanais eagallaich Dhe, a tha nis a labhairt an aghaidh ar rioghachd, agus a tha 'eur moran ann an tiota dh'ionnsuidh na h-uaghach. Cuimhnichibh an guth o Chalbhari, a tha làn a dh'iongantas do-labbairt, agus a bhios 'na iongantas, do ainglibh na gloir, agus do uile

\* Dughall Bochanain.

+ Agus mar so a tha fuineadh an arain le fuil anmannia neo-bhasmhor,

mhuianntir shaort' an Tighearn, agus 'na òran mhilis 'nam beul feàdh uile liantearn na bith-bhuantachd. Cuimhnichibh an guth a tha luchdaichte le gaol nam flaitheanas, "— Ma tha tart air neach 'sam bith, thigeadh e m' ionnsuidhse, agus òladh e." Eoin vii.37. Nach e so an guth a bu choir a bhi sior-sheirm ann an cluasaibh bhur n-anam, agus, nan d'thigeadh e le cumhachd, a bhe.readh orrasan a tha fo bhuaidh a ghuth so eigheach a mach, " neo-ghlan, neo-ghlan a ta mi." — Gu'n robh Dia nan uile ghràs maille ribh.

Is e so urnuigh 'ur seirbhiseach neo-airidh,

EBENEZER DAVIDSON.

Inbhirnis, Samh la de cheud  
mhìos an Earraich 1832. }

**DO UAISLIBH, LUCHD-RIAGHLAIDH, EILDEIRIBH, AGUS  
LUCHD-AITEACHAIDH BAIL' AGUS SGIR' INBHIRNIS.**

**Mo CHAIRDEAN IONMHUINN,**

Tha e 'na mhòr-shòlas dhomh an t-searmon so a chur fa 'ur comhair, mar chail-eigin do chomharradh de'n ghradh sin a dh'eiridinn mi dhuibh, o'n àm anns an do choinnich sibh's agus mise, an taobh a steach do h-aon de na ceanglaichibh dàimh a's ro-shòlaimt' am measg dhaoine. Tha e nadurrach gum biodh duil agaibh ri beagan cunnais mu'n teagast a tha mi nis a' cur fa'r comhair, maille ris na h-aobhairibh a threoraidh mi gu a' dheanamh follaiseach air an doigh so. 'Nuair a runaich mi an t-searmon so a leanas a liuthairt, air feasgar la crochaidh Mhic-Leoid, cha robh e 'nam bheachd gum bitheadh i air a clò-bhualadh. Bha mi air mo threorachadh gu so a dheanamh, leis na h-aobhairibh a leanas. B'e a cheud aobhar, gu'n d'thug mi fainear, gun robh ann an giulan Uistein MhicLeoid cui'd do nithibh a bha 'labhairt mar earailibh ro-chudthromach, air mhodh àraidih ris a ghinealach òg. An dara h-aobhar, gu'n d'thug mi fainear gu'n deach'moran dhachaidh air feasgar an latha air an do shearmonaich mi, a chionn nach robh iad comasach air teachd cho dlu do'n ionad-aoraidh 's gu'n cluinneadh iad. An treas-aobhar, gu'n robh e 'na mhòr-churam orm, nach basaicheadh na rabhaidhean sòlaimt' a bha 'eachdraidh-san a' toirt, maille ri-làsgadh innintinn na muinntir a bha 'nam fianuisibh air a bhàs-maslaich. Tha'n t-searmon so ann an tounhas mhòr air a giorrachadh, a chum gum bitheadh a prìs cho beag 'sa dh'fheudt' a deanamh, agus tha cui'd a dh'earrainnibh air am filléadh a steach ann, o'n t-searmon a liubhair mi o'n cheann-teagaisg cheudna, air feasgar na ceud Sabaid' an deigh a chrochaidh.

Do bhrigh gu'n deachl an t-searmon a sgriobhadh an deigh a liubhairt, tha càil-eigin a dh'eadar-dhealachadh ri fhaicinn ann am beagan do bhriathraibh. Tha mi 'ga cur a mach chum an t-saoghal, le h-urnuigh dhurachdach, gum biodh an eachdraidh chomharracht' a tha air a cur sios ann, air a deanamh feumail ann an tonhas, chum casg a chur air an aingidheachd eagallach sin a tha buadhacladh am measg na h-òigridh. 'Sann o Uistein MacLeod fein gu sonraicht' a fhua'r mi an cuntas so, a tha mi nis a toirt m'a eachdraidh, m'a ghiulan, m'a shuidheachadh inntinn, agus m'a theachd air aghairt ann an aindiadhadhachd. Cha bhithleadh saorsuinn agam so a dheanamh follaiseach do'n t-saoghal, mur bhi' gum b'e 'iarrtas fein gum bitheadh e air a dheanamh cho feumail, mar rabhadh do mhuinntir eil', 'sa bha e comasach a dheanamh. Chuir e'n ceill air doigh shòlaimt' air sgàlan na croiche, gu'n robh gach ni a dh'innis e dhomh m'a thimchioll fein, agus mu'n chiont oilteil air son an d'shuiling e am bàs, 'na shirinn gun fhoill, agus gu'n cuirinns' an ceil brigh na h-eachdraidh so, air feasgar an latha sin an deigh a bháis. Dh'innis e dhomh, gum b'e aon aobhar a bha 'na bheachd, ann a eachdraidh a thoirt dhomhs' amhain, gu'n robh eagal air gum bitheadh na thubhairt e air a mhi-bhreith-neachadh le muinntir eile, agus mar so gum bitheadh nithe neo-fhior air an cur an ceil leo. Thubhairt e gu'n robh e gu mor fo fhiachaibh do m' bhraithribh urramach 'sa Mhinistreileachd, mar an ceudna do Mhinisteiribh eadar-dhealaicht' o'n Eaglais Shuidhichte, agus do chuid do dhaoinibh diadhaidh eile, air son an caomh churaim m'a shláinte shiorruidh.

Feumaidh an aithris so, air iomadh doigh, bhi ro-mhuladach d'a luchd-dàimh; agus le a thoirt am follais, cha'n 'eil e air m'aire an geur-bhron an-tromachadh. Cho-eignicheadh mi gu so a dheanamh, leis a gheur-mhothachadh a th'agam dhe'n dleasdanas a tha fiachaicht' orm do na li-uile, aig an àm bhronach so, agus mar an ceudna, le àithne sholaimt' an duin' a bha dluth do'n bhàs, agus a chuir an ceil 'eachdraidh fein gu h-iomlan domh; agus 'se m'urnuigh gu'n naomhaicheadh Dia de 'mhòr-throcair an trioblaid dlieuchainneach so dhoibh uile, anns am bheil comh-fhulangas agam riu. Cha b'urradh mi air doigh freagarrach gun iomradh dheanamh, anns an eachdraidh so, air companachaibh, agus cor, agus suidheachadh MhicLeod, a chionn gun d'innis e fein dhomh gu sòlaimte, gu'n d'chuidich iad sin uile ann an tomhas mhòr gu'thoirt air aghaidh ann an slighibh a' pheacaidh. Cha'n 'eil mi deonach faireachdainn neach air bith a chrádh leis an aithris so, no gum biodh iad air an deanamh 'nam ball-amhaire do shuilibh an t-sluagh, agus air an aobhair sin sheachainn mi gu buileach a bhi

Juaidh ainmeanna ; ach far an saoilinn nach biodh mi-chliu air a thilgeadh orra-san a rinn mi ainmeachadh, air dhomh bhi miannachadh amhain gu'n gabhadh muinntir eile rabhadh uaith so, gu bhi seachnadh nan ceumanna sin a threoraich esan gu airde cionta cho uamhasach. 's nach 'eil ach ainmic a leithid ri fhaicinn ann an taobh tuath na h-Aba. Gidheadh ma thachras do'n t-searmon so teachid gu lambaibh na muinntir sin, leis am bu ghinair bhi cumail cuideachd MhicLeoid 'na chùrsaibh peacach, agus a' siubhal maille ris air an t-slighe mhillteach sin, a thug esan gu bas cho maslach, tha mi 'g earbsadh gu'n eisd iad 'na thrath, ris an rabhadh sholainte leis am bheil a chiont sgreataidh, agus a chrioch maslach, a labhairt riu. Ghabh mi seachad air caochladh earrannaibh do eachdraidh a bheatha gun iomradh dheanamh orra—nam measg sin tha an t-am a chaith e aig an iasgach—nithe sonraichte de 'ghiulan 'sa phriosan—agus caochladh nithe eile de 'chomhradh rium fein—do brigh le mionchuntas a thabhairt umpa sin, gum biodh an t-searmon so air a hat gu tomad ro-inhor, dh'easbhuidl an tuilleadh soluis a bhi air a chur air nadur uamhasach a' pheacaidh, mar a tha e air a nochdadhbh 'na bheatha chiontach-san. Cha d'rinn an uin' a chaith e 'n Gall-thaobb morr atharrachadh air, ann an aon rathad no'n rathad eile, 's fiu ainmeachadh, do bhrigh gu'n robh 'uin' air a buileachadh gu h-iomlan ri obair laghail, agus aig deireadh na h-uine so thainig e dhachaidh ; agus a chionn gu'n do chuir mi 'n ceil cheana na tha gu soil-eir a' nochdadhbh a theachd air aghairt ann an aingidheachd 's a phriosan. agus nadur a chaochlaidh a chaidh oibreachadh air 'inntinn, an deigh binn a bhais a bhi air a toirt amach ; cha do mheas mi feumail leudachadh ni b'f haid' air a cheann so. Cha'n am chum beachdan faoin' agus diomhain dhaoin' a riarrachadh, le cùnnatas mionaideach nuimhchioll nitibh nach fiu an toirt fanear, a rùnaichinn 'eachdraidh agus a chaithe-beatha chur fa'r comhair, mar a fhuair mi iad sin o bheul fein. A bharr air so thubhairt e, ged dh'innis e dhomh na nithe sonraicht' a rinn a tharruing air aghaidh ann an slighe na h-aindiadhachd, gu'n robh roimh-shealladh air a blias a bha nise dluth dha, a' cur g' abadh air o bhi toir mean-chùnnatas air nitibh eile, a bha co cheangailte ris an aindiadachd sin, agus a bha nis gun amharus ro-lionmhòr fa chomhair 'inntinn air a dusgadh. Tha gun amharus cail-eigin do eadar-dhealachadh ri fhaicinn eadar 'aideachadh fein agus teisteannas boirionnaich a bha 'na fianuis 'na aghaidh ; a thaobb gu'n do chuir e fein an céill gum b'ann air Di-ardaoin a choinnich e i, agus gu'n d'thug ise a mionnan gum b'ann air Di-haoin' a choinnich e i. Ach tha e gle fhusasd' an eas-aontachd so mhìneachadh, gun an sgàil a's lugh' a dh'amharus a shamhlachadh ri firinn a mionnansa. Mur gabh sinn

ach beachd faoin do ni aig an àm 's an tachair e, tha e doilich dhuinn a chuimhneachadh, co an la do 'n t-seachduin air an do thachair e, ma 's e 's gu bheil a bheag a dh'ùin' air dol seachad. Bha eadar-dhealachadh mòr 'na theisteas fein, do brigh gu'n do choionich e i air an la mu'n do chuir e 'n gniomh mort oillteil, nach b'urradh gun drùghadh gu ro-dhomhain air 'inntinn, chum a fàgail neo stòlda. Is tearc iad a riñn aideachadh anns am bheil barrachd firinn agus treibhdhireis ri fhaotuinn. Cha b'urrainn aobhar 'sam bith bhi aige 'san amharc chum mis' a mhealladh, a chionn gu'n robh 'aideachadh fein a' cur soluis n'a b'uainhas-aich' air truaillidheachd a chridhe, na dh'fheudadh fianuis duine 'sam bith eil' a dheanamh. Gun iomradh air bith a thoirt air ciontaibh ceud-thoiseach 'òige, dh'fheumadh faireachdainnean uamhaşach 'inntinn aig an àm, maille ris an fhoill a ghnàthaich e gu cuilbheartach, air son cothrom fhaotuinn air fuil an ti sin a dhortadh a's beag a shaoil gu'n robh leithid air 'aire; agus an doigh shuidhicht' air an do dheilbh e am mort, a bhi gu brath neo-aithnicht' anns an t-saoghal so, mur deanadh e fein an toirt gu toileach gu follais. Bha mar an ceudna mòr-choslas na firinn air a mhion-chùnnatas a thug e seachad uime fein, agus sin ag eadar-dhealachadh ann an gle bheag o theisteannas nam fianuis-ean lionnhor, a chaidh a tharruing gu 'dhiteadh. Dh'ainmich e dhòphsa caochladh mhuinnir a bha 'nan luchd-comuinn aig' air a thurus peacach, ach do bhrigh nach bu mhath leam iad sin a bhi gu neo fheumail air an cur gu naire f'hollaiseach, d'am feud a bhàs-san a bhi 'na rabhadh, gu beatha chunnartach na dream sin air nach 'eil eagal De, a sheachnad; tha mi faicinn iomchuidh an ainmeanna a chleith. Agus bha dream eile dliu nach d'innis e dhomh an ainmeanna, a' cur an ceil mar aobhar, gu'n robh iad a nis fo iomradh chliuiteach, 's nach robh e deonach gum biqdh an doigh 'san do chaith iad am beatha roimh sin air a thoirt os aird. Cha b'iad a choimhairsaich, no muinntir na sgìre 'san d'rugadh e, mu'n do labhairt e rium 'sa chùnnatas a thug e dhomh, m'an timchioll-san a rinn a' tharruing air agliaidh ann an sligh' a pheacaidh, ach dream àraidh a bha 'nan companaich aige. Is cuimhne leam, 'nuair a bha mi labhairt ris air àm àraidh, mu nadur shiochail agus chaoimhneil luchd-aitich Chat-aobh, gu'n d'innis e dhomh, gu'n dubhaint duine diadhaidh, a bha chomhnuidh anns a sgìre, an deigh do chorpa Mhurchaidh 'ihrannt a bhi air fhaotainn, gum b'i a bharail-san gu beachdte, deile luchd-aitich Asaint, nach biodh a h-aon air fhaotainn aig an robh lamh anns an fhuil so a dhortadh. "Air dhomh so a chluinntinn," ays' esan, "mhothlaich mi cho surasd' sa tha e do dhuine math bhi, am, mearachd ann an cuijis mar so." Bha am beachd so gle chothromach. Tha am peacadh gu tric air f'holach o shuilibh dhaoine le comhdach cho tiugh, 's nach 'eil

na daoin' a's glice 'ga bhreithneachadh, gus an dean an **Tí sin**,  
 a tha 'na ard-fhianuis air gach uile ghniomh, a'n an curs' a f'reas-  
 dail iongantaich a thoirt gu solus. An deigh dha an doigh air  
 an do chuir e am mort oilteil so an gniomh, aithris dhomh, bha  
 e lan-shoilleir dhomh gu feumadh so bhi air a thoirt gu 'inn-tinn,  
 le luchd-eolais a bha eadar-dhealaicht' uathasan a bha chomh-  
 nuidh 'sa cheàra aonarach sin, anns an d'rugadh e, agus 'san  
 d'fhuair e a theagasc. Air dhomh so ainmeachadh dha, agus  
 iomradh gu sonraicht' a thoirt air muinntir de atharrachadh giu-  
 lan, a dh'f heudadh tachaift ris am feadh 'sa bha e aig an iasgach,  
 chuir e'n ceilidh gu solaimte, gur ann a bha e air a tharruing chum  
 ruin a mhoirt agus an spuinnidh, amhain leis na ceumaibh peac-  
 ach sin anns au do ghluais e car ùine mhoir, agus anns an deach'  
 e fad' air aghaidh, mu'n d'f hag e sgìr' a dhuthchais; agus nach  
 d'rinn obair an iasgaich, air dhoigh 'sam bith, a stiuradh a  
 d'ionnsuidh a ghniomh' f' huillich so. Cha'n 'eil ni air bith an  
 so a tha do-chreidsinn, ach moran a tha chum teagaisg. Tha  
 fior nadur a pheacaiddh air a thaisbeanadh air doigh ni's ro-uamh-  
 asaiche, 'nuair a tha e bristeadh troimh na ceanglaichibh sin  
 uile, a tha ri'm faotuinn am measg dhaoin' ann an ionadaibh aon-  
 arach, agus a' treorachadh ann an sin gu ciontaibh air nach  
 cualas roimh iomrach; na 'nuair a tha an toradh a tha sruthadh  
 uaith ri f'haicinn, anns na h-ionadaibh sin, far am bheil eisim-  
 pleirean a dh'aindiadhachd de'n ghne cheudna 'nan aobhar  
 cuimhneachain gach bliadhna. B'ann fo sgàil ionaid-comhnuidh  
 naoimh Isaac a dheilbh Esau an run mortach, air an do chuir-  
 eadh casg amhain le Jacob a theicheadh do'n fhasach aonarach.  
 Mar dhuin' air bruaich na siorruidheachd, aig an robh an ceann  
 beagan mhionaidean ri e fein a thaisbeanadh an lathair Breithe-  
 imh nan uile, bha an doigh sholaimt' anns an d'innis e, ged 's  
 iomadh breug a rinn e riamh, gidheadh nach do labhair e riums'  
 ach an fhirinn, o'n uair a chaidh binn a bhàis a thoirt amach;  
 a nochdadh an dearbhachd bu shoilleir' air treibhdhireas 'inn-  
 tinn do na h-uile neach a chual' e. Ma chuireas neach air bith  
 li-ugams', air a Bharantachadh mar fhirinn, cunnatas 'sam bith  
 nach do chuimhnich e fein a thoirt seachad mu thimechioll a  
 chaithe-beatha, no a dh'f heudadh a bhi feumail mar theagasc  
 agus mar rabhadh do mhuinntir eile, curidh mi sios e gu toil-  
 each, 'nuair a theid an leabhar so a chlo-bhualadh an dara h-uair.  
 Bha moran a' cumail amach, gu'n robh e 'na ni cronaill anns na  
 h-uile seadh, a bhi toirt cunnatais mu chaithe-beath' aingidh, mar  
 a th'againn ann an eachdraidh **MhicLeoid**. Cha'n 'eil mi ag  
 aicheadh, nach robh cunnatas air a thoirt mu aindiadhachd, air  
 doigh a bha toirt cuireadh agus misneachd do dhaoinibh a bhi 'ga  
 chur an gniomh. Ach cha'n urrainn so gu brath tachaift, ma  
 tha a eithid sin a dh'eachdraidh air a toirt air doigh freagarrach.

Tha e cheart cho feumail, a bhi toirt cunntais mu chursa peacach 'na fhior dhreach, chum daoin' a chasg o shligibh na h-eas-umhlachd; agus a tha cunntas a thoirt mu theachd air aghaidh anns an diadhachd, freagarrach chum cuireadh agus misneachd a thoirt, chum dol air aghaidh ann an caithe-beatha na naomhachd. 'Sann air son a cheart aobhar so a tha na Sgriobtuirean Naomh a' cur f'ar comhair eachdraidh dhaoin' ain-diadhaidh agus nam firean. Mu'n dà ni so, feudar a radh ann an seadh gle fhreagarrach, gum bheil eisimpleir gu tric 'na chuideachadhl fheumail do reac'ld ghlic agus shallain. Rinn iadsan a bha do bheachd faoin, air cuid a dh'uairibh gu h.aindiadhaidh earalachadh air muinntir, gun a bhi mean\_bheachdachadh air na h-eachdraidhibh sin a tha air an cur sios anns a Bhiobul. Ach tha daoine glice ann an so a faicinn mor-aobhar taingealachd do Dhia, a chunnaic iomchuidh co-lion ni a thoirt chum foghluim, a bhios a ghnath air am faicinn ro-fheumail, leo-san uil' a tha mean-eolach air nadur an duine. 'Sann air firinnibh suidhicht' a tha dacine do bheachd luaineach gun bliri, gu tric a' diultadh a bhi meorachadh. Ged dh'fheudas daoin' air cuid a dh'uairibh a bhi buntainn ri cunntas soilleir mu theagast, air doigh a tha fad' as o 'cheud sheadh agus bhrigh, agus a' cur dreach dealbhach air am barailibh luaineach clao, o neo-churam nadurrach intinn mhic an duine ; a chionn nach 'eil e duilch ruigheachd air faireachdaibh na h-intinn, mar a tha iad air an taisbeanadh ann an aithris eachdrachd, tha iad air an leithidibh sin a dh'amaibh gu tric 'gan seachnad agus a labhairt 'nan aghaidh. Air son an ni so rinn Dia ulluchadh roimh laimh, le araon teagast agus eachdraidh a chur sios 'na f'ocal naomh ; air chor 's gum bheil gach firinn a tha air an cur sios ann, a co-shoilleir-eachadh agus a co-dhaingneachadh a cheile mu-seach. Agus an uair a tha mi 'g athchuinge sibh geur.aire thoirt do'n teagast so, cha bheag an sólas a tha e toirt dhomh, a bhi comharrachadh gum bheil na nithibh sin a thair an cur an ceil le daoinibh a dh'inntinn neo-churamach an aghaidh a leithid so dh'eachdraidh, ag eirdh o'n aobhar cheudna, a tha tarruing cuid eile gu bhi 'cur an aghaidh an ni sin gus am bheil earrann inhor de f'ocal an De bheannacht' a treorachadh ; barailibh a bhiodh air am meas nan abhachdas, \* mur bli a mhi-naomhachd eagallach a tha air a filleadh a steach annta, no co-cheangalte riu.

Creidibh gur mi, le gràdh neo-atharraicht', bhur seirbhiseach, ann an Soisgeul Iosa,

ALASTAIR CLARC.

Inbhirnis, 13amh la de'n dara }  
mios deug, 1831. }

\* nam faoineas.

## GUTH

### O Bhruaich na Siorruidheachd.

---

Col. 1. 28. "— A toirt rabhaidh do gach duine —."

---

**Mo CHAIRDEAN GRADHACH**—Ann a bhi a cuir an céill firinnean an t-soisgeil; is lionmor iad a chomhairlicheadh dhuinn a bhi a labhairt amháin ri tuigse dhaoine mu thir-chioll firinnean oirdheirc agus cud-thromach sin an Tighearna, leis a chaoin-shuar-rachas sin a tha guathaicht ann a bhi labhairt mu ealdhainnibh agus cheairdibh am measg dhaoine. Cha'n eil ach beag eolas air an Scriobtuir feumail chum a dheanamh aithnichte nach b'e so am modh a bha air a chleachdadh leis na teachdairibh a chuir Dia mach ann an caochladh liunibh air an teachdaireachd naomh agus ro-chudthromach sin, a bhi 'gairm pheacach air an ais o shlighe na ceannairee. Ghiulain am briathran ge'ur-mhothachail comharradh na muinntire a bha le creidimh a' beachdachadh air na cuspairibh so'aimte chum an robh iad a' gairm aire an luchdeisdeachd, mar an ni sin amha'in a bhuiineadh d'an a'rd-shónas. Cha chomasach do'n inntinn beachdachadh le neo churam feall-sanach airna nthibh sin a tha 'nan cuir an ceil, 'nam meadhon chum uile mhothachadh an anam' a mhosgladh; agus abradh daoine mar

is a'ill leo, ma bheachdaicheadh air na nithibh so le neo-chu'ram, is ann a chionn nach 'eil iad do rireadh air an creidsinn. Air do ghradh Dhe agus do bhas Chriosd slighe ullachadh chum dol as o'n "fheirg a ta ri teachd," am feadh a ta sonas, no truaighe shiorruidh an crochadh ris an roghainn a tha daoin' a' deanamh thaobh na sligh' a tha air a cuir fo'n comhair, le trocair neo-chrioch-nach Dhe, ann an soisgeul siorruidh a Mhic, firinnean a tha'n aite bhi iomchuidh amha'in air son toileachas-inntinn fhaoin ann an uair an diomhanais, anabarrach freagarrach mar mheadhon air son uile chumhachdan an anam' a bhrosnachadh air an aghairt gu ruigheachd air "slainte."

An ait a bhi fo eagal gu'n cleachd iad ro dhanachd cainnt, 'sann a tha na teachdairean sin do'n aithne ciod a leanas air lorg a chaoin-shuarachais leis am bheil daoine 'gabail ri'n teachdair-eachd, fo mhór-ioghnadh nach 'eil an ni a tha air a chuir an ceilidh leo a' deanamh am barrachd dru'ghaidh air faireachduinnibh an luchd eisdeachd. 'Se an ni arайдh a tha 'toirt air daoinibh bhi cho suarach mu'n dian-dhurachd so, 'chionn gu bheil e cho soilleir a' cronachadh a rheallaidh cagallaich sin a tha 'toirt air anaman-naibh neo-bhasmhor bhi 'g eisdeachd le neo-churam ris na nithibh sin d'am bu choir dhoibh geur aire thoir.

Ach tha e gu tric a tachairt, a mhuinnitir sin a dh'eisdeas ris na nithibh sin mu'n robh sinn a labhairt, 'nan la'n neart, gidh-eadh thaobh an t-aomaidh laidir chum fein-thearuinn-teachd a tha gu nadurra annta, gu'm b' a'ill leo sparradh oirnn bhi 'gamharc thairis air gach ni a ghluaiseadh eagal dhaoine, a' cumail amach gu'm bheil na nithe so a' cuir mi-shuaimhneas air se'amhachd na h-iuntinn, agus ag aontachadh leis an ni sin a tha iad a' mi-bhreithneachadh mu naduir Dhe, nithe a tha iad fein fiosrach nach urrainn tachairt ach le bhi a' cuir an ceill firinnean a tha ca'g-dhi'reach an aghaidh so. Nan d'thugadh iad fainear an cunntas uamhasach a tha co-cheangailte ri bhi sgrios anamanna dhaoine le teagasc neo-dhi'leas, cha d'thugadh iad gu brath aoidheirp air a bhi a' moladh, bho fhaoin bharailibh naduir sheachranaitch, doigh labhart a tha direach an aghaidh cleachdaidh nam fa'ldh agus nan abstol. 'Nuair a bleachd-aicheas sinn air am briathraibh sa, chi sinn iad a labhairt air an doigh a's treise ris gach mothachadh a tha air son aobhairean trocaireach agus glic air an suidheachadh ann an cridh' an duine le u'ghdar ar bith. Agus 'nuair a tha an teachdaireachdsan do rireadh air a chreidsinn, tha iad sin uile, eagal, dochas, taingealachd, aoibhneas, gradh, air an toirt gu bhi gniomhach 's an anam, agus crioch mhór na ministreilcachd air a freagairt, eadhon iompachadh na toile gu Dia.

Cha chomasach dhomhs' a bhreithineachadh cionnas a's ur-radhbh do chunnart basachaideadh gun iompachadh, a dh'aindeoin eo bagarrach an dreach 's an cuirear e, inntinn an ti sin a ghluaasad aig am bheil lan dearbh. bheachd gu'n deachaidh e thairis o bhas gu beatha. Annas a chor so 's e 'n toradh a tha gu nadurrach a' sruthadh o bhi meudachadh beachd air na firinnibh eagallach so, bhi du'sgadh suas an tuilleadh taingealachd do'n Dia ghras-mhor sin a rinn comasach iad air dol a steach "air a gheata chumhang," am feadh a tha iad a' brosnachadh gu laidir chum buanachaideh ann am faire agus ann an urnuigh. Ach 's leir dhomh gu soilleir gum bheil an teagast so freagarrach airson tilgeadh bun os cionn an t-suaimhneis inntinn sin nach 'eil air a shuidheachadh air bonn a's laidire, na faoin-smuainte breithneachaideh luainich, no beachdan mearachdach earbsaidh ladurna. Tha tlachd aig muinntir a bhi gabhail fois ann an gairdeannaibh trein mheallaideh, agus a' toirt fuath ghuineach dhoibhsan leis am bu mhiann am mearachdan a dhearbhlaidh orra, a chionn nach 'eil iad gu curamach a' gabhail gu eridhe an cunnart a th' ann, iad a bhi air am faotuinn mu dheireadh gun chomharradh an fhior Chriosduidh, ni as eugmhais gum b'fhearr dhoibh nach beirte riabhach iad. Nan smuainicheadh iad gu cudthromach air na nithibh so, mheasadh iad a dhol a dhíth gu brath, 'na chunnart ro-mhor dhoibh a ruith, air son bruadair fhaoin as am feum iad mosgladh ann an uine ghearr, co ac' a's aill leo no nach aill. Tha bagraidhean lionmhor an t-soisgeil a tha labhairt ri eagal dhaoinne 'nam meadhon gus na naoimh a bheothachadh chum buanachaideh air slighe na naomhachd, agus mar an ceudna chuni peacaich a dhusgadh o'n trom-shuain anns an d'fha'g an leagadh iad. Agus tha 'n diomb sin a tha gu minic air a thaisbeanadh le cuid do luchd-aideachaideh 'n uair a tha na h-earrainean so do f'ocal De air an cuir fa 'n comhair a' nochdadhl nach e amhain gu bheil iad neochuramach mu thimchioll nam miltean a tha 'nan suain fo chodal a pheacaidh mu 'n cuairt dhoibh ach gu bheil iad fein mar an ceudna fad as o'n f'honn inntian a tha sabbailt.

Tha 'n t-Abstol Po'l 'san rann o'm bheil ar ceann teagaing air a thoirt a' cuir an ceilidh an doigh air an robh e fein a' searmonachadh Chriosd, " Neach a ta sinne a searmonachadh, a' toirt rabhaidh do gach duine, agus a' teagast gach uile dhuine anns an uile ghlioncas, chum gu'n nochd sinn gach uile dhuine 'na lathairsan iom! an ann an Iosa Criosd." Ann an so tha e gu soilleir a' cuir an ceill nach b'e a chrioch shonraichte ann a bhi searmonachadh Chriosd a bhi a' casgadh eagail dhaoine, fo fhaoin bheachd gu'n deanadh saor-thoil neo-mhi'nichte an eigneachadh gu umhlachd a thoirt do 'n t-soisgeul," ach gu'n

robh e a labhairt ris na dearbh eagalaibh sin mar aobhar araid chum gabhail ri Mac Dhe, a' toirt rabhaidh dhoibh mu'n ni eagallach a tha teachd an lorg a bhi diu'ltadh soisgeil Chriosd, agus mar an ceudna a teagasc dhoibh glo'ir grais Chriosd, 'nuair a tha iad air an gairm gu bhi sleuchdad si'os aig sto'l-chois a thro'caire. Nach e bhitoirt rabhaidh an se'ol iomchuidh ann a bhi labhairt mu'n aomadh laidir sin chum fein-thearuinn-teachd a th' anns na h-uile, le aobharaibh a th' air an tarruing o'n chunnart sin a tha an crochadh os an cionn? Mur 'eil sinn aig am 'sam bith a labhairt ri eagalaibh dhaoine, am feadar a radh gu'm bheil sinn ann an seadh sam bith a toirt rabhaidh dhoibh? Agus mur 'eil sinn idir a toirt rabhaidh do dhaoinibh, am feadar a radh gu'm bheil sinn a' searmonachadh Chriosd mar a tha Pol an so a cuir an ceill a rinn e fein? Nach fheadar a radh, gur e'n dearmad eagallach a tha air a dheanamh air a bhi toirt rabhaidh a reir gnath nan Abstol, is aobhar ann an tomhas mor do'n chlochdail sin a tha buadhachadh fo shearmonachadh an t-soisgeil, agus do choslas sin na diadhuidheachd nach 'eil a' treorachadh chum atharrachaidh slainteil, agus a tha r'a f haotainn fo theagasc claoon?

Feadar a dhearbhadh gu soilleir gur e' bhi toirt rabhaidh aon earrann chudthromach do dhleasdanas ministoir, o'n sgrios chinn-teach sin a tha feitheamh air na h-uile a tha cuir cul ris an t-soisgeul. Nam bu chomasach dhuinn faireachdannibh dhaoine a mhion-rannsachadh, an sin bhitheadh e air f'haicinn, gu'm bheil na gearanan sin mu dhaoinibh bhi faotainn rabhaidh tuilleadh is tric no gu saor, ag e'iridh o'n aobhar so, nach 'eil iad do ri'readh a' creidsinn cinnteachd an leir-sgrios sin a tha air f'hoill-seachadh 'san t soisgeul. Nan d'thugadh na h-uile f'or-chreideas do so, gu'm bheil corrui ch sh'orruidh nach feadar a sheachnad a' teachd an lorg ba's gun aithreachas, cha b'urrainn iad gu brath a bharalachadh gu'm bheil an ni sin air doigh tuilleadh a's cudthromach air a sparradh air an inntinn, am seadh a tha Dia fathast 'na throcair a mionnachadh nach 'eil tlachd aig ann am ba's pheacach, agus a' gairm le ard ghuth, "pillibh, pillibh, o'r droch shlighibh, oir c'ar son a bha'saicheas sibh?" Nuair a tha Dia car u'ine mhoir air a bhrosnachadh, le daoinibh a bhi fas mi-f'hoighidneach fo gach rabhadh a th'air a bluileachadh orra, feudaidh e' a theachdairean d'leas a thoirt air falbh, agus ginealach do dhaoinibh eil' a thogail suas, a bheir fein-thoil-eachadh d' an luchd-eisdeachd le faoin-theagasc, gus an duisg iad 'sna lasraichibh sh'orruidh. Cha'n f'hiorsach mi air breitheanas a's uamhasaiche na so, a dh'fheudas teachd air tir 'sam bith. Cha dean neo-dhillseachd an luchd f'aire iadsan a shaoradh

air chor sam bith a theid a dhu'lh le cion rabhaidh, ged bhitheas am ful, air doigh uamhasach, air iarruidh aig laimh na muinntir sin do'n d'thug Dia a'ithne rabhadh a thoirt uaith fein, agus a rinn dearmad air an ni sin a bha air earbsa riu. Air a cheann so, is ro-sho'laimte briathran Dia Israel—"Mar sin thusa, a mhic an duine, chuir mi thu mar fhear-faire chum tighe Israel; uime sin eisidh tu am focal o'in bheulsa, agus bheir thu dhoibh rabhadh uamsa. 'Nuair a their mise ris an aingidh, O dhuine aingidh, gheibh thu gu deimhin ba's; murlabhair thusa chum an t-aingidh a thoirmeasg o'shlighe, gheibh an duin' aingidh sin ba's 'na aingidheachd: ach air do laimhsa iarruidh mise 'f huil."\* Cha'n eil misneach 'sam bith air a thoirt 's na Scriobtuiribh naomh, do'n bharail fhaoin sin, gu'm feud teachdair Dhe earrann sam bith a chumail air ais, do'n fhocal a tha e cluinniun o bheul a mhaighistir, agus a bhi neo-choireach; ni mo am bheil barrantas air a thoirt annsta, gu'm feud iadsan d'an robh e air a cheadachadh buanachadh ann an neo-chu'ram gu crioch am beatha, gu'n rabhadh fhaotainn, dol as o'n chunnart a tha air a bhagairt nan aghaidh. Cha'n eil seir-bhiseach Dhe ri bhi cunntasach air son an doigh anns am bheil daoin' a' gabhail r'a theachdaireachd; 'sann a dh'fheumas iadsan a chluinneas i bhi freagarrach air a son, do'n Ti sin d'am buin an seula sin a tha i giulan; ach ma chumas e bheag dhi air ais, no gum fiar e i gu daoin' a thoileachadh, tha'n la sin a teachd anns am feum e freagairt do Dhia air son so, agus gach ni uabhasach a thig 'na lorg. 'Nuair a tha sinn ag radh nach comasach do neach sam bith beachdachadh gu ceart air focal De gun mhoran fhaotainn ann a tha labhairt air doigh chudthromach, anus an t-seadhl so, feudaidh sinn fhaicinn cho ro-chosmhui agus a tha leabhar sgríobhta Dhe ri leabhar a fhreasdail. Ma sheallas sinn ri eachdraidh an t-saoghal, chi sinn mar gum b'ann sgríobhta air gach duilleag dheth, nithe a tha toirt rabhaidh dhuinn mu 'n mhor-chunnart a tha leantuinn air lorg bhi ri ceannaire an aghaidh ughdarrais De, agus bhi deanamh dimeas air a chomh-airle. 'Nuair a tha an duin' a tionndadh air falbh c'n teagasg a tha 'ga cho'mhachadh air gach taobh anns na Sgríobtuiribh Naomha, agus a th'air a chuir an ceill le Guth an fhreasdail am measg rioghachdan na talmhainn, 'sann an sin a tha e' a gluasad as eughmhais eagail, no ann an neo-churam uamhasach. Cha'n eil sinn idir ag radh gur e' eagal naomh an t-aon inho-thachadh a tha ann an uchd Criosduidh, ach tha sinn a' cuir an\*

ceill le barrantas, gu'm bheil e cho ro-araidh chura bith agus buanachadh cleachdaidh na fi'or-dhiadbachd 'na uile ghiulan, agus gu'm feumar a radh mu thimchioll an duin' a tha buileach as eughmhais gur mi-chreidmheach e, ciod 'sambith cho laidir agus a tha a bharail m'a chreidimh sein. Cha'n ann anliain le bli ag aithris earrainnean lionnhor do'n t-soisgeul, a tha gu soilleir a labhairt ri eagallaibh dhaoine, a dh'f heudas so bli air a nochdad; ach mar an cendua leis an earail dbu'rachdach agus sholaimte sin a thug ar Tighearn agus ar Slanuighear heannaichte d'a dheisciobluibh, "A deirim ribh, mo chairdean, na biodh eagal oirbh roimh 'n mhuimnitir sin a mharbhas an corp, agus 'na dheigh sin aig nach 'eil tuilleadh a dh'f heudas iad a dheanamh. Ach nochdaidh mi dhuibh co e roimh 'n co'ir dhuibh eagal a bhi oirbh; biodh eagal an ti sin oirbh, aig am bheil cumhachd, an deigh neach a mharbhadh, a thilgeadh do ifrin; seadh, deirim ribh, biodh eagal an Ti so oirbh."—Lucas, Cap. xii. 4, 5. Labhair Criod na briathran so r'a "chairdibh," leis am bheil e anns an do'igh a's so'aimt' a' sparradh eagal diadhaidh, agus a' deanamh sin le bhi toirt fainear cumhachd Dhe, chum peanas-achadh gu siorruidh anns an t-saoghal ri teachd, 'mar so a' toirt as an rathad na saobh-bharail sin nach 'eil eagal a Chriosduidh co-cheangailte ris an truaigh' a tha leantuim air lorg teachd gearr air slainte. Tha daoine gu tric a' labhairt mu dhearbhachd a tha tilgeadh air chul na firinn shuidhichte so, mar gum biodh saighdear, air dha cuid d'a armachd a chuir dheth, n'a bu chinntiche air buaidh a thoirt amach, no mar gum biodh Criosduidh ann ann cunnart ni's lugha le diechuimhneachadh sealltuinn ri h-aon do na reultaibh-siuil a's soilleire leis am bheil an Spiorad Naomh 'ga neartachadh, chum buanachadh ann an slighe na naombachd. Tha iad a' tuiteam anns a bharail amaideach so, le iad a bhi cuir an eagail sin a tha treorachadh chum faire, agus a tha 'n comlmuidh fa chombair na h-inntinn a tha la'n-chreidsinn nan Sgriobtuirean, ann an ait' an eagail sin a tha tionndadh air falbh o sh'ighibh Dhe, trid na buaidh a th'aig nithibh faiesinneach orra, 'nam mi-chreideas do gheallanaibh an t-soisgeil. Th'an t-Abstol Pol, neach a thug an taibcanaidh bu shoilleir' air fior dhearbhachd a chreidimh 'na bheatha sein, a' toirt dhuinn eisampleir ro-chomharraicht' do eagal diadhaidh. Esdibh ris an cadar-dhealachadh sho'raicht a tha cadar a bhriathraibh fein agus briathraibh mhórain eil', a tha fiaradh chum an sgrios fein, moran do na nithibh eil' a sgiobh e: "Ach trom-bluaileam mo chorpa, agus cuiream fo smachd e; an t-eagal air chor 'sam bith an deigh dhomh scarmonachadh do dhroing eile, gu'n cuirear mi fein air cul."—Cor. ix. 27.

Chuala sinn air an la an diugh rabhadh ro-sho'aimte air a thoirt do'n aite so ann an cu'rsa freasdail De, agus tha sinn a nis air cruinneachadh chum beachdachadh air an earail chud-thromach a bha air a thoirt dhuinn, o'n t-sealladh bhro'nach sin air an robh sinn en diugh 'nur fianuisibh. Thia dochas agam nach saoil neach sam bith 'nur measgsa gur ni so aig nach 'eil co-cheangal ri dleasdanais araitib Minister an t-soisgeil. Tha ciontan mhорain air an cuir sios anns na Scriobtuiribh Naomha mar rabhadh do na linntibh ri teachd, a chum's gu'n d'thugadh muinntir eile fainear an toradh searbh a tha sruthadh o bhi treigsinn na slighe shiochail, a tha air a comh-arrachadh amach le glicas neambaidh. Thia mi meas an do-bhro'n a nochd sibh an diugh air mhodh a bha cliuiteach dhuibh fein, 'nuair a bha sibh 'nur fianuisibh air crioch eagallach eionnta na h-oige, 'na chothrom freagarrach chum a bhi beachdachadh air fior nadur a pheacaidh, mar tha e air a thaisbeanadh anns an t-soisgeul shiorruidh, agus na h-earailean a tha labhairt an sin ri c'inn-fheadhna nam peacach, iad a philleadh gu Dia le aithreachas trathail. An neach sin a chunnaic sibh an diugh a fulang ba's maslach, agus a tha nis anns an t-saoghal shiorruidh, bha e mar ro-churam air gum biodh na h-earailean a tha sinn a nis ri thabhairt dhuibh o eachdraidh bhro'nachsan air am beannachadh gu h-e'sifeachdach. Agus anns an t-seadh so feudar a radh anns an doigh a's freagarraiche, mu na tha mi nis a dol a labhairt ribh, gu'm bheil e 'na "ghuth o bhruaich na siorruidheachd."

Beagan mhionaidhean mu'n d'thag e'm priosan, chum dol a dh'iomnsuidh ionad a chrochaidh, bhuilich e beagan u'in' ann an urnuigh uaignidhcach, le a lamhribh ceangailt', agus inneal a bhais mu 'mhuineal, agus dh'iuinis e dhomh gu'm b'e aon d'a ath-chuingibh ri Dia air an la mu dli'eireadh so deth bheatha, gum beannuicheadh e gu h-eisfeachdach an t-searmoin a tha gu bhi air a liubhairt an nochd, mar rabhadh do na bcothaibh an deigh a bhais-san. Cha'n ann chum faoin neonachas a thoileachadh a tha mi nis a' cuir eachdraidh an o'ganaich so f'ur comhair, (neach is beag a shaoil uair-eigin deth 'bheatha gu'n d'thigeadh e dh'iomnsuidh na cricile so), ach ann an dochas gu'm feud e bhi femail chum iomadh leasan cudthromach mu f'hior-ghliocas a chomharrachadh amach dhuibh. Thainig e air agbaidh ann an s'igh' a pheacaidh a lion ceum agus ceum, ann an uine cho goirid 's gur tearc eachdraidh a's aithne dhomh a bha ni's freagarraiche gu rabhadh uamhasach a thoirt do mhuinntir eile.

B'e 'iarrtus fein gu'n cuirinn an ceil duibh gach ni a chithinn femail, do na nitribh a dh'fhanis e dhonibh ann an uaigneas. Agus ann an umhlachd d'a iarrtus aig a chroich, 'nuair a bha e

na sheasamh air bruaich na siorruidheachd, tha mi nis a' dol air m'aghairt gus na caochladh earrainnean d'a eachdraidh a chuir f'ur comhair ann an ordugh, a' guidheadh gu du'rachdach gu'm bi na bheil mi ri labhairt le geur-mhothachadh air an t-sealladh chraiteach air an robh mi an diugh 'na m'f hianuis, air a bheann-uchadh leis an Dia sin ann a ainm mho'r am bheil mi a' dol air m'aghaidh.

I. Ceann.—*Fhuair Uistean MacLeod a thogail ann an oilean na diadhaidhachd.*—Uamhasach, gun amharus, dh'f heumadh fair-eachduinn a pha'rantan a bhi air an oidhche so, nam b'urradh dhoibh dol air aghaidh am mic ann an aingidheachd a lorgachadh gu dearmad seolaidh, no curaim, no eisempleir, air an taobh fein. Cha bhui mi aig an a'm so ri h.aon deth na h.aobhairibh a dh'f heudas air u'ribh na h.oidheirpean a's fearr aig parantaibh diadhaidh f'hagail gun e'ifeachd. Ach tuigidh na h.uile neach gum bi ge'ur-chradh iuntinn pharantan, am feadh a tha iad mar gum b'ann a sileadh deoir fholathairis airgiulan millteach an leinibh graidh, gu mor air eutromachadh, ma's e's air dhoibh an lamhan a chuir air an eridheachaibh, gur urradh dhoibh le teisteas an coguis a radh nach 'eil iad comesach ni air bith dheth so a lorgachadh gu'n giulan mearachdach fein. Is minic anns an t.saoghal a tha lathair, cho math's ann an lasrichibh ionad na doruinn, a chuir clann uile choire an sgrios air na parantaibh mi.churamach no aindiadhaidh o'n d'f huair iad am bith. Ach chuala sibh an duine so, aig a chroich, a' cuir an ceil gu so'laimte, nam biodh e air leantuinn comhairle agus eisempleir a pharantan, nach d'thigeadh e gu brath gu crioch cho maslach. Tha deagh chuimhn' agam, an la air an deach' a dhiteadh, air dhomh beantuinn mar gum b'ann le amharus ris an doigh anns an d'f huair e 'thogail, ciod an glasad domhain spioraid leis an d'f hreagar e—“Och ! le'r cead, bu duin' onorach m'athair, agus nam bithinn air gabh il a chomhairle, agus gun mo shlighean a chleith air, cha bhithinn gu brath an so.

Rugadh e ann an sgi'reachd Assint, mu'n cuairt do thri bliadhna fichead roimh an am so, o pha'rantaibh air an robh deagh chliu am measg an luchd-eolais. Thachair caochladh trioblaid teaghlaichriu, agus dh'a'raich iad an neach so a b'oige dheth'n cloinn le mor churam, ann an dochas gum biodh e 'na chabhair dhoibh 'nan sean aois, gu bhi saothreach dh'an croit f'hearainn, agus an deigh bais athar, gum biodh e na chul.taic d'a mhathair na bautrachas, 's da pheathraichibh nan dilleachdaibh. Bha mor ghradh aig athair dhia, mar b' abhaist da fein a radh ann an cainnt gle iomchuidh, “bha mi gle muilceach aig m' athair.” Bha e taitneach ri fhaicinn, deadh chumta, agus laidir 'na phearsa, 'nuair ann an eutromias na h.oige bu ghnath leis a bli siubhal gu sunndach

air beanntaibh a dhuthicha. Bha a chranncur agus 'iarrais a' comh-fhreagairt da cheile aig an am sin, agus bha e' la'n-thoilechte le 'staid iosal. 'Sann maille r'a athair a bha e codal an comhnuidh gus an robh e deich bliadhna dli' aois, agus re na h-úine sin, cha b'urradh dha codal fhaotainn nan cuimhnich-eadh e gu'n d'rinn e deaimad air urnuigh. Cha robh an t-eisem pleir diadhaidh a bha air a chuir reimhe a' fagail 'inntinn mi-fhoisneach, agus air dha bhi aincolach air cleachdadh dhaoin aindiadhaidh, bha e' na ghiullan so-theagasc agus umhal. 'Nuair a bha e air a chuir chuige gu dian, le solasaibh buaireasach a pheacaidh, bha smuainte mu thoisearch 'oige a' tighinn a stigh gu craicteach air 'inntinn, agus anns gach ceum mar a bha e dol air aghairt a' meudachadh a mhi-shonais. Tha ni-cigin anabar-rach taitneach ann a bhi cuimhncachadh air maduinn ar n-oige ma bheachdaicheas sinn oirre mar cheud thoisearch beatha naoimh. Ach is gann gum bheil ni air bith ann a dh'fha'sgeas deoir ni's goirte na ni i so 'nuair a sheal'ar air ais oirre, an deigh bhi gluasad car tamuill ann an cursa chiontach. Cha 'n e 'mhain gum bheil i air a comharrachadh le sith bhliadhnaibh bu shona a tha nis air dol seachad, ach mar an ceudna luchdaichte le earailibh agus geur-mhothachaibh a tha 'g an-tromachadh cionta caithe-beatha ain-diadhaidh. Chaidh eolas air cinn a chreidimh a theagasc dha a reir's martha iad sin air an cuirsios ann am beagán bhriathraighe brioghmlor ann an leabhar aithghearr nan ceist, agus chum am bairachd cothroim a thoirt d'a sheircean graidh, air do'n sgoil bu dluithe air laimh bhi cail-eigin fad uaithe, chum 'athair maighstir-sgoile car da bhliadhna 'san tighe, gu bhi 'ga theagasc, gus an d'fhosgladh sgoil eile ann an aite goireasach dhoibh. Rainig e mar so air tomhas cuimseach deth fhoghlum aimsireil, cho math's deth eolas nan Sgriobtuir-ean. Bha e cho seachlinach air 'inntinn fhosgladh do choigrich 's gum biodh iad gle ullamh beachd docharach a ghabhail mu thimchioll ciod a'b'aithne dha do nadur na diadhachd, dh'easbhuidh bhi deanamh cleachdaidh dhi. Rinn e cemhradh riomsa gu saor, a chionn gum b'a'bhaist domh bhi 'm acnar 'nuair a rachainn g'a fhaicinn, agus chunnaic mi gu soilleir gun robh an t-eolas a fluair e'n tu's 'oige, gcd leig e dearmad mor air ann am mèadhon a chu'rsa peacach, na mhor chabhair dha gu gabhail ris na nitibh a bha mi labhairt ris, agus a' cuir fa chomhair. Thug mi an tuilleadh aire dha so, do bhrigh gur tric a dh'fhiorsaich mi cho duilich 's a tha e eolas a chompairteachadh riusan a tha air bruaich na siorruidheachd, ma tha iad gus an t-am sin a dh'easbhuidh ceud thoisearch colas a chreidimh.

Dhuraichdinn a sparradh mar ni ro-chuidromach air parantaibh, cho mor 'sa tha e mar fhiachaibh orra gach cothrom a ghilacadh air son siol a ghliocais neamhaidh a chuir gu moch ann an eridhe-achaibh an sliochd, gun fhiös aca nach d'thig an la anns am bi iad air an cuairteachadh a steach le ballachaibh laidir priosain dhoirch fad as uapasan, no air an sineadh air leabaidh bais ann ann an duthaich che'in, no air an gairm as an t-saoghal air an fhonn air an deach' am breith agus an a'rach, fad an deigh do'n teangaidh, a dheanadh eolas na firinn a chompairteachadh riù 'nan oige, bhi air a sealadh ann an tosdachd na h-iuaighe. Ged tha gach la toirt dearbh-bheachd as u'r dhuibh mu'n aoidheachd iargalta a tha'n fhirinn a' faotuinn ann an intinn na h-oige, na cuiribh bhur misneach air chul—oir fad an deigh dhuibhse triall do thir na di-chuimhn', feudaidh e tachairt, gum bi neach-eigin air onorachadh gu teine neamhaidh fhadadh am measg a chonnaidh a tha air a thasgadh léibhse an traths', air chor's gum bi dealradh dearsach soluis iompachaidh air a dhoirteadh air anamannaibh na muinntir air son a bheil sibhs' a nis ri "spairn mar mhnaoi ri saothair." Nam bu chomasach do chridhe parant' mi-churamach bhi air a dhugadh, aig uair a bha'ils, gu amharc air fior staid na clomme bhiodh e fa'gail as a dheigh 'san t-saoghal so, ann an duibhre aineolais, mar shoitheach gun stiuir air cuan buaireasach na beatha so, a bhiodh an ceann gach tiota ànn an cunnart a bhi air a slugadh suas ann an doimhne an t-slúic gun ghrunnd, bu leoir an sealladh e, aig a leithid sin a dh'a'm, gu 'anam fha'sgadh le agartas cho cra'iteach's nach urradh cainnt a chuir an ceil. Na smuan-ichibh gum b'aill leam air chor air bith a radh gur ann an teagasc amhain tha dleasdanas ph'arantaibh do'n cloinn a' co-sheas amh. Tha smachdachadh 'na thrath, air a shcoladh dhuinn 'san Sgriobtuir, mar aon mheadhon air son na h-amaideachd a tha ceangailte ri eridhe gach leinibh fhogradh a mach as, agus a dh'easbhuidh beo chumhachd eisampleir naoimhc agus fhallain, gabhaidh na comhairlean a's fearr seachad mar osag ghaith. Tha aobhar eagail aig ionadh parant, gur iad dith ceannsachaidh agus smachdachaidh trathail, agus eisampleir ain-diadhaidh, no mi-churamach, na fior aobhair a tha toirt air an cloinn fa's suas "as eugmhais De." Cha leoir e gu'n cuir sibh an siol 'n'ur raontaibh le curam, mur dean sibh a ghleidhleadh gu dichiollach o bhi air itheadh suas le eunlaith an adhair, no air a shaltair fo chosaibh spreidh na macharach. Tha mi fo eagal gur lionnhor iad a tha ri bron air son go'raiche an sliochd, a dh'fhéudas gu ro-fhurasd' an t-aobhar a lorgachadh a dh'ionnsuileò nan droch cuideachdan maille ris an robh iad a ceadachadh dhoibh imeachd ann an laithibh an oige. Tha buannachd 'sam bith a tha 'g e'i-

ridh o so tuilleadh a's daor air a cheannach, le bhi dorchachadhl reul-iuil na beatha—"eagal De."

**H Ceann.** *Bha Uistein MacLeoid do nadur cuoiniuhneil.*—Tha moran ann a bhi a' toirt cunntais mu thruaillidheachd naduir an duine, gu buileach a' leigeil air dearmad an ni ann 'sam bheil bith na truaillidheachd sin 'na luidhe, agus a' toirt cunntais mu'n ni bhronach so a tha gu h-iomlan an aghaidh reusain agus beachd dhaoine, agus focail an Tighearna, air chor's gu bheil iad lion-mhor ann a tha air an toirt gu bhi 'g a'icheadh an teagaisg so gu tur. Tha sinn aig aideachadh, gun teagamh sam bith, gu'm bheil moran do'n aomadh a tha ann an nadur an duine ann an staid an leagaidh gle mhaiseach, agus mar an ceudna gum bheil buadhan 'inntinn fathast a' taisbeanadh cuid do'n o'ir-dheirceas sin a bha ri fhaicinn 'na cheud staid. Ach air do'n nadur so bhi air a chuaireachadh: no air 'a'iteachadh le droch bhuadhannaibh, ma tha e gun bhi air iompachadh, feumaidh na tha fathast ri fhaicinn do'n mhaise so bhi fa's ni's mios' agus ni's miosa, agus anns an t-saoghal so fein a' tionndadh mach gu anabhar cruadhas eridhe agus gainge inntinn, agus na dearbh cheudfathan a bhuilich Dia 'na mho'r fhabhar air an duine 'na cheud staid, da ri'readh a tionndadh mach gu bhi 'nan innealaibh uamhasach ann an ole a chuir an gniomh. 'Nuair a tha an toil air a toirt gu umhlachd do'n t-soisgeul, cha'n e mhain gum bheil an ni sin a bha roimh maiseach air a thoirt gu bhi bunailteach, ach tha e dealradh ni's soilleire, mar bhílathainb a tha air an atharrachadh gus an fhion sin anns am bheil e nadurrach dhoibh ciinninn. 'Se b'aobhar gu'n do threig Dia an t-anam sin 'san robh e aon uair a' gabhail comhnuidh, gu'n d'rinn e ceannairec 'na aghaidh, agus tha so a' sior-mheudachadh obair a sgrios, air chor's gur gann a tha comharradh air f'hagail dhe'n mhaise sin a bha aon uair ri fhaicinn air. Is ni so a dh'fleumas tachairt thaoblh an anam' sin aig an robh, mar dhion ro chumhachdach, Dia a chomhnuidh ann, agus aig am bheil a nis aomadh a thoile air a sgaradhl o eagal De, am bun sin air an robh iad roimh a' fas.

Thaisbein an duine so ann an ceud thoisearch a bheatha comhairleann os cionn na bheil cumant' air nadur truacanta. 'Nuair a thainig na doill, na baçaich, agus na bochdan aosmhóir, a dh'iarruidh deirc gu tigh 'athar, bu taitneach leis a bhi 'g am faicinn, agus cha robh e riabh mar chleachadh aig' a bhi ri fanoid air a mhuinnitir a blitheadh so amhghar. Labhair e rium mu'n tlachd a bh'aig' aon an ceud laithibh 'oige bhi 'gan treo'ruchadh chum an tigh' a b'fhaisg', agus air uairibh a' giu'lan poca na deirc air an son. Thug guidh' † nam bochd mo'r sholas da.

Aig an am sin bha e ullamh gu cabhair a theirt dhoibhsan a bhiodh ann an aire, agus 'nuair a chitheadh e neach fo amhgar air nach b'urrainn e furtachadh, dli'f ha'isgeadh e 'chridhe le bro'n. Bu sholasach leis a chuid a chompairteachadh ri muinntir eile. Bu cho fuathach leis sealladh do fhuil, 's neach b'urrainn e seasamh ri bhi 'ga faicinn air a tarruing o chrodh athar. Air dha ful fhaicinn air a tarruing o ghairdean boirionnaich, ann an tigh coimhearsnaich 'san robh e beagan sheachduinibh mu'n do chuir e am mort uamhasach an gniomh, cha mhor nach do thuit e ann an neul. † Threoraich an curam dligheach a bha air mu chomhnadh a dheanamh ri teaghlaich 'athar, e gu bhi dichiollach chum beo-shlaint a chosnadh dhoibh. 'Na cheud dhol a mach bha e cho neo-thoileach foill no anaceartas a dheanamh air neach 'samhith, agus gu'n robh e ro-f buras'd' dha beagan airgid fhaotuinn an coingheall || 'nuair a bhiteadh feum aig air. Aig aois ochd bliadhna deug bha seasmhachd agus caomhalachd a ghiulain cho aithnichte, 's gun robh e 'na ni do-chreidsinn gum bitheadh e an taobh a stigh do cheithir bliadh'n' an deigh sin 'na mbortair borb. Bha e chomhnuidh am measg muinntir' a bha aen-f hilte, far an aimic a chualas iomradh air gniomharaibh fuiteach, agus far an robh e mar chleachdadhbh a bhi aoidheil agus caoimhneil ri coigrich.—An sin, fada o thoirm nam bailte mor, ann an ionadaibh uaigneach Assint, far an do sheas creagan ard Chatu car linnteann ri beucaich na mara, bha'n inntinn air a gairm gu smuaintean urramach mu mhorachd agus mhaitheas De, Cruith-fhir nan uile. Agus bha 'dhreuchd siothchail mar bhuaachaill' chaorach, a' toirt la'n-chothroim dha bhi meorachadh air na nithibh sin, agus freagarrach mar mheadhon chum caomhalachd a naduir a mheudachadh.

Bu shon an ni nan d'thugadh muinntir o'g gu tric fainear, gum feud gach ni a tha 'g amharc maiseach agus tlachdmor ann an a'm na h-oige, mur 'eil e co-cheangalite ri atharrachadh slainteal air a chridhe, gu luath geill a thoirt do'n giu'lan sin a tha ana-barrach singidl. Is tric a bha gach mothachadh a'luinn agus taitneach a tha r'a fhaicinn air doigh comharraichte fo sgail dion parant' diadhaidh, air a sgaoileadh fa chomhair altair De an t-saoghal so, agus air f huadachadh air falbh le gaoithibh a bhuaividh. Tha aon ni a dhearbas gum bi an ni a tha cho maisceach ann an a'm earraich na h-oige, r'a fhaicinn ni's ro-f heumailé ann am foghair na sean aoise, agus is e sin, sibh fein a choisrig-eadh do Dhia air altair an t-Sla'nuighir Iosa a chaidh a cheusadh. Tha aon ni a ghuidhinn leis gach uile dhu'rachd air a mhuinntir

† d'shannuich e.

|| air fasachd.

o'g a tha nis 'g am eisdeachd, gu'n cuimhnicheadh iad nach comasach dhoibh bhi cinnteach nach d'theid iad fein air an aghaidh ann an slige na h-aingidheachd f'hollaisich, ach le bhi nis da' ri'readh a' toirt umhlachd do shoisgeul Chriosd. Agus ceart cho cinnteach agus a tha freumh nan uile aindiadachd r'a f'haot-uinn ann am muinntir a bhi dearmadach air Dia, is ceart cho cinnteach a tha e gun d'thig an la anns am bi na h-uil' a dhchuimhnicheas Dia air an pillettinn sios gu ifrinn.—Salm ix. 17. Smuainichibh air an neach sin a chunnaic sibh an diugh air a chrochadh, agus a dh'innis duibh aig a chroich † gum bu cho'ir gu'n dru'ghadh a ghuth oirbh mar rabhadh o'n t-siorruidheachd; agus thugaibh fainear gu'n robh e uair-eigin cho neo-chosmhuil gu'n d'thigeadh e chum na criche so agus a tha e gu'n tachair-eadh so do aon neach dhibhse a tha fathast ann an staid neo-iompaichte. Ma tha an t-uachdarachd sin aig a pheacadh air 'ur toil a bhuineas do Dhia amhain, feudaidh sibh a bhi air bhur-tarraing ceum air cheum chum nan ciontaibh a's uamhasaiche a' chuir an gniomh. 'Sann uaith so a tha e tachairt gu tric, gum bheil an duine le neo-churam a dol air aghaidh, am feadh a tha gach ni faicsinneach m'a thimchioll mar gum b'ann le ard-ghuth a' cuir an ceil dha ainm glo'rmhor a Chruith thir, agus air a thoirt mu dheireadh gu bhi 'g eisdeachd guth fann na coguis' air a mhuchadh, mar fhuaim innil-ciuil a tha fa dheireadh a' basachadh gu tur.

III. Ceann. *Chuir Uistein MacLeod cul ri eagal De*.—Tha na ceumaibh sin leis am bheil oigridh a f'huair an togail fo oilean na diadhaidheachd air an toirt gu fior iompaachadh, gu tric neo-leirsinneach. Tha beachdaibh mearachdach mu'n diadhaidheachd a fagail na coguisse nadurraich neo-mhothachail, agus gu tric a cruadhachadh dhaoine ni's mo anns a pheacadh na 'nuair a' bha iad a siubhal ann an tur aineo'as. Ach tha'n fhior dhiadhachd, eadhon mu'm bheil i a' toirt la'n atharrachaidh air an toil, a' toirt beo na coguisse, a soillseachadh na tuigse, agus a' bacadh o iomadh peacadh anabarrach.

Air an doigh so, tha'n fhirinn gu tric a' gabhail greim le beag a's beag air inntinnibh dhaoine, agus 'g an treorachadh a chum creidimh an t-soisgeil, agus seirbhis De, gun e bhi 'n comas dhoibh an dearbh a'm a bhreithneachadh, anns an deach' iad thairis air a chrioch a tha 'g eadar-dhealachadh muinntir iompaicht' uathasan a tha neo-iompaichte. Tha muinntir o'g a' f'huair ar togail fo pha'rantaibh diadhaidh, le bhi gu toileach a' a diu'ltagh gach earail agus crionachaiddh fallain, agus o'n dion-

thiogadh gu briseadh tre na h-uile smachd, a' tuiteam gu bras ann an doimhne ni's mo do pheacadh, agus mar sin a tabhairt orra fein ditidh ni's ro-thruime. Tha iad cosmhuiil ri craobhaibh air an lubadh, ach gun a bhi air an atharrachadh, a dhù'richeas gu h-ealamh mar bha iad roimh; no ri clochaibh a teachd o airde mhor, a theid ni's doimhne todha 'san dubh-aigein.

Air do Uistein a bhi deich bliadhna dli'aois, bha e deidheil air codal 'na aonar, mar bha e faiciun giullainean eil'a deanamh. Ann an ni so fhuair e a thoil, agus choidil e re ionadhl b'liadlna, mar bu tric', air leth o athair. Air an doigh so cha d'thug a pharan-taibh an aire gu'n do dhearmad e urnuigh naigneach air uairibh. 'Nuair a bha e comasach air son seirbhuis, chaidh e gu bhi 'na bbuachaille cliaorach, agus choidil e gu tric amach a tigh athar. Thug e fainear gu'n robh organaich mi-dhiadhaidh measail agus soirbheachail ni's leoir anns an t-saoghal, mar so bha a bheachd mu ro-chudthromachd || na diadhaidheachd a sior-lughdachadh, agus dhormhaich dearsadh diombuan an t-saoghal, eadlion ann am buachaille bochd Gaelach, nithe siorruidh, a bha buadhachadh gach la ni bu lugha air 'inntinn. Air uairibh choidil e maille ri seirbhuisich eile, agus do bhrigh nach bu ghnath leosan bbi 'g u'rnuigh, bu na'ir leis a bhi 'gairm air a Dhia. Ann an uine bheag riunn na cleachdaidhean peacach a bha e leantuinn, an-toileach e gu bhi 'g urnuigh an uaigheas, oir bha a thugse 'g inn-seadh dha cho tur neo-f'hreagarrach agus a bha dleasdanas na h-u'rnuigh ri seirbhuis an Diabhoil, ris an robh e a' fa's ni bu cheangailte gach la. Thainig dleasdanas na h-u'rnuigh, am meadhon mor sin a tha cho freagarrach ehum smaintean mu Dhia a shochdrachadh air an inntinn, gu bhi, cna'u e mhain air a di-chuimhneachadh an drasda agus a risd, ach gu buileach air a dearmad, agus mar so bha Uistein bochd air f'lagail gun f'hear-iuil ann am meadhon cuain do bhuiridhibh. Ann an u'ine ghearr thainig e gu bhi 'na f'lear-mhlonnan, 'na bhreugaire, agus 'na f'lear-briseadh na Sa'baide. Bhuilich na buachaill-ean a bha gu tric nan companachaibh aige, an t-Sabaid ann a bhi 'g ionnsachadh an con; agus thug iad dorus reidh d'an corruiich ann am mionnaibh oilteil, 'nuair nach bitheadh an treudan air an cruinneachadh gu ceart; gu tric le brengaibh a deanamh suas sgeulachd shugraidi dhoibh fein, a siubhal nan cnoc. Bha e gu bras a dol ni b'fhaid' agus ni b'fhaide leis an t-sruth; le bhi sior mhi-naomhachadh na Sabaide lagaich e a mhothachadh do'n chomain fo'n robh e do Dhia; bha e mar shugradh leis a bhi 'mi-naomhachadh ainm' ro urramach Dhe,

agus bagraidhean uamhasach f'hocail, agus gach la a' call speis do naomhachd na firinn, le bhi 'g innse' blreug air son aobhair-ean gun diu. A' faicinn a chompanaich ri fanoid air na deircich a bha siubhal na duthecha, bu na'ir leis a thruas a thaisbeanadh, a bha ciatfach 's na laithibh a chaidh seachad, agus a chuid 's a chuid dh'fha's e mar cha'ch, 'na f hear fanoid borb air truaighibh na beatha so. Ach mar bu chruidhe a dh'fhas 'innenn do mhothachadh na fior chaoimhneis, thainig e gu bhi ni bu bhuailtiche gu bhi 'gabhall a stigh an ni meallta sin a tha gu tric a' giulan ainm' caoimhneis. Thug a chompanaich cuireadh dha gu o'l maille riu, agus cha bu diu leis gun a chomain cheudna do'n uisce-bheatha \* a thoirt dhoibh. Ghabh luchd-nan-tighean-o'sda ris le mo'r fhuran, chum 's gu'm faigheadh iad reic d'an uisce-bheatha, gun bhi idir fo oilt-chrith, no a' toirt fainear gu'n robh am buannachd pheacach a' dol air aghaidh le bhi sgrios araon duil dhu'rachdaich pha'rantan, agus corp agus anam Uistein. Bha e a nis deidheil air sgeadachadh oscionn a staide, agus fo thursa 'chionn nach b'urrainn a chrann-chur a mhiann a riarrachadh; an ait a bhi gu daingeann a cuir an aghaidh nan tograighean pheacach so, a tha cho soilleir air an toirmseasg ann am focal De, dh'eiridinn † e iad, agus bha'h e 'san uisce-bheath' an tursa a bha air 'innenn air uairibh, a smuaineachadh m'a chor.

'Sann mu'n a'm so a chual' e gu'n robh feum air maighstir-sgoile aig muinnir na Cuigeich, earrann ionallach do Loch-Bhraoin, agus air ball chord e gu dol an sin, gun a bhi aig an dragh a chomhairl' a chuir r'a pha'rantaibh. Am feadh a chomhnuich e an sin, bha 'an-tograighean gu mo'r air an neartachadh. 'Nuair a thigeadh daoine a dh'o'l ann an aitibh fagus do'n sgoil, bheireadh iad cuireadh dha, agus fhreagaireadh e iad gu toileach, agus mu'n dealaicheadh iad bheireadh e dhoibh a chomain cheudna do'n uisce-blicatha. Eadar so agus a bhi 'ceannach sgeudachadh cosdail, mu'n d'f hag e an t-aite so, mhi-bhuitlich e a thuarasdal gu h-ionlan. Anns an aite so mheudaicheadh gu mo'r a dheigh air bhi ann an cuideachd mhaighdeannan eutrom agus amaideach, agus an aignidhean a bhuannachd aig bainnsibh, dannsaibh, agus coinnimhibh aighearrach, agus air e fein a sgeadachadh oscionn a staide, chum grinneas nadurrach a phears' a thaisbeanadh. 'Nuair a dh'f hag e an t-aite so, theann-reusanaich 'athair ris m'a mhi-cheill ann a chomunn amaideach ri borionnaich oga, agus chuir e an ceil dha gu ro-dhurachdach gu'n robh e tuilleadh a's luath dha posadh fathast, agus gum buineadh dha a leithid sin a chuis chudthromach a thoirt fainear air a chaochladh dhoigh 's a bha

\* an t-uisce basmhóir.      † dh'áraich.

é deanamh. Ma tha gillean iarrtasach air posadh ri nigheanaibh a tha deigheil air a bhi gu tric o'n bláile, agus a tha buileachadh an uine ann an diomhanas, tha iad a' gabhail meadhon, a reir coslais, a tharruingeas orra fein mo'r dhragh teaghlaich. Ach 's i'n fhirinn nach robh posadh measail air 'aire, ach a bhi caith-eanh a thiom gun bhi 'cuir an suim nadur mallaichte, graineil, ain-iochdhmhor a pheacaidh sin, a bhi mealladh aoin an deigh aoin do nigheanaibh amaideach a dh'eisdeadh ris, agus a bhitheadh air am mealladh le a cholltas sgiamhach, agus a dhoigh chaidreamhach.\* Ann an tur dhi-chuimhn' air Dia, bha e nis air a ghlagadh ann an sruth cuid de na buairidhibh a's treise do'm-bheil ar nadur buailteach, agus chaidh fuigheall nan cleachadh-sin a bha beusach gu h-ealamh as an t-sealladh. Shaoil leis gu'n robh e teo-chridheach, cha'n ann do bhrigh gu'n d'eisd e ri guth nam feumnach, ach do hlrigh gu'n robh e deonach gloine chuthaiheil na misg' a phairteachadh r'a chompanaich; cha'n f hac' e cron ann a bhi 'mire ri aignidhibh nam boirionnach air an do chuir e impidh bhi creidsinn treibh-dhireas a chridhe, ach sheall e air so mar chi's mhor do'n uайл dhiomhan a bha e 'beathachadh gach la le barrachd sgeadachadh riomhach. Mhothaich e'n sruth 'ga ghiulan gu luath air aghairt, ach is beag a thug e fainear an truaighe aimsireil do-sheachannta sin gus am bheil caithe-beatha chionntach a' treorachadh.

Bha 'iarritusaibh mi laghail a nis cho mor air an teasachadh, † a's gu'n rodh e gu nadurrach air a tharruing gu peacadh na meirle, an ni sin gus am bheil daoine gu furasd' air an toirt, 'nuair a tha na h-aobhairean ceudna a' meudachadh an uireas-bhuidh, agus a' toirt sgrios air an deagh bheusaibh. Chuir e'n gniomh a cheud pheacadh dhe'n t-seorsa so anns a bhliadhna 1829, ann an sgire Loch-Bhraoin; agus air son so cha do chuir neach air bith amharus riamh air. Ann am mios mheadhonach an t-samhruidh, an deigh dorchadh oidhche, bhris e stigh do bhúth agus ghoid e eudach deise agus beagan thasdanach. ‡ An deigh dha pilltim dhachaidh, a chionn nach robh ciste aige fein, dli'f holaich e'n t-eudach car leth-bhliadhna ann an carn chlach, chionn nach robh fhiach aige ciod a theireadh e'r a chairdhbh air son e bhi aige 'na sheilbh 'Nuair a chunnaic' e nach d'iundrain an ceannaich'e, chuir e gu ta'illear e, a' cumail amach gu'n do cheannaich se e o cheannaich a bha air a thuras. Mu dheireadh na bliadhna so thug a chleachdadh mi chiallach agus a struidh-ealachd e fo fhiachaibh, air chor a's gu'n robh naire air an duthaich a choiseachd, air eagal gu'n comhlaicheadh a-

\* Chairdeil..

† Air lasadh.

‡ Sgillinncean Shasunnach..

luchd-creideis e, a chionn nach robh e 'na chomás an paigheadh. Thug 'athair fainear coimhearsnach a thainig gu tric a dh'amharc air, agus dh'f heo'raich e dheth an robh e aon am fiachaibh do'n duin' ud, ach dh'a'icheadh e so gu tur. Air cuid a dh'uairibh ru'naich e an du'thaich f hagail, ach chuir eagal a mhaslaidh sin, e bhi fo f hiachaibh, bacadh air. Ach mar bu mho a bha e fo iomacheist, 'sann a b'f haid' a chaidh e air aghaidh ann an neo-mheasarrachd, agus thug an so'las diom-buan faoin a thuair e air an doigh so air, a chruaidh·cha'san a dhearmad. Air dha bhi 'san t-suidheachadh so, dli'f han e la Sabaid an aghaidh toil 'athar aig a bhaile, chionn gu'n do smuainich e nach robh cais'eart freagarrach aige chum dol a dh'ionnsuidh aoraidh f hollaisich Dhe, ged bha e roimh mar chleachdadadh aige bhi feitheamh air gu toileach. Air do dhithis mhnathan bhochd a bha chomhnuidh fagus do thigh 'athar, a dhol a dh'eisdeachd focail an Tighearn' air an t-Sabaid so sein, ghlac e an cothrom so gu dol a stigh d'am bothan bochd, agus le 'iuchair fein dh'f hsgail e a' chiste, agus ghoid e as a sin da phunnd shasunnach. Air an ath la phaighd e 't hiachan leis an airgiot so, agus dh'f han e o'n bhail' a chuid eile do'n t-seachduin sin, gus an robh an t-iomlan deth air a chaithe'. Air dha pilleadh dliachaidh, bha e fo mhór thrioblaid 'nuair a chunnaic e am bro'n sin a bha air gach gnuis ann an teaghilach 'athar—bhreithních e air ball gur c b'aobhar d'an dubhachas gu'n d'fhuair iad amach gu'n do shaltair e dh'aon bheum air naomhachd na Sa'baide, agus gu'n do chreach e na bochdan. Dli'a'icheadh e gu dian an toiseach nach robh e ciontach do'n niheirle, ach dli'e'ignich 'athair e gu aideachadh. Phaighd 'athair an t-airgiot; agus an deigh dha air doigh chud-thromach nadur a pheacaidl so a chuir f'a chomhair, le mor bhro'n thubhairt e ris, "Uistein, cuir cul ri do dhroch shlighibh, air eagal gu'n tuit thu mu dheireadh ann an rib as nach bi e comasach dhomhsa do shaoradh." Gheall e ann an sin ath-leasachadh giulain, agus fhuair gach neach a bha anns an tigh a'ithne gun iomradh a dheanamh ni's mo air na chaidh seachad.

Ach ged fhuair e dol as air an doigh so, cha d'rinn sin math 'sam bith dha, oir ghabh e air aghaidh 'ua dhroch shlighibh, agus ann an uinne ghearr bha e cho mor fo fhiachaibh 's a bha e roimh. Air doigh sholaimte thubhairt e rium, nam bitheadh e air gluasad ann an eagal De, nach b'urrainn e tuiteam ann am fiachaibh, do bhrigh 'na chrainn-chur gu'n robh na h-uile goireas aige a riarr-aicheadh neach le'm bu mhaith 'iarrtasan a chumail an taobh a stigh do na criochaibh sin a tha air an comharrachadh amach 'san t-soisgeul. B'e a ro-dheigh air cuideachd dhiomhan, eideadh cosdail, agus dibhe laidir, a bha 'ga shior-tharrting ní bú doimhne

ann an cruidh...cha'saibh. 'Nuair a chunnaic e nach robh e com-asach air na fiachan a bha e sior-tharruing air fein, a phraigheadh, agus a neo-mheasarrachd a' milleadh a chreideis, agus mar so gu'n robh e air a ghrabadh o 'an-tograidhean a bha sior dhol am meud, a riachadh, air uairibh bha e ru'nachadh e fein a bhathadh; agus b'e an ni amhain a bhac e, a chuinteachd e agallach a tha na Sgriobtuirean a' toirt air sgrios siorruidh an fhein-mhor.. air. Bha neul dorcha an dubhachais a' foisneachadh air 'inntinn gu tric—si'th inntinn an deigh a threigsinn—iarrtasan do..riar-aichte 'ga eigneachadh air agbaidh—a chul air a thionndadh air slighe na beatha—agus mheudaich a sho'lasan mealit', a bha e leantuinn gun sgur, a thruaighe. An aite bhi faotuinn saorsa le bhi cuir cul ri sligh' a pheacaidh, agus ag iarruidh trocair Dhe, dh'o'l e ni bu doimhne do chupan ba'smhòr na misge, agus dheilbh e innleachdan ni bu ro-chnthaicheile chum airgiod fhaotainn.

Thainig e faineas dha, gu'm b'e an doigh bu choltaiche air 'uireasbhuiddh a leasachadh, gu'n to'isicheadh e ri reubainn ann a h-aon do uaimhibh garbh-chreagan uaigneach na du'thcha sin, agus bheachdaich e air na ceannnaichean-siubhail \* sin a bhitheadh agimeachd air feadh na du'thcha, mar a mhuiunnir a b'usadh dha spuinneadh. 'Nuair a thainig e gu ru'n suidhichte reubainn a chuir an gniomh, shaoil leis seo'l a chleachdadh air a cheiltinn, air chor's nach bitheadh neach air bith comasach air fianuisceachadh 'na agaidh, agus bhreithnich e gu'm b'e an innleachd a bu tearuinnite, air tu's an ceannach† a mhort, agus an sin a bhathar agus a chuid airgid a ghlacadh. Bha an ni so suidhichte 'na inntinn car beagan sheachduinean, a' feitheamh a chothrom chum a choilionadh. Am feadh a bha so 'na bheachd, labhair e ri Do'nnull Uilson, giullan d'a luchd-eolais, agus iad a teachd o'n sgoil, air an doigh a leanas.—“A Dho'nnull, tha na ceann-aichean gle phait timchiodh an aite so, ciod an cron a bhiodh ann duinn ged mharbhamaid a h-aon diubh, agus a chuid airgid a ghlacadh.” “Cha b'urradh dhuinn sin a dheanamh,” ars' an giullan, “gun e theachd am follais oirnn ri h-u'ine.” “An innseadh tus' e?” ars' esan—“Mur a h-innseadh, b'urradh dhuinn a dheanamh furasda gu leo'r.” “Uistein! Uistein!” fhreagair Do'nnull, “ged cheilinns' e, cha cheileadh Dia e.” Rinn an t-ach-mhasans', o neach a b'o'ige na e fein, 'ha'gail car tiota gun chainnt, a crionachadh roimh aird na h-aingidheachd sin gus an robh e nis air teachd. B'iad smuaintean a bhalachain so, a chuir e'n ceilidh briathraibh clio simplidh, uair-eigin a smuaintean fein,

\* taisdealach.

† am marsanta.

"nuair a b'a'bhaist da cuibhrionnán do na Sgriobtuiribh Naomha aithris d'a athair gach la an deigh dha an cluinnntinn air an leughadh gu cra'bhach aig aoradh Dhe 'san teaghlaach. Ged thre'ig a ru'n fuileachdach e car tiota, cha b'ann ach a chum athphilleadh leis an tuilleadh neirt, a chionn gu'n do dhubb gradh a pheacaídh amach an taiseachadh sin a rinn an fhirinn air 'inntinn ann an simplidhreachd bhliadhnachan na h-o'ige. Bu thaisbeanadh eagallach e air cumhachd an-tograighean neo-cheannsaithe, gu'm biadh esan a bha uair-eigin 'na bhalachan Gaelach gun cheilg, air a thoirt gu sonn inntinn cho ifrionnach, 's gum bitheadh e 'na mhortair suidhichte agus cuilheartach.

Air Diardaoin, an ochdamh la deug do mhios mheadhonach an earraich, anns a bhliadhna són a inhile ochd ceud agus deich thar f'hichead, dh'fhág e'n tigh chum dol do'n sgoil anns an aite d'an goirear Nead, ach 'nuair a thainig e fagus do'n aite, bu náir leis dol ni b'fhaid' air aghairt, air eagal gu'n coinnicheadh a luchd-creideis e, do'n do gheall e paigheadh a thoirt, air an la roimh sin. Ghabh e seachad air an aite, agus direach oscionn Nead cho'mhlaich nighean o'g e, da'm b'ainm Iseabal Carr, dhe'n d'fheo'raich e am fac' i ceannaichean-siubhail air bith an la sin; agus air dhi'se freagairt nach f'haca, dh'athchuing e oirre gun i innseadh do'n mhaighstir-sgoile gu'm fac' i esan, agus air eagal gu'm faiceadh neach air bith e, ghabh e air ball Rathad a chladaich do Chulchinn. 'Nuair a rainig e Culchinn, chaidh e steach do thigh no dha; agus fhad's a bha e 'na shuidh ann an aon diuhb sin, chumnaic e ncach-eigin a' dol seachad air an uinneag, agus air dha dol amach a dh'fhaicim co a bh'ann, mu'n d'thainig e stigh a ris chumnaic e Murcha Grannt, ceannaiche turusach 'o Loch Bhraoin, a' dol air aghaidh troimh 'n bhaile bheag sin. Dh'han e gus an d'thainig e 'nuas; agus air do'n cheannaiche labhairt ris fhreagair e, "air leam gu'm faca mi thusa roimh." Thubhairt Murcha, "dh'fhaodt' gu'm faca," agus an sin dh'fheo'raich e 'ainm. Air dha sin innseadh air ball, chaidh iad le cheile steach do'n tigh. Beagan an deigh so chaidh iad amach, agus air dhoibh dol seachad air tigh banstrach Mhic Aoidh, sheall an Granntach air ais, agus thubhairt e, "cuiridh mi geall gu'n reic mi ni-eigin 'san tigh so." "Coma leat an tigh so," ars' Uistein, "cha'n 'eil a bhanstrach ach bochd, agus cha'n urradh dhi dad a cheannach." Chaidh iad a steach do'n tigh. E'aithe do'n bhanstrach an Granntach, agus dh'fheo'raich e dhi an ceannaicheadh i dad sam bith. Thubhairt ise, "cha'n 'eil airgiot agam." Dh'fhosgail esan, co dhiubh, a mhaileid, agus thug e dhi da shlat a dh'eudach cotain, a chionn gu'n robh i bochd, ann an iomlaid air son da phaidhir stocainean a rinn i fein. Air dhoibh

Uigh na bantraich fha'gail, chaidh iad air an aghaidh, a' comhradh r'a cheile, gus an d'thainig iad fagus do Dhruim-beag. Air an t-slighe dh'fharraid an Granntach ainm gach ait' a bha timchioll orra, dh'innis Uistein sin da, agus a bharr air sin thubhairt e, "nam faicinn thu ann an tigh m'athar, cheannaichinn beagan nithe uait, dh'fhaoidt' fiach punnd Sasunnach no dha." "Ach," ars' an Granntach, "ciod am feum a th'agads' air an urrad sin do bhathar, agus ciod e an t-asdar a tha tigh t-athar as a so." "Tha mi'n vine ghoirid a dol a pho'sadh, agus a thuilleadh air so tha mi creidsinn gu'u d'thoir thu' dhomh cu'nnradh \* math, bho'n reic thu a chuid a's mo do'n bhathar—eha'n 'eil tigh m'athar ach da mhile as a so." Ars' an Granntach, a's e freag-airt, "bheir mi dhuit deagh chu'nnradh gun amharus—bheir mi dhuit a mhaileid gu h-iomlan air son da phunnd Shasunnach, no mu'n t-suim sin." An deigh dhoibh a ghealltuinn gu'n comhlaicheadh iad a cheile eadar Druimbeag agus Nead air an ath-la, agus air do'n Ghranntach gealladh so'laimt' a thoirt nach luaidh-eadh e smid do'n chomhradh a bha eatorra ri neach 'sam bith, dhealaich iad. Cha robh urrad a's aon f'locail firinneach auns na nithibh sin uile a labhair Macleoid mu'n pho'sadh agus bathar a cheannach; 'sann a bha so uile air a dheilbh chum gun comhlaicheadh iad a cheile ann an ait' aonarach, far am faigheadh e cothrom air a bheart uamhasach a chuir an gniomh.

Mar a b'a'bhaist, bha Uistein anmoch gun tighinn dachaidh, agus dh'innis e d'a mhathair gun robh e 'san sgoil. Thubhairt a phiuthar, "ciod a thug ort an Rathad ud a ghabhail 'o'n sgoil?" "Thainig mi," ars' esan, "an Rathad a b'a'bhaist domh chois-eachd." Ars' ise, "chunnaic mi neach cosmuil riuts' a tighinn o Chulchinn." "Cha d'thainig mi an Rathad sin," ars' esan. "Murtus' a bh' ann, 'se do thannasg† a bh' ann," ars' ise. "Feudaidh e bhi gur e mo thannasg a bh' ann," ars esan, "ach tha e dearbhta nach mis' a bh' ann." "Och! Uistein! Uistein!" f'reagair ise, "tha eagal orm nach 'eil thu feitheamh air a' sgoil mar bu cho'ir dhuit." "Cha 'n 'eil mise la as a' sgoil," ars' esan. "Ach bha so uile 'na bhreug, oir dh'fhuirich e iomadh la as a' sgoil, gun fhios d' a pha'rantaibh, agus cheil se e le lethsgeul-aibh neo-fhirinneach. Chaidh e nis a luidh, le lan-ru'n gu'n deanadh e air an ath-la a lamhan a thumadh ann am ful a cheann-aiche, neach a's beag a shaoil gu'n robh a leithid a ni oillteil air 'aire.

Mar tha 'm peacadh cumhachdach chum sgrios, tha e mar an ceudna dian 'na chu'rsa; ach is ainnic a bhuidhaich am peacadh.

\* luach-peighinn.

+ do shamhladh.

atho bras 'sa tha e ri fhaicinn ann an cor bro'nach an neach ma thimchioll am bheil sinn aig an am so a labhairt. Thug droch cuideachd, iomadh gne bhuairidhean, aomaidhean peacach, agus rib an deigh ribe, esan a bha aon uair 'na ghiullan teo chridheach, tlath, suidhichte, gu bhi nis gu buileach a dh'easbhuidh eagal De. Agus threoraich na h-aobhairean ceudna e, gu h-aon a dheilbh gu suidhichte do na ciontaibh a's uamhasaiche, leis am bheil daoin' a tha air seachran o Dhia, a teachd gu bhi 'nan naimhdibh borb d'an co-chreutairibh. 'Nuar a bheachdaicheas sinn air an t-eadar-dhealachadh, a tha eadar a chor a nis agus mar bha e roimh so, chi sinn e air fhagail truagh leis na ceart nitibh a dh'ionnsuidh an deach'e air son toil-inntinn, agus ged bhitheadh e comasach dha buanachadh 'sa chu'rsa so chum an do thar-ruing se e, gun a bhi air a ribeadh le fiachaibh, bhiodh 'inntinn fada 'o shi'th. Ach thá seirbhis a' pheacaidh, nach urradh gun treorachadh chum truaighe 'san t-saoghal ri teachd, gu tric na meadhon chum amhghair na beathe' a ta lathair a mheudachadh. Air a chuir fodha 'n sruth a pheacaidh, air a dhian chuir h-uige leis na fiachaibh anns an d' rinn a chaith-beatha neo dhiadhaidh a thilgeadh, agus gun eagal roimh na bagraidhíbh uamhasach a tha lagh Dhe a' cuir an ceil an aghaidh peacadh na moirt, dh'uidheamaich e nis air son a gniomha sin a bha gu masladh buan a thoirt air 'ainm, am measg nam beann far an do chaith e laithean a leanabais, (ri mireag gun gho') far an d'fhoghluim e o'n leth muigh umhlachd do sheirbhis Dhe—ged thug e suas e fein gu bhi air a stiuireadh le athair nam breug. Am bheil neach 'sam bith a'm' eisdeachd aig an am so, a tha siubhal le cabhaig air an t-slighe chas sin trid an d'thainig MacLeod gu ful neochiontach a dhortadh? Guidheam oirbh sibh a stad 'na thráth; oir tha na h-uile ceum 'g'ur greasad leis an tuileadh neirt air bhur rathad corrach, agus 'ga fha'gail ni 's duilghe dhuibh stad air; am feadh 's a tha gach rib leis am bheit sibh air 'ur glacadh, gu mor a' lughdachadh an do'chais gum bi sibh com-asach air dol as 'o chuibheartaibh an Diabhoil. Pillibh air falbh o'n chursa sin, a tha treorachadh gu cabhagach dh'ionnsuidh sluic nach urradh sibh 'iochdar fhaicinn; agus na pillibh le bhi amhain ann an cuid ag ath-leasachadh nithean a'raigheann 'ur giulan o'n leth a mach; ach pill bh le bhi a' gabhail ris an Tighearn Iosa, agus le bhi 'g' leantuinn 'na uil' oifigibh, mar aon bhuachail' Israeil. Ma tha eagal De air fhuadachadh\* o'n inntinn, cha'n 'eil droch-bheart 'sam bith do nach feud sibh a

---

\* Air a dhubhadh amach.

bhi ciontach. Cha'n 'eil ann am mais' agus ann an truacanta  
 nadurraich an duine, maille ris gach taiseachadh a dh'fheudas  
 teachd air fo oilean diadhaidh, ach balla-bacaidh fioin an aghaidh  
 thograidhean pheacach, nach 'eil ni's fhaide fo cheannsal ugh-  
 durrais De. Smuainicibh air gach gluasad suaire intinn a  
 bh'aig MacLeod air a mhuchaugh le bunidh dhroch thograidhean;  
 a's e 'na chodal air bruaich cionta roimh an crionaicheadh  
 e le oillt uair-eigin de 'bleatha: agus fuathaichibh cuthach na  
 muinntir sin a tha deanamh magadh do'n pheacadh, Gnath-  
 fhocail, xiv. 9, an gaisgeach guineach treun sin a chlaoidh anns  
 gach linn caomh lachd\* na h-inntinn, agus a reub o cheile eadhon  
 ceanglaichean naduir fein. Cha'n urradh mi dealachadh ris  
 a cheann so do 'n teagascg, gun, ann am briathraibh sòlaimte,  
 asluchadh oirbhs' uil' a tha reic dibhe laidir, sibh a bheachd-  
 smuaineachadh gu cudthromach air an sgeula, a tha nis air  
 a chuir fa'r comhair. Bithibh air bhur faicill an aghaidh bhi  
 misneachadh na misge—thugaibh an aire nach bi sibh a' gabhail  
 ri daoin' oga le lamhaibh sgaoilte, gu bhi caitheadh tuilleadh  
 d'am maoin na dh'fhuilingeas an crann-chur dhoibh—feuchaibh  
 nach bi sibhse ri choireachadh airson strothalachd neo-niheasara-  
 ra ann am muinntir eile. Ma's math leibh dol as o mhallaichd  
 pharantan, fheara-pòsda, mhnathan-posda, agus cloinn. Mur  
 aill leibh'ur n aran itheadh air a mheasgadh air doigh uamhas-  
 ach, le fuil anamanna neo-bhàsmhor—agus mur math leibh'ur  
 tighean a bhi 'nan ionadaibh altruim nan ciontan graineil a  
 tha truailleadh ar tir, agns a' glaoedhaich ri Dia air son diogh-  
 altais.

IV. Ceann. *Thainig Uistein MacLeod gu bhi 'na mhortair oillt-eil.*—Is peacadh am mort air am bheil an cinneadh-daoine gu h-iomlan a' sealtruinn leis an fhuath a's mo, agus is peacadh e a bha air a chomharrachadh a mach le tarneanach uamhasach dian-chorruich le hobha, gle mhoch ann an eachdraidheachd an tsaothail. A bheatha sin a thoirt dheth co-chreutair, ris am bheil du'il ri co-lion so'las a mhealltuinn air thalamh co cheangailte, agus fuil dhuine dhoirteadh gu h-ain-iochdmhor, a chaidh chruthaichadh air tu's a reir iomhaigh Dhe, tha so ullamh gu iomadh beachd-smuain eagallach a dhusgadh suas anns an inn-tinn, agus thug e air gaeil cinneach agus rioghachd sealtruinn air a mhortair le geilt agus uamh-chrit. Ach tha moran ni's mo na so uil' ann, 'nuair a bheachdaicheas sinn air a chiont uamhas-

**aob so anns an t-solus sin a tha dealradh anns an Sgriobtuairt Naomh.** Agus nam b'e 's gu'n dearsadh an solus so gu soil'eir thar an neach a tha ru'nachadh' mort a dheanamh, theicheadh gach argumaid a tha brosnuchadh chum a ghniomh fhuaitich, air falbh mar cheo nan speur, agus bheireadh an..danadas chruadh.. aicht' a'ite do uamhas na ball-chrith a's mo. Tha'n neach a mhortar air a spuilleadh leis an laimh-laidir, dhe'n uine sin a thug a Chruith-fhear gra'smhor dha chun ullaichadh air son na siorruidheachd moire ; agus tha a spiorad a' dol gu h-obann o'n larach fhuilteach, chum fianuis a thoirt an lathair Breitheimh nan uile, an aghaidh a mhortaire. Tha am peacadh air a mheas co oilteil 'na shealladh-san, a shaltair o chionn ghoirid air an talamh thoirmisgte, 's gum biodh e do-dheanta uair-eigin a thoirt air a chreidsinn, gum biodh a lamhan la-eigin air an truailleadh le fuil neo-chiontach. Ach mar tha daoin' a' teachd air an aghaidh ceum air cheum, air an t-sleagh' air am bheil mallachd Dhe a' foinsneachadh, tha a choguis a' mothachadh buidhi chodalach na slighe, agus tha guith an rabhaidh nis air fa's cho fann a's gur gann a chluinnear e, am feadh a tha iad gun e.gal 'gan toirt fein thairis do chuibhrichibh, a tha gu neo-mhothachail ag iadhadh mu'n cridhe, agus 'gan treorachadh air an aghaidh, a ghnath a saoilsinn gu'm bheil iad fuasgait,' gus, ann an tiota, an duisg iad ann an uamhas, a' faotuinn an ainm eagallach sin—mortair !—mar gu'm b'ann sgriobhta air an lamhaibh le fuil ; agus mar sin tha iad a' dian-ruith air an aghaidh gun chriothnachadh, far am b'uamhasach leo uair-eigin a bhi saltant.

D'h'eirich MacLeod gu moch air maduinn Di-h-aoine, agus chaidh e do shabhal athar, agus rinn e urnuigh. "Chuir an Diabhol h-nige mi gu dhol a dh'urnuigh," ars' esan riunn gu ro shòlaimte, "agus gu cinnteach am beachd a bha agam an trath-sin dheth-san ris an robh mi g'urnuigh, bu bheachd e a bha ni bu choslaiche ris an Diabhol na ris an Dia f'hior." Ged a sguir e gu coitchionn dhe bhi 'g urnuigh, gidheadh air uairibh, 'nuair a bhiodh e air a sharachadh gu goirt leis na cruidh-chàsaibh, chum an robh a shlighe pheacach 'ga ghnath-thiarruing, bheireadh e ionnsuidh air a dhol a dh'urnuigh, ach cha b'ann air son gràs chum pilltinn o shligheibh a pheacaidh, ach amhain air-son cobhair a chum fhuasgladh o 'theanntachdaibh. Cha do thuit e gu tur anns a pheacadh sin, a bhi 'g aicheadh Dhia, ged a sguir beachd air fior nadur Dhe a bli lathair air 'inntinn, agus cha d'thug na'beachdan a bha fathast aige mu Dhia, buaireas inntinn air bith dhà na chursa peacach. Gu tric 'se an innleachd a tha ar naimhdean spioradail a' deilbh, 'nuair nach urrainn iad am mothachadh domhain nadurrach a tha againn mu bhith Dhé,

a dhùbhadh amach as an inntinn, na baraillean a's ro-mhearrachd, aiche mu Dhia, a sparradh anns an inntinn gu neo-mhòthachail, air chor 's mur fheudar a ràdh gu bheil cridhe an duine as eugais Dhé, gum seumar a radh gum bheil e ann an seadh lit-ireil as eugais an fhior Dhia. 'Sann uaithe so a thainig an t-aoradhl, a tha air a thoirt ann an iomadh duthaich do Dhiathlaibh breige, a tha air an sgeadachadh le dearbh bhuaidhlaibh an Dia-bhoil; agus an coslas umhlachd a ta air a thoirt ann an duth-channaibh ni's glaine beusan, do fhaileas faoin air a dheilbh le breithneachadh\* mi-riaghailteach an duine. Cha mhath a bha cuimhn' aige air an urnuigh a rinn e, ach gu'n do ghuidh e air Dia còmhnaidh a dheanamh ris gu airgiod fhaotuinn, ni a bha e a' cur roimhe fhaotuinn le mort fuitteach, agus gum biodh an gniomh a bha e a dol a dheanamh air adhlacadh ann an di-chuimhne shiorruidh. Measair iongantach e le mòran, cionnas a b' urrainn òganach, a bha air a theagasc gu curamach ann an teaghlaich dhiadhaidh, tuiteam 'na leithid a dhearmad uamhasach mu nadur Dhé, 's gu'n smuainicheadh e gu suidhichte tarcais a dheanamh mar so, air an Tí a dh' aithn cho tric do bhreftheamhnaibh Israeil, nach gabhadh iad eirig sam bith air son beatha mortaire. Bha e iongantach agus brònach da rireadh. Ach iadsan a fhuair aithne air an-toil a chridhe nadurraich chum an Dia fior a chumail air chuimhne, cha mheas iad so air chor 'sam bith ni's do-chreidsinn, na an sealladh uamhasach a chunnaiç Israel o shean, 'nuair a thainig Solamh, neach dh'an d'thug Dia gliocas os aird, gu cromadh sios fa chomhair iodhala neo-ghlan agus fuitteach nan cinneach. Tha gach linn dhe'n t-saoghal a' toirt làn deabhachd mu bhith na h-amaideachd anabarraich so, a tha gu domhain air a suidheachadh ann an naimhdeas na h-inntinn fheolmhoire an aghaidh an fhior Dhia, agus a tha air a gnath-neartachadh le mothachaidhribh agus cleachdannaibh peacach, de naduir neo-ghlan, ann an tomhas ni's mo na ni's lugha.

An deigh dha beagan ùine chaitheamh mar so ag urnuigh, 'dh'amhairc e agus fhuair e ord clachair anns an t-sabhal, a mheas e gle shreagarrach air son a gniomh oillteil a bha 'na bheachd. Chaith e tacan a' deanamh na coise ni bu ghiorra, chum gur ann a'b' fhus', a chleith, agus bu chinntich' a bheireadh e am buille, agus an sin chaidh e steach do'n tigh, ghabh e 'dhiot-bheag, chuir e cota-mòr athar air, dh' fholair e'n t-ord fodha, agus chaidh e air adhaint mar a b'abhaist da gu sgoil

**Nead.** Co luath 'sa chaidh e as an radharc, thionndaidh e leth-taobh o'n rathad mhor, agus chaidh e rathad Dhruimbheag. Faisg air Loch an-daraich, chaidh e steach ann an uamh carraige g' a' fholach fein, agus dh' han e an sin beagan uairean. Bha an la flucht, gidheadh chaidh iomadh neach seachad am feadh a bha e an sin. Beigin dha thighinn moch o'n bhaile, chum gum biodh a chairdean am barail gu'n robh e anns an sgoil; ach cha do gheall Murcha Grannt a cheinneachadh an sin gu feasgar. Bu lionmhor na smuaintear a thainig tarsuinn air 'inntinn re na h-ùine sin, nach b' urrainn e gu h-iomlan a a chuimhneachadh. Ach bha aon ni air an robh cuimhne gle shoilleir aige, agus mu'n do labhair e le mor churam. "Nuair a thug a choguis rabhadh dha mu'n ni, a thigeadh an lorg a ghniomh an-icchdmher chealgaich agus fhuilitich a bha 'na bhfeadh, mhuch se a guth le bhi smuaireachadh air trocair Dhe, agus thainig iemadh earrann do'n Sgriobtuir gu 'inntinn, chum bacadh a chuir air a rùn fuitteach. "Ghuidhinn gu dùrachdach," ars' esan riomsa gu ro-chudthroinach, "gu'n d'thugadh mo chiontsa rabhadh do'n oigridh o bhi claoen-t hiaradh nan Sgriobtuirean, agus ag eisdeachd ri earrannaibh dhe leabhar naomh Dhe, air an toirt chum an inntinn leis an Diabol." Is lionmhor iad a tha 'ga mheas mar ni cinnteach, nan creideadh daoine gu'n do mhaith Dia am peacanna air sguth Chriosd, agus nach robh Dia do rireadh ann an corruiach riù, ann an sin gu'n leigeadh iad sios air ball armachd an ceannairce, agus gum pileadh iad air falbh o shligh' agus sheirbhis na h-aingidheachd. Tha e 'g amharc mar ni gle chomharaicht', gum bheil daoine 'nam beachdaibh mearachdach air an duine ann an staid naduir, gu buileach a' di-chuimhneachadh, nach 'eil earrann air bith do na Sgriobtuiribh naomha 'ga dhaingneachadh mar fhirinn, gum bheil daoin' a' buanachadh 'nam peacannaibh, a chionn nach 'eil iad a' creidsinn gum bheil iad sin air am maitheadh dhoibh; ach an aghaidh so tha fiosrachadh coitchionn, maille ris na bheil Dia a' cuir an ceil 'na f-hocal, a' dearbhadh, gur e an t-aobhar sonraichte gum bheil daoine air an cruadhachadh anns a pheacadh, nach 'eil iad a' creidsinn gum bheil corruiach Dhe air a foillseachadh o Neamh, an aghaidh uile luchd-deanamh na h-eucorach. Chunnaic Dia iomchuidh bagradh eagallach a bhais, maille ri foillseachadh a mhaitheis, a chuir an ceil do'n duine ann an staid na neo-chionntachd, chum a chumail air ais o pheacadh a chuir an gniomh. Agus 'sann 'nuair a bha'n duin' air a tharruing gu micheideas a thoirt do'n bhagradh so, a thuit e air falbh o 'umhlachd do Dhia. Air dhuinn so chumail 'san amharc, cha ni duilich e a bhreithneachadh an doigh air am bheil e buadhach-

adh air an duin' ann an staid an leagaidh, ma tha e air earal-achadh gu bhi toirt mi-chreideas do na bagraidhibh eagallach a tha cho firinreach air an cuir an ceil 'san t-soisgeul, an aghaidh na h-uile a tha eas-umhal do theachdaireachd Dhe 'san f'hocal. Tha sinn a' faicinn gu soilleir o fhein-t hiosrachadh MhicLeoid, 'nuair a tha daoin' a' saoilsinn, gum bheil iad a' meudachadh naomhachd le bhi dubhadh a mach bagraidhibh an t-soisgeil, no le bhi 'g earalachadh air daoinibh bhi 'gan cuir ann an neo-shuim; gum bheil iad gu beachdte ann an sin air am mealladh gu h-uamhasach leis an Diabhol, an namhaid sin a rinn dian-spairn anns gach linn chum an ni so bhuanachd, air dha f'bios a bhi aige cho furasd' agus a tha e peacadh a mheudachadh, far am bheil eagal diadhaidh air a chuir air cnl. Nam biodh na h-uile air an toirt le bhi muchadh agartais nadurraich na coguisse, gu bhi gu coitchionn a creidsinn, nach 'eil Dia ann an corruih ris an aingidh, bhiodh na tuil-dhorsan sin air am fosgladh gu farsuinn, air an d'thigeadh a steach air ball mar thuil uamhasach na h-uile gne aindiadhadheachd, agus guth na coguisse, a tha gu tric a' cuir casg air daoinibh mi dhiadhaidh, ann an sin gu brath air a chuir na thosd; an sin bu diomhain dhoibhsan a rinn le'n saobh chreidimh cunnartach an t ole mor so a chuir an gniombh, bhi ri stri tuil na neo-dhiadhaidheachd a chosg. Bu cho maith dhuinn, le brat air a dheanamh do sgiathaibh an deal-an-de, feuchainn ri stad a chuir air cuairt-ghaoth no doinonn ro-laidir; no ionnsuidh a thoirt air cosg a chuir le lion an damhain-alluidh, air tuil-bheum nam beann air at le mile sruth; agus, leis a chreidimh faoin sin a tha siubhal air sgiathaibh iantinn luainich, ionnsuidh a thoirt air cosg a chuir air tuil buaireis inn-tinn, air a giulan sios gu cas le treun-bhuaireadh. Agus ann an so dh'earalaichinn leis gach uile dhurachd, air a mhuinnitir sin a tha 'gan toileachadh fein le faoin-bheachdaibh, gu'n reghaich-eadh iad steidh n'a bu tearuinnte dhoibh tein, air an dearbhadh iad am barailean chlaon, na an teasgag meallta sin a dh'fheumas, gun aithreachas, bhi 'na mheadhon cinnteach ann an ole do-leigheas a dheanamh am measg dbaoine, agus anamaibh neo-bhasmhor a chuir fodha ann an doimhneachd sgrios siorruidh. Aig am araidh dh' ainmich mi do MhicLeoid eor a ghadaich a rinn aithreachas, neach do 'n d' thug ar slànuighear a' dol gu bás eisdeachd 'na ùrnuigh; an sin ghlaodh e le mor-ghluasad inntinn, "Is e so sgriobtuir dhe'n robh beachd gle mhéarachd-achagamsa. 'Se so aon de nah-earrannaibh a thainig gu m' inntinn annan uaimh na carraige, chum mo rùn a neartachadh gus a mbort a dheanamh.'" Thainig e gus an earrann so a thuigsinn gu soilleir beagan lathachan roinbh a bhàs, agus bha am beachd a

ghabh e dh'i a' noehdadhb gu'n robh mor-eolas aige da rireadh air naduir an f'hior iompachaidh. "Nan robh duil agam," ars' esan, a' cuir a lamh air a Bhiobul, "nach biodh seachnadh air correich Dhe gun aithreachas ro-laimh, bha Murcha Grannt fathast beo."

Ach mu uair an deigh trà-noin, air dha an Granntach f'haicinn a' coiseachd air adhairt air taobh eile an Loch, chuir so bacadh aii a smuaintibh. Chomhluiich proitseach an sin e, ach a thaobh an astair a bha eatorra, cha d'aithnich MacLeod co a bh'ann. Dh'fhan e gus an d'fhalbh am proitseach, agus an sin chaidh e ag coinneamh a Ghranntaich. Chrath iad lamhan a cheile 'nuair a chomhlaich iad, agus an sin dh'imich iad cuid-eachd fo sgaile cairdeis, gus an d'rainig iad an cladh os ceann Nead, far an do shuidh iad ri taobh cloich. Is domhain an codal a bheir rùn peacach air an inntinn. Clia do dhuisg aite codail nam marbh smuain air bith ann an inntinn a mhortaire, mu cho obaann 'sa dh'fheudadh e bhi air a ghairm gu cunntas a thoirt, an lathair Dhe air son an ni sin a bha e nis a' dol a chuir an gniomh. Dh'eirich iad, agus bho'n b'e MacLeod a b'eolaich' air an duthaich, thug e Murcha bharr an rathaid, air eagal gu'm faiceadh no gu'n combluicheadh neach air bith iad; agus chuir e h-uig' e gu dol maille ris gu tigh 'athar, a' gealltuinn dha, 'nuair a shocraicheadh iad an ni mu'n robh iad a' cordadh an là roimhe sin, gu'n rachadh e maille ris gu Nead. Bha'n Granntach a' rùnachadh a dhol do'n Aird-mhoir an oidhche sin, a thaobh 's gun robh e dol a Dhuthaich-mhic-Aoidh, far an robh e 'g ràdh an robh airgiod aige ri fhaotuinn, agus cha robh e an toiseach deònach a dhol còmhla ri MacLeod, gus an do bhudadhaich e air a dhol, air a chumha dh'ainmich mi. Chuir an Granntach an sin a mhàileid air muin Mhic Leoid, ni nach robh gle thaitneach leis, a thaobh 's nach robh e co furasda so a ghiùlan agus an t-ord a cheiltinn. Chaidh iad air an adhairt mar so gus an d'rainig iad Loch-an f'hòirn, an sin dh' iarr MacLeod air a Ghranntach a chuid bathar f'heuchainn dha. Shuidh iad, agus sgaoil e mach am bathar. Dheirich MacLeod agus chaidh e gu culaobh enuic bhig, le rùn an ionnsuidh a thoirt air o thaobh a chùil. Ach an so blàrist mothachadh teo chridheach nan laithean a dh' f'halbh a steach air 'inntinn; smuainich e gu'm biodh e 'na ni an iochdmhor, agus leig e dheth a rùn fuitteach. Bha mòran ann an giùlan faoilidh, aoidheil, neo-amharusach a cheannaiche, cho math r'a fhiamhachd thlachdmhor agus ògail, gu naimhdeas a chlaoideil. Chaidh am bathar a thrusadh—ghabh an Granntach a mhaileid air a ghuallainn fein, agus chaidh iad le cheil' air an aghaidh. Air do MacLeod a bhi sior-shealltuinn mu'n euairt

air eagal gu'n robh neachair bith 'gam faicinn, chunnac e 'athair 'na sheasamh air cnoc mar uidhe mile dhoibh. An sin chombhairlich e do 'n cheannaich suidhe, air eagal gum faiceadh 'athair iad, a thaobh gum biodh e diumach dheth, air son nach robh e anns an sgoil, Cha'n fhac' 'athair iadsan, ni mò chunnac an ceannaich' 'athair, oir chaidh e as an t-sealladh taoblh eil' a chnuic, ann an uine gle aithghearr. 'Nuair a shaoil MacLeod gu'n deach' 'athair dhachaidh, dh' eirich iad, agus mar chaidh iad air an aghart, chuir e a lamh caochladh uairean air an òrd gu bualadh, ach thug a thruas agus a theo-chridheachd buaidh air. Ma tha eagal De a sgur de bhi buadhachadh air an anam, cha 'n 'eil ann an truas agus teo-chridheachd nadurrach, ach balla-bacaidh ro-fhaoin an aghaidh neart buairidh. Agus ann an so, mar ann an nithibh eile, tha iomadh cruaidh-chas ann do neach a cheumannaibh ath-lorgachadh, a ta gu tric a' toirt brosnachadh millteach, chum nan gniomharra is uamhasaich' a chuir an gniomh, a cheart aindeoin air maothachadh naduir. Bha iomadh cothrom aig Uistein air a whort so a gniomhachadh, nach ceadaicheadh a thruacantas dha a ghabhail. Agus mu dheireadh shaoil leis a rùn fuiteach a thoirt thairis gu h-ionlan, gus an d' thainig e gu li-ealamh 'na inntinn, nam b'e 's gum fagadh e an ceannache gu h-obann, gu'n saoileadh e gu'n robh cuilbheart air chor-eigin 'na bheachd, agus gu'n sgaoileadh se e air feadh na duthcha; agus ged a bheireadh se e gu tigh 'athar, cha robh airgid aig' a cheannaicheadh am bathar, an deigh a thoirt co fada. Aig a cheart am so thainig iad gu ionad aonarach, ri taoblh Loch-torr-na-h-eigin, agus 'nuair a bha MacLeod gu dian a' sealltuinn mu'n enaist, a dh'fhaicinn nach robh neach air bith faisg, ars' an Granntach, "co air am bheil thu beachdachadh mar sin?" 'S gann a labhair e na briatharan so 'nuair a bhual MacLeod buill' uamhasach air leis an ord air an leth cheann chearr, a leag sios e air ball gu làr. 'Nuair a bha e na luidhe air an talamh, agus 'aghaidh uil' air at, thug e caochladh buillean eile dha. Bha'n Granntach a nis ann an spairn a bhàis, agus air dhabhì 'nadhuine laidir gramail mu chuig bliadhna fishead a dh'aois, bha a chruaidh-ghleachd bàis eagallach ri f'haicinn. Thug MacLeod a chuid airgid à 'phòcaidean, nuair a bha e 'na luidhe air an lar, agus an f' huil bhlath a' sput-adh amach air a lamhaibh ré na h-ùine. Cha bu dàna leis aig an àm sin sealltuinn air aghaidh an duin' a mhortadh, ach rug e air dha chois air, 'nuair a bha fathast an anail ann, agus shlaod se e sios leis an leth-bhruthaich do'n loch. 'Nuair a chuir e fodh' anns an uisg' e, bha e fathast beò, agus ré tamuill bha a chorragan a gluasad, agus rinn 'anail glugan-bàthaidh. Charruick

sé e agus aghaidh ris a ghrùind, agus chuir e clàch mhòr air à' mhuin, 's air dh'i ruidhleadh dheth, thilg se e ann an àite ni bu doimhne dhe'n uisge; agus dh'f hag e corp an duin' a chaidh a mhort, an neach sin a choinnich e an là sin tein le guth a chaoimhneis, am feadh a bha uisg' an loch a' sruthadh thairis air co séimh tosdach 'sa bha e roimh. Bu lom chreag an t-àit' anns an d'rinneadh am mort, air art robh frith-rathad a' dol tarsuing, agus beagan a dh'i heur gorm ri 'thaobh; bha loch fholair an àite, agus am feadh a bha e uair mu'n seach ag amharc air an f'huil, agus air an uisg' a' tonn-luasgadh thar a chorpa mhort e, las an smuain a steach 'na inntinn gu'm bu mhortair e, le geur-agartas coguis' nach do shaoil leis 'sa mhaduinn an là sin, 'nuair a dli'f hag barailean truaillidh mu thròcair Dhe e an iochdmhor, mar mhadadh-al-luidh an fhasaich. Mhothaich se e fein air f'huathachadh le Dia, agus bha mar gu'm biodh guth a' cuir an ceilidh dha o'n leth a stigh, gu'n do reic se e fein a nis ris an Diabhol, a bha na mhortair o thus. Gu diomhain bha e 'durachdainn ann an dogh-rainn anma gu'm b'urrainn e sradag sin na beatha a chuir e as' ath-bheothachadh; bu toilicht' a thilgeadh e'n t airgiod fuitteach a f'huair e, 'san uisge, nam b'e 's gu'm b'urrainn e bhi cho saor o f'huil neo-chiontach 'sa bha e 'nuair a dh'f hag e tigh 'athar. Cha do mheas e bhi ann am fiachaibh, nach b'urrainn e phaigh-eadh, ach eutrom 'nuair a choimeas se e ri mothachadh uamh-asach a' chiont' a bha nis 'na throm-luchd air 'anam, mar a sheas e, coslach ri Cain, a' croithnachadh air eagal gu'n gairmeadh dealanach corruich Dhe e ann an tiota gu bàs, agus gu breith-eanas, agus gu isriùn. Chuairtich uamliunn dorcha an-do-chais 'anam, 'nuair a sheall e air a lamhaibh a bha dearg le fuil. Tha comhl-choslas comharracht' anns na beachdaibh a tha Satan a' toirt mu Dhia, ged dh'f heudas iad an toiseach a bhi air am faicinn ann an seadh a tha ro-eadar-dhealaichte. 'Nuair a ta e 'buaireadh chum daon' a chuir air seachran o'n t-slig' a ta Dia ag àithneadh, tha e 'taisbeanadh trocair Dhe dhoibh mar nach biodh tlachd air bith aige gu'n striochdadh iad dh'a iarr-tasaibh gràsmhor. Agus an uair a b'aili leis an cuir ann an an-earhsa, tha e nochdadhbh dhoibh an Dia ceudna mar gu'm bith-eadh e 'gan sealadh chum damnaidh do-sheachainte. Tha na buiaridhean so araon air an sparradh le beachdaibh claoan-bhreitheach mu nadur Dhe, agus le bhi air iomadh doigh gu h-eagal-lach a' truailleadh \* a theisteis naoimh. 'Nuair nach 'eil Dia

---

\* a' fiaradh.

a' daingneachadh na h-earb's a tha daoin' a' cuir 'na throcair, am feadh a tha iad eas-umhailt do'n t-soisgeul, cha'n 'eil e 'g radh ri ceann-feadhna nam peacach gur urrainn fior iompachadh a bhí tuille a's anmoch, fhad 'sa tha e air a cheadachadh do'n duine fathast urnuigh a chuir suas aig cathair nan gràs.\*

An deigh dha seasanh tacan ann an géur-chradh tosdach, agus a' durachdainn gu diomhain gu'm b'urrainn e an gniomh eagallach so a ghairm air ais, smuainich MacLeod a nis air meadhoraibh aghabhal chum's nach f'haight' amache. Ghabh e foild mhòr agus dh'f holuich e an f'huil—an t'hoid cheudna a bha air a comharrachadh le cuid an deigh do'n chorpa bhi air f'haotainn—agus an deigh dha a lamhan ionnlad gu curamach, dh'amhairc e agus chunnaic e nach robh comharradh fola r'a f'haicinn air a chuid eudaich. Agus do bhrigh nach robh a nis air a phearsa an comharradh bu lugha dhe'n ghniomh eagallach anns an robh e ciontach, an sin shuidh e tiota beag fo charraig a chunntadh an airgiod, a bha mu'n cuairt do dheich puinnd Shasannach 'san ionlan; agus air dha a mbaileid agus na bh'innte f'holach, chaidh e dhachaidh, rathad Nead, agus thainig e gu tigh 'athar aig uair anmoch do'n oidhche. Bha e nis saor o eagal ainmhich; ach bha uallach ni bu ro-thruime 'na luidh air a choguis—fuil neo-chiontach, nach bu chomasach dha ionnlad o 'anam leis an uisce sin anns an do nigh e a lamhan. Am peacadh a bha cho faoin leis an oidhche roimh sin, bha e nis air f'hoillseachadh dha 'na uile camhasaibh,† agus thug e air 'an-am criothnachadh an taobh stigh dheth. Agus bha bagraidhean an Tighearn, a bha air an eoir an ceil dha anns na Sgriobtuiribh Naomha, o 'n do thionndaidh e air falbh,§ a nis gu h-ùamhasach a' geur-amharc air anns an aghaidh. Cosmhul ris an làimh-sgriobhaidh sin air bhallaibh lùchait Bhelsasair, am feadh a bha gach mìneachadh claoen a bh'aige roimh air earrannaibh eile dhe' na Sgriobtuiribh Naomha, a rinn a ghreadhad gu luath air aghaidh 'na rùintibh peacach, a nis air an sgapadh mar liath-cheo na maidne. An oidhche sin choidil Donull beag, mac a pheather, comhladh ris, ach is beag a shoil leis a' phroitseach, gu'n robh e 'na chodal maille ri mortair. 'Nuair a thuit Donull 'na shuain, tharruing e srann labhar, agus dhuisge so suas smuaintean uamhasach ann an inntinn Uistein. Shaoil leis gu'n robh e 'cluir. inntinn osnaich throm Mhurcha a mhort e, agus a chorpa fulteach air a chuairteachadh le uisgibh uaigneach.

\* ann an tir na h-Ùrnuigh. + fhior namhsaibh.

§ ris an do chuir e cul.

**Loch-torr-na-eiginn mar leine-mhairbh fhuair air an oidhche**  
 eagallach sin. Theich codal o 'shuilibh re nan uairean aonarach uamhasach so, agus bu mhór 'iarrtus gum feudadh e pilleadh a' ris a dh'ionnsuidh na h-earrainn sin de 'bheatha anns am feudadh esan mar an ceudna, cosmhul ri Donull beag, codal gu suaimhneach an deigh e fein earbsadh ri cùram furachail Dhe. Tha fein-fhiosrachadh a mbortaire gu tric do-chuir an ceilidh, air a cheud oidhche neo-f hoisneach an deigh do 'n spiorad teicheadh as a chorp a chaithdha mbort, 'nuair a ta cheann troimh-cheile làn do blruadairibh an uamhais, a tha toirt air a bhi ri dian-striù gu diamhain chum 'ath-chuimhneachadh eagallach air sealladh bais an neach sin fò hògradh o 'inntinn, aig am bheil a chorp 'na chodal gun għluasad 'na f-huil, agus 'anam ag aiteachadh saoghal nan spiorad.

Is tearc iad is urrainn sealtruinn air a chiont uamhasach so gun chriothnachadh. An dòigh shuidhicht' air an do dheilbh-eadh an gniomh—an ḫin' a dh' t' heith e ann an uaigneas aonarach mar dhroch-spiorad air son a chobhartaich—an coslas caoimhneis o'n leth a mach leis an robh an rùn an-iocdmhor air a chleith—an ḫin' a labhair e agus a dh' imich e maille ris san a bha e an toir air f-huil—an doigh bhorb anns an deach am mort a dheanamh—an t-suim shuarrach air son an deach ful! neochiontach a dhoirteadh—agus an toileachadh a bha ni's miosa na bruideil air son an do shanntaicheadh an t-airgiot so—tha iad so uile co-cheangait' ann a bhi 'cuir an aingidheachd a' s mo mar chomharradh air a ghniomh so! Agus gidleadh 'se a chùl-sleamhnaichean roimh sin o shlighibh na diadhachd a thrcòraich e calg-dhireach chum a' ghniomh f-huiliach so a' chriochnachadh. Feudar na h-aobhairean sin vil' a thug air aghaidh a leithid so a dh' ain-iochd uamhasach ann an inntinn a bha gu nadurrach truacant' agus mothachail, a bhi air an lorgachadh chum na caochladh doighean anns an d'imich e o cheumannaibh sin na sithe dh'ionnsuidh an robh iomadh meadhon a' co-chuideachadh agus a' stri gu neo-bhuardhach gu 'threorachadh a' ann an ceud thoiseach a bheatha. Bha a chridh a' fàs ni bu chruaidh' agus ni bu chruaidh re iomadh mios, le bhi gabhall saorsainnean a mheasadh le cuid a bhi teachd o theochridh a' naduir, gidheadh a' b' iad fior-thoradh feinealachd neo-cheannsaichte, a tha gu nadurrach a' treorachadh dhaoina gu bhi, mar fhiadh-bheathaichean na frìdhe, a creach gach a cheile, agus co-cheangait' ri so uile bha mi-naomhachd a' teachd air a h-agħaidh, a chuir aś do eagal Dc, an t-aon steidh sin a tha mhain comasach air bacadh a chuir air corruiċh pheacach dhaoine o bhi sgaoileadh fàsalachd agus truaighe mu'n cuairt,

dhoibh. Cluinnear moran gu dian a' cur an aghaidh teagaisg na fein-cheannsachd agus na fein-aicheidh, mar tha iad air an teagaisg ann an soisgeul Chriosd; agus is dealbhach na reusanan leis am bheil iad aig oidhirpeachadh a bhi craobh-sgaoilcadh an cuid barailean millteach. Feoraichidh iad gu mor-chuiseach \* an urrainn e bhi peacach na tograidhean a th'air an suidheachadh ann ar nadur a riarachadh? Beachd smuainicheadh an leithidean sin air an sgeula bhrònach a chuir sinn fa'r comhair. Nam bitheadh an t-òganach mi-shona so, a thruaill a lamhan le fuil dhuine, fo bhuaidh teagaisg na fein-aicheidh, mar a tha an Soisgeul ag àithneadh, gu brath cha tionndaidheadh e mach, mar a rinn e ann an uine ghearr, an deigh cursa braise do'n pheacadh, gu bhi na neachl mi-naomh, neo-mheasarra, mi-bheusach, neo-chùramach, air chor's gu'm bi 'aiam gu buar air a luaidh le parantaibh anns a Ghaeltachd d'an sliochd, mar rabh-adh eagallach dhe toradhbh sgriosail an fhein-thoileachaidh. Mur foghlum daoine cleachdadh fallain na fein-aicheidh, cha'n e mhàin gum bheil e cinnéach gu'n tuit iad ann an iomadh truaighe, gus fa dheireadh an caill iad an anamanna fein, ach am feadh 's is beo iad, tha iad air an t-sligte dhireach a bheir gun teagamh iad gu bhi 'nan aimhleas agus 'nam mallachd em measg dhaoine. Is mi-chiallach a bhi 'g radh gu'm bheil daoin' a' caithe' an beathla' a reir an naduir a bhuidh Dia orra 'sa cheud staid, 'nuair a chaill reusan, an solus sin a shuidhich Dia an leth stigh dhiubh gu bhi mar iuil d'an tìle iarrtasainb, gach uile bhuaidh air an inntinnibh, agus iad gu h-aindiadhaidh, le rùn suidhicht', a glurasad air doigh a tha 'toirt dùlan do'n tì ghlor-mhor sin o'n d'fhuair iad am bith. Feudar a dhearbhadh gu'm bheil gach iarrtas nadurrach a th'ann an eridhe mhic an duin' a' tarruing gu truaighe agus leir-sgrios, 'nuair nach 'eil iad air an cumail an taobh a stigh do na crioclaibh sin a chomharrraigheadh leis a Chruth-fhear ghrasmhor 'na lagh naomh, far am bheil iad amhàin a' co-chomhlachadh chum urram agus sonas an duin' a mheudachadh. B'fheumail, measail, agus sonadh, a dh'fheadadh MacLeoid a bhi beo am measg gharbhl-bheannntan Chataobh, nam biodh e na f' bior f' hear-leanmuinn air Criod; agus bhith-eadh e saor o'n uallach ro uamhasach sin, ciont fola nco-chiont-aich, a thug air criothnachadh le oillt do-labhairt, am feadh a bha muinntir eil' a seilbheachadh na trocair sin, codal suaimh-peach.

---

\* gu tair chuiseach.

V. Ceann. *Chaidh Uistein Mac Leoid air aghaidh a' cuir peacadh ri peacadh.*—Thug cuid a mhuinnitir neo-chiallach an aont' do'n bheachd ro-mhearachdach so, man is peacaiche a tha neach a' fas, gur ann is coslaich e ri bhi air iompachadh, agus gu'm bheil iadsan a tha ciontach do pheacaibh mora agus uamhasach ni's fhusadh air an toirt gu bhi creidsinn an t-soisgeil, na dream eil' aig am bheil am beatha ni's beusaich agus ni's stuaimé, agus nach deacha' riamh air an adbhart gus an tomhas ceudna do aingidheachd. Tha mi do rireadh a' creidsinn, gur cairn so a chaidh dheilbh ann an ifrinn, agus a sgaoileadh anns an t-saoghal, agus a bhoontachadh gu' ro-mhearachdach air Sgriobtuiribh a tha gu buileach air am fiaradh o'n fhior sheadh agus bhrigh. Tha an teagasg sin a chuir Mac Dhe an ceil cho fad' an aghaidh so agus a tha solus an aghaidh dorchadas. "Agus is e so an diileadh, gu'n d'thainig an solus do'n t-saoghal, agus gu'n do ghràdhaich daoin' an dorchadas ni's mo na'n solus, a chionn gu'n robh an gniomharan olc. Oir gach neach a ta deanamh uile, tha e toirt fuath do'n t-solus, egus cha'n 'eil e teachd chum an t-soluis air eagal gu'm biadh 'ibre air an cronachadh," Eoin, iii. 19, 20. Tha na briathran so gu soilleir a' teagasg, gur iad droch gniomharan dhaoine an t-aobhar mor gu'm bheil uiread do naimhdeas a' comhlachadh an t-soisgeul anns an t-saoghal, agus an lorg sin mar is peacaiche tha gniomharan duine, gur ann is mo a dh'f huathaicheas e an solus so. Tha'n fhirinn so a th'air, a toirt le leithid do bharrantas o leabhar Dhe air a làn-daighneachadh le fiosrachadh coitchionn a chinneadhaoine, anns am faigh sinn e sior-thachairt, mar is fhaide theid daoine air an aghaidh ann an cursaibh peacach, gur ann is ro-naimhdeil' iad do shoisgeul na firinn. Cha'n 'eil mi 'g aicheadh nach 'eil "soisgeul eil' ann" a's roghnaiche le daoimh a bhi creidsinn, mar is neo-mhothachail' a tha an coguis a fas thaobh a chunnairt anabarraich sin, "tuiteam ann an lamhaibh an De bheo," agus ann an so tha iad ciontach do bhi cuir smal air f'ocal naomha-san, ann a bhi 'g a cho-mheasgadh le barailibh amaideach dhaoine. Tha'n teagasg an aghaidh am bheil sinn a nis a' togail ar guth, gu dian air a chumail a mach o bheachd mearachdach do bhriathraibh sin ar Tighearna bheannuichte, 'nuair, ann a bhi labhairt ri Ard-shagartaibh agus seanairibh an t-sluaigh, a thubhairt e, "theid na cis-mhaoir agus na striop-aichean do rioghachd Dhe roimhibh-sa," Mat. xxi. 31. Annas a cho-theagasg tha'n Slanuighear a' samhlæchadh nan Ard Shagart agus nan Seanairean ri mac dha'n d'aithn 'athair dol agus saothrachadh 'na f'hion-lios, agus a f'hreagair, "theid," gidh-

eadh nach deachaidh ; agus tha e a' samhlachadh nan cis-mhaor agus nan striopaichean ri mac eile dha'n d'aithn 'athair an ni ceudna, agus a fhreagair, "cha d'theid," ach na dheigh sin a ghabh aithreachas agus a chaidh ; agus is ann aig co-dhùnadh an t-samhlaidh so, a tha e a' labhairt nam briathran sin dheth an robh cleachdadh cho aingidh cho tric air a deanamh, ach nach 'eil idir a' giulan am mineachadh ro-mhearachdaeh so, 'nuair a leughar iad anns a cho-cheangal a th'aca ris na briathraibh eile. Cha do chronuich ar Tighearna riamh aon sam bith dheth 'luchd-eisdeachd air son a bhi ro churamach mu dheadh oibrabh ; ach chronuich e gu tric na Phairisich, na h-Ard-Shagairt, agus na Seanairean, air son cealgaireachd agus cainnt a dh'easbhuidh oibre. A chum a cheist so a chuir 'na tosd, tha ar Tighearn' ag innseadh ciod a th'air a chiallachadh le "taois ghoiri nam Phairiseach," agus ann an sin tha e gu soilleir a' dearbhadh nach e stuaimeachd an caithe-beatha, no'm fireantachd, no'n deagh oibre a bha e a' ciallachadh, ach an "cealgaireachd." "Bithibh air bhur faicill o thaois ghoirt nam Phairiseach, eadhon cealgaireachd," Luc. xii. 1. Cha 'n ann le aon cheum a thigear gu bhi cur an gniomh peacaidhean mora, ach le bhi fada buanachadh ann an cursa peacach. Nam biodh so gu soilleir air a chumail anns an t-sealladh, chitheadh daoine neo-iompaichte, mar a's an-tromaicht' am peacaidhean, gur ann is f'haid' a tha iad air dol air an aghaidh ann an scirbhis a pheacaidh ; agus mar is f'haid' a theid daoin' air an aghaidh ann an slighibh a pheacaidh, gur ann is laig' a tha am beachdan a fás air uamharrachd a pheacaidh, agus is ann is uidheamaicht' iad air son gniomharan a tha ni's ro-aingidh. Tha cuid gu ro-mhearachdach a labhairt mu dhaoinibh a bhi air an deanamh ni's deònuiche gabhail ri fireantachd Chriosd a reir mar is peacaidh' a tha iad, agus dream eile cho mi-chiallach riu sin a' cumail amach, le bhi cuir peacaidhean mora an gniomh, gum bhell daoine gu nadurrach a' gabhail ni's mo do ghrain dhe seirbhis a pheacaidh. Mu'n leithidibh so do bheacaibh bhiodh e duilich a radh, co ac' a's f'hiad' a tha iad an aghaidh focail De no fiosrachaidh dhaoine. An e iadsan a bhi peacach, agus mothachadh a bhi aca de'n pheacadh, an t-aon ni? Nach iad na peacaidh a's mo gu tric an dearbh mhuinnitir sin a's lugh' aig am bheil do mhothachadh air a pheacadh, ann an s'eadh sgriobtuireil an f'hocail, anns am bheil air f'hiileadh a s'each a bhi creidsinn toillteanais a' pheacaidh ? Ach ged cheadaicheamaid, an ni sin nach 'eil fior, gu'm bheil muinnitir air an deanamh toileach gabhail ri Chriosd mar Shagart, le bhi cuir peacadh am meud, an e so,

ba h-uil' a tha air f'hilleadh a steach ann an creidimh slainteil? Nach 'eil sinn a' ciallachadh le creidimh ann an Criod, an ni sin a tha gabhail ris mar a ta e air f'hoillseachadh anns an t-soisgeul? Agus nach 'eil iomradh air a dheanamh air anns an t-soisgeul a cheart cho tric mar Fhaidh agus mar Righ, 'sa tha air a dheanamh air mar Shagart? Uime sin tha e làn shoilleir gur e bhi toileach gabhail ri Criod, a bhi toileach gabhail ris 'na uil' oifigibh, suidheachadh inntinn o'm bheil daoine gu soilleir air an cumail le gràdh a pheacaidh, ni, a dh'aindeoin na their daoine, a tha fein-f hiosrachadh a' nochadh a bhi fàs maille ri cleachdadh a pheacaidh. Bha mi ni's mean air a phuinc so, o'n is e mo bheachd gur e th'ann innleachd laidir e'n Diabhol, agus a tha toirt gu neo-ni an gairm sin a tha air a toirt do dhaoinibh chumaithreachais, oir cha'n t hairich duine gu brath bròn airson an ni sin a tha e creidsian a bhi gu nadurrach treòrachadh gu ath-bhreith.

Mu'n d' fhag MacLeod Loch-torr-na-h-eigin air feasgar Di-haoine, 'ghlan e gu curamach an f'huil o 'lamhaibh, agus thilg e'n t-ord anns an loch. Cha robh ful air bith air 'eudach. Ach 'nuair a thug solus maduinn Di-sathuirne saorsuinn dha σ uambasaibh na h-oidhche, sheall e agus chunnaic e a lamhan uile dubh, agus shaoil leis mar bu mhò a dh' ionulaid e iad, gur ann bu duibhe a dh' has iad. Ghlan e iad a ris agus a ris le gainmheach agus uisce, agus cha robh iad buileach glan gus an d'rainig e Nead, roimh niheadhon-latha. Aig an uair ghnath-achte, dh'imich e gu dol do'n sgoil, agus shaoil leis gu'n d'amh-airc gach neach a choinnich ris air le amharus. Ach co luath 'sa thuig e nach robh an so ach a smuaintean fein, agus nach do chuir neach sam bith amharus air, agus gu'n robh a lamhan a nis co geal s'a bha iad roimhe, ghabh e misneach, agus chaidh e do thigh-òsd' ann an Nead a dh'òl uisce-beatha, gu tur a di-chuimhneachadh uamhasan eagallach an latha agus na h-oidhch' a chaidh seachad. Chaidh e 'n sin a phaidheadh cuid d'a ainmheach, agus air a shlige dhachaidh thainig e a dh'ionnsuidh a chùirn chlach anns an d'tholuich e a mhaileid, agus air dha a fosgladh, thug e aisde neapaicean sioda, cuig paidhrichean stocainean, agus nithe eile, a thug e dhachaidh agus a thaisg e 'na chist'. Cheangail e a' chuid eil' anrs a mhàileid, agus air dha clach a chuir innte, thilg e 'san locl i, far an deach' i fodha air bàll. Ged bha so uil' air a dheanamh dlù do'n loch, bha eagal air amharc air an àite 'san robh tlath-osag an fheasgair a ciuin-luasgadh an uisg' a shruth gu sèirbh thairis air corp an duin' a mhortadh. Aithghearr an deigh sin thug e caoch-ladh dheth na nithe à 'chiste, agus thilg e iad 'san loch fo thigh'

athar; gun ni'sam bith a chumail ach an t-airgiod, na neapaic-ean sioda, agus tri paidhrichean stocainean. An triubhas \* a bha 'n deigh sin air a' toirt a' lathair aig a dheuchainn, cha'n ann 's a' mhaileid a bha i, ach cheannicheadh i le airgiod Mhurcha Ghrannt. Mar so chuir e as an rathad na nithe a-bba coslach ri a chiont a dheanamh aithnichte; agus do bhrigh gun do rùnaich an Granntach dhol a Dhùthaich-Mhic-Aoidh, cha bhiodh sùil aig a chairdibh ris car ùine ri teachd, air chor's gu'n robh gach ni a nis coslach ri a chiont a chumail am folach.

Ach an d'thug an ciont oillteil so air gràin a' ghabhail do sheirbhis a pheacaidh, a tharruing e nis gu bhi 'na mhortair? cha d' thug, 'sann a bha a ghiùlan calg-dhireach an aghaidh so. Thuit e ni bu doimhne ann am peacadh. Air dha bhi fo iomaguin chum dealachadh ris an airgiod f'huiteach so, an deigh f'hiachan uil'a phraigheadh, bha e ro-stròdhail ann a bli: buileachadh a chuid eile dheth; agus a chum na smuaintean sin m' a chiont, a bha gu tric a' ruith air 'inntinn agus 'gaphianadh, fhuadach air falbh uaith, dh' ol è ni bu mho na rinn e riamh do'n uisge-bheatha. Bha e 'na chompanach aidhearrach. Agus dheilbh e iomadh breug chum cuntas a thoirt mu'n ni so, a chuir mor ionantas air a luchd-eolais, gu'n seilbh-icheadh esan uiread a dh' airgid, a bha o cheann beagan laithean cho bochd. Chunnaic e gach la an t-ait' anns an robh corp Mhurcha 'na luidhe, agus a chionn gu'n d' rinn blàthas na h-aimsire uisgeachan an loch a lughdachadh, bha druim a chuirp a nis r'a fhaicinn air uachdar an uisge, agus a thaobh gu'n robh e fada stigh anns an loch, shaoil le luchd-gabhal-an-rathaid car beagan laithean gur clach a bh' ann. Cha d' thug e idir ionnsuidh air 'adhlacadh, araon o eagal a bhi air a ghlaicadh anns a gniomh, agus o eagal na h-oillt-chrith sin a dh'f hairich e roimh bhi sealltuinn a ris air aogas a bhais ann an aodann f'huar cuirp an duine sin a bha neo-f'hios-rach air a rùn f'hoilleil chum a mhort'. Mu dheireadh, dluth do shea seachduinean an deigh do'n mhort a bhi air a chuir an gniomh, 'nuair a sgur 'eagal a chiont a bhi air f'haontainn amach, f'huardh a mach, an ait' an ni sin air an do bheachdaich iad roimh mar chloich, ann an uisgibh aonarach Loch-Tor-na-h-eigin, gur e bh' ann corp duine, agus bha geuraire a mhuinn-tir a bha chomhnuidh sa chearnaiddh sin do'n duthaich air a gairni gu amhare air an ni iongantach a bh' ann an so. Rinn nadur

---

\* a bhriegas-fhada.

loc-shlainteach na moineachail an uisge an corp a ghleidh. eadh o lobhadh, air doigh 's gu'n robh e gu furasd' air aithneachadh leis-san o'n d'fhuair an ceannaithe an aoidheachd mu dheireadh air thalamh. Bu lionmhor barailean dhaoine nis mu ao-bhar bais a Ghranntaich. Thuit cuid gun do chuir e la'mh na bheatha fein, cuid eile gun d'fhuiling e ain-neart, ach b'ha a chuid bu mho dhiubh do'n cheud bharail, a chionn nach cualas iomradh o cheann iomadh linn air mort coigrich am, measg nam beann fhiadhaich ach shiothchail ud. Bha cealgaireachd MhicLeoid anabarrach comharracht' an so. Gus an d'thainig an duin' a dh'aithnich an corp, ghabh e air nach b'urrainn e bhreithneachadh co a bh'ann, agus 'nuair a chaidh 'aithneachadh, dh'aontaich e le barailibh a choimhearsnaich mu ao-bhar a bha's. Chomh-arraicheadh esan agus o'ganach eile gu fios a thoirt do Mhinisteir na Sgi'reachd mu'n ni neo-glinathaicht' a thachair; dh'aontaich e so a dheanamh, gun an t-agadh bu lugh, agus choisich e aireamh do mhiltibh gu tigh a Mhinisteir, a comhradh leis an neo-churam bu mho mu'n ni sin a rinne uiread do thoirm air feadh na duthecha. Chaidh an corp adhlacadh; agus dh'innis e dhomhsa gu beachdte, nach b'ann le ru'n suidhicht' a dh'fhan e o'n tiodhlacadh, \* ach do bhrigh gu'n robh e ro-sgi'th le coiseachd an la roimh sin o thigh Ministeir Asainnt, agus a thaobh gu'n do choidil e tuilleadh is fada, nach robh e comasach dha dhol chum an tiodhlacaidh. Thaisbein so uile cruas, cho math ri cuilbheartachd an neach sin a thainig gu aird' eagallach a dh'aingidheachd, o'n fheasgar sin air an do chriothnaich e, 'nuair a bha ga'han na greine, aig a'm a dol fodha, a dearsadh air ful a cheannaiche.

Thainig Siorra'h Chataobh, maille ri fear-lorgachaide do-bheartan, le eud a tha ro-chliuiteach dhoibh, a chum an aite, agus air dhoibh chluinntinn an doigh air an d'fhuaras an corp, dh'orduinch iad a thogail as an uaigh, agus a rannsachadh le Leighibh, a dhaingnich le'm fianuis, an taoblh thall do na h-uile teagamh, gu'n robh mort air a chuir an gniombh. Bha Mac Leoid a lathair 'nuair a thogadh e, agus rinn e eadhon comhnadh ri togail na ciste 'san robh corp beubanaicht' an duine a chuir e fein gu h-ain-iocdhdmhor gu ba's. Am feadh 'sa shuidh e ag amhare air sgru'dadh a chuirp, † thainig roimh-bheachd iongantach tarsuinn air 'inntinn, gum bitheadh a chorpa fein la-eiginair a shmasadh mar sud. O sheorsa do fhaicil 'na chainnt agus 'na ghiu'lan, maille ris gu'n d'thainig e gu h-obann chum airgiot a bhi aige 'na sheilbh, mu'n a'm anns an d'iondraineach an Graintach, ghairmeadh e, mar neach a bha fo amharus, fa chomhair

\* o'n torradh.

† dissection, corp-shnasadh.

a h-Siorraidi, gu bhi air a cheasnachadh. An deigh dha bhi ait a cheasnachadh, thainig e dhachaidh, agus choidil e maille r' a athair; agus le mor-churam dh'innis e dhomh gu'n do shaoil leis gum ba'saicheadhl 'athair air an oidhche sin, le doilgheas gum bitheadhl a leithid sin a chiont air a chuir as leth a mhic-san. Cha d'fheo'raich 'athair riagh dheth an do mhort e Murcha Grannt, oir cha d'thainig e riagh 'na inntinn gum b'urrainn e a leithid sin a ghniomhachadh. Ach cheasnach e gu tric e mu thimchioll an airgid, agus bha mor eagal air nach b'urrainn da fhaotaim ann an rathad onorach. 'Nuair a chunnaic a phiuthar stocainean air, nach d'rinn i fein, ghuil i, a' saoil sinn gur ann a bha e air a thogail ri droch bhoirionnaich o'n d'fhuair e iad mar dhu'rachd.\* Lé iomadh breug dh'fheuch e ri'n toileachadh, agus chleachd e an seol ceudna fa chomhair an t-Siorraidi. Ach bhá e air a dhearbhadh, gu'n robh moran de na chuir c'n ceil an sin neo-fhior, ni a dh'aingnich an t-amharus a bha ac' air, agus chuireadh e do phriosan Dhornoich, gu 'dheuchainn a sheasamh air son mort Mhureha Ghrannt. B'e an dearbh chleachdadhl sin a bh'aig' ann a bhi labhairt bhreug, agus leis an do shaoil leis e fein a shaoradh, a cheart mheadhion sin a tharruing e chum a bhi air a ghlaicadh agus air a chuir am priosan. Am feadh a bha e ann ami priosan Dhornoich, chuir e gu so'laimt' an ceil gu'n robh e saor o'n chiont a bha nis air a chuir as a leth—agus ged thainig mo charaid fiughail, an t-Urramach, Mr Cennedi, Minister Dhornoich, gu tric a dh'amharc air, agus ged a dh'earalich se e, gidheadhl bhuanach e 'na chruidhas eridhe, agus bha e gu minic fo eagal gu'n eisdeadh Dia ri u'rnuighibhl a Mhinisteir urramach sin, anns na nithibhl sin a bha co-cheangailte ris a mhort oilteil so a thoirt gu solus. Ann a phriosan so chuir e r'a pheacaibh eile dearniad air rabhadhl sonraicht' agus eudthromach a fhuair e. Air oidhch' a'raidh, air ball tu:u'n do chuireadh e o Dhornoich gu 'dheuchainn a sheasamh roimh chuit nam Mòr-fhearan-dearga ann an Inbhirnis, air dhabhi air a għlasadh suas re na h-oidhche sin, thuit e ann an trom-chodal, agus thainig bruadar fa chomhair 'inntinn, a bha air nihodli araidh mar gum b'ann a roimh-inseadh eachdraidh a bheath' anns an tinn' a bha ri teachd. Cluinnic e 'na chodal gu'n robh e ann an ait'-adhlaic iongantach, a leithid 's nach f'ac' e riagh roimh, far am fac' e 'athair, a dh'fħag e fo bħristeadi eridhe maille ri 'mhathair 'nan tigh fein 'san Linn-Mheadhonach,—a' cladhach' uaighe, agus eiste-mhairbh ri a taobh. Bha a għmlu u tħiex, mar bha i 'nuair a thug e le bròn rakhadha

---

\* mar għibl.

đha mu'n mheirle a chuir e'n gniomh air la Sàbaid araidh roimh sin. 'Nuair a bha an uaigh air a criochnachadh, air leis gu'n do thionndadh 'athair ris agus gu'n dubhaint e, "Uist-ein, 's i so t-uaigh-sa, agus sin do chiste-mhairbh, luidh sios innt' air ball, oir tha t-uair air teachd." Rinn fuar-oillt fhuil a reothadh 'na chuislibh. Mhothaich e gu'n robh e 'na mhortair neo-aithreachail, agus thug smuain dol mar so a dh'ionnsuidh na Siorruidheatcud air a phearsa criothnachadh le uamhas. Shaoil leis gun do ghabh 'athair truas dheth, agus gu'n dubhaint e ris gu sòlaimte, "ro-mhath, Uistein, imich aig an àm so gu bliadh'n' an deigh so, ach mu cheann na bliadhna comhlaichidh do chiste-luidh thu. Thoir so gu sonraichte fainear. Na di-chuimhnich e." Dhùisg Uistein le mor-aoibhneas. Air leis gu'n robh am bruadar a' roimh-innseadh gum bitheadh e air a shaoradh aig a dheuchainn ann an Inbhirnis, gus an robh e gu bhi air a thoirt gun dail. Dh'fhang e Dornoch ann am mor-earbsa, ach cha do chuir e rabhadh a bhruadair ann an suim. Aig an àm so chaidh dail a chuir 'na dbeùchainn, thaobh gu robh aireamh an luchd-deuchainn tearc, agus 'nuair a shuidh ath-chuirt nam Mòr-f-heara-dearga, chuireadbh stad air a dheuchainn thaobh nach d'thainig fianuis araidh a lathair ris an robh duil aca. Cha d'rinn an ni so a iha cho a'innic a tachairt—eadhon dàil a bhi air a cuir 'na dbeùchainn an dara uair—drughadh 'sam bith air 'inntinn, gus an d'thainig an t-am sin mu'n d'fhuir e an roimh-rabhadh sin a bha cho comharrachté—ach clisgeadh obann a thainig tar-suinn air 'anam an oidhche roimh a dheuchainn dheireannach. Tha e soilleir, ged chuir esan am bruadar an neo-shuim, gu'n deach' a chuir g'a ionnsuidh ann an trocair leis an Dia sin aig nach 'eil tlachd ann am bàs a pheacaich, chum 's gu'n deanadh e feum iomchuidh do'n dail fhad' a fhuair e, ann a bli 'g ulluchadh gu codhail a chumail r'a Dhia aig ceann na bliadhna, chum cunnatas a thoirt air son fola Mhurcha Ghrannt, a bha cho fada ag eigeach o'n talamh air son ceart-dhioghaltas. Cha robh ach bliadhna agus ro-bheagan laithean gus an d'fhuaradh ciontach agus ar do dhiteadh gu bàs e; agus chuireadh 'na chiste-mhairbh e an taobh a stigh do cheithir seachduinean an deigh sin aig bonn na croiche: air chor 's gu'n robh an rabhadh a fhuair e chum ulluchadh air son a chiste-luidh, da rireadh fior, ciod air bith cho neanach 's a dh'fheudas an ni so bhi air fhaicinn.

Re na h-ùine thada roimh a dheuchainn a bha e ann am priosan a bhaile so,\* cha robh an iomacheist bu lugh a' t-àit a' fhaicinn.

'na ghnuis. Cha saoileadh neach 'sam bith, nam bitheadh e coireach ann a leithid so do chiont, gum b'urrainn e luidh cho eutrom air 'inntinn; agus air an aobhar so, mheas moran gu'n robh e neo-chiontach. Cha robh an comharradh bu lugha air iomparachadh r'a fhaicinn air 'inntinn, ach bha gach mios a chaidh thairis air cosmhuil ri chuir fodha ni's doimhne anns an neo-churam sin, a thaibean e gu h eagallach, ann a bhi dol mu'n cuairt a' ruidh-teircachd ann an ecumaibh pheacach aighearachd na h-amaideis, am feadh a bha e faicinn corp marbh Mhurcha Ghrannt, a lion cuid is cuid, ag eiridh oscionn uisgeachan Loch-Torr-na-h-eiginn, mar gum bitheadh a chruth beubanaicht' ag eigheach air son dioghaltais air a mhortair. Gidheadh bha saighdean an agartais cuid a dh'uairibh a stri ri ait fhaotainn 'na anam, a' bagairt a choguis chodalach a dhusgadh. Is gnath leamsa searmonachadh do na priosanaich an so \* air gach feasgar Di-baoine, 'nuair nach 'eil dleasdanasan eil' a cuir grabadh orm, do bhrigh gum bheil mi a beachdachadh orrasan mar earrann shonraichte de'n churam sin a tha air earbsadh rium, a chionn gum bheil am priosan an taobh a steach do'n chuid a bhuiteas domhsa do'n Sgìre; agus aig na h-amannaibh sin, bha e ni bu trice na aon uair fo mhòr għluasad inntinn. An deigh dha toiseachadh air għluasad 'na shlighe sheachranach, agus 'nuair a b'abbalist da dhol do'n eaglais, bu toil leis a bhi cluirntinn geallanan agus trocair Dhe air an cuir fa chombair; ach cha b'urrainn e eisd-eachd ri bagraidihbib Dhe, a chionn gu'n do mheasgaich iad sħlasan a chaithe-beatha pheacaich le mi-shuaimħneas eagallach; agus 'nuair a thugadli do'n eite so e, bhuanach e 'san f'honn inntinn cheudna. A thaobb nach robh e rùnachadh a għiulan atharrachadh, bu ro-fħuathach leis a bhi 'g eisdeachd ri bagraidihbib an Tigħearn air an sparradh air a choguis, agus bha e gu sonraichte deigheil air a chluasan a dhunadh an aghaidh iomradh 'sam bith a dh'fheudadh a bhi air a dheanamh 'san t-searmon air peacadh a mhoirt. Gidheadh an deigh so uile, bha e cho mor air a għluasad fo'n teagħasg a chual' e 'sa phriosan, a's nach b'urrainn e codal suaimħnejah fhaotuinn an oħlċhe sin. Dh'innis e dhomh, air an doigh a leanas, mu am araidh air an cual' e mi a' mineachadh an teagħasg sin, daoine bhi air an taisbejanad fa chombair cathair-breitheanais De, agus am measg nithe eil' a labhairt mu a leithid so do chor—duin' air a mhort an uaigħneas, far nach robh suil mar f'hiġi uis air a għniomh thaobh qonaranachd an ait' anns an do għniomhaicheadh an ciont—

---

\* Inbħiernis.

an mortair car tenuill fo eagal gu'n coinnicheadh e aig uair a mheadhon-oidhche spiorad an ti sin a mhort e, gus fadheoidh, a lion cuid is cuid, an do sguir a chiont, a bha neo-aithnichte do dhaoinibh, dhe bhi luasgdh inntinn—an sin tha am mortair agus an neach a mhortadh a comhlachadh air doigh do-sheach-annta, an lathair caithir-breitheanas an ti sin a thubhairt ri Cain, "Tha guth fola do bhrathair ag eigbeach riums' o'n talamh." Tha cridh' a mhortair' a faillneachadh an taobh stigh dheth 'nuair a tha e comhlachadh na fianuis' eagallaich so, a tha dearbhadh fo'n t-solus a's soilleir' a chunnacas riamh—gu'n labhair na mairbh a ris, agus mu'm bheil a bhinn air a toirt amach o bhilibh breitheimh nan uile, tha e faotainn roimh-bhlas searbh air an diteadh eagallach sin a tha leantuinn dortadh fola neo-chiontaich, nach do għlanadħ air falbh—agus tha an duine sin leis an do shaoil gum bu leoir, an ait' aithreachais, an ni so a cheiltinn o dhaoinibh, a faicinn a mhearrachd ml̊oir 'nuair a tha e tuilleadh a's anmoch—"nuair a tha 'bhinn air teachd amach o'n chaithir rioghail sin o nach f'heudar cuius a thogail. Dh'f hair-ich se e fein a croithnachadh—bha an teagasc gu h-iomlan cho ro-fħreagarrach r'a chor, 's ged bu leir dhomh e a cuir an gniomh a chiont', agus ged a b'aithne dhomh oibreachadh inntinn riamh uaith sin; agus mhothaich e fein gu'a d'thigeadh an taisbeandalh eagallach ud fa chomhair cathair-breitheanas De la-eigin. 'Nuair a chaidh e sios d'a chòs fein, \* an deigh co-dhunadh an t-searmoin, theich codal o 'shuilibh, shuidh e sios air taobh a leapa fad na h-oidhche, cuid a dh'uarean a rùnachadh am peac-adh mor so aideachadh, agus trocair iarraidh air a Dhia, ann a bhi gabħail gu treibh-dhireach ris an Tighearn Iosa, agus pilleadh ri Dia troimhe-san, agus an sin smuainich e gu'n robh e ro-luath bàsachadh, agus uile shòlasan a pheacaidh a chall, a dh'fheudadh e fathast a mhealltuinn re iomadħi bliadlna. 'Nuair à liubbair mis' an t-searmon ud, cha do chreid mi gu'n robh MacLeod 'na mhortair. Bha e air a radh gu tric le cuid gu'n robh mi a' comharrachadh amach muinntir fà leth 'nam theag-asg, ach feudaidh mi radh ann an seadh coitchionn, nach robh mi air mo għluasad leis na nithibh so, oir 'se Dia m'fhanuis gur e an ni mor a th'agam san amharec ann an searmonachadh an t-sois-geil, cha'n e bhi comharrachadh a mach daoine do mhuixntir eile, ach gum bitheadh iad air an toirt gu bhi faotainn aithn' orra fein, agus ged tha an ni so anabarrach feumail, tha e gu tric a tachairt gu bheil e duilich a għiulan;

---

\* d'a ghainntir fein.

ach, aig an am so, 'nuair a bha mi gus an ni so labhairt, cha mhor nach do tharruing mi air m'ais, an t-eagal gu'n saoilt-eadh gun robh mi a' rùnachadh an duine so a chomharrachadh a mach d'a chomhl-phriosanachaibh. Ach ris an smuain so chuir mi cul air ball, 'ga mheas mar ni nach b'fhiu bhi air a thoirt fainear le neach a bha ann an uine ghearr ri a luchd-eisdeachd a cloinneachadh aig cathair-breitheanais De. Agus ged is ann ionadadh mios an deigh sin a dh'innis e dhomhs' e, (goirid roimh a bhàs) gidheadh bha na briathran cho beothail 'na chuimhne's ged a b'ann air an la roimh sin a chluinneadh e iad. Cha'n 'eil mi cinnteach gu'n d'thigeadh na briathran so gu mo chuimhne, mar bhi na nithe sòlaimte a bha co-cheangailte ris an doigh air an do labhair e iad, le ro-bheag do cedar-dhealachadh o'n riaghait anns an robh iad air an labhairt leam fein 'nuair a bha e 'g am eisdeachd, Ach eo dhiubh runaich e ionaguin 'inntinn f'huadach air falbh, agus is iongantach mar a chaidh leis anns an oidhrip mhi-naomh so. Gidheadh bha e fo eagal diomhair gum feudadh mo blriathrans' la-eigin a choguis a dhusgadh, air chor's nach b'urrainn e ni b'fhaide bhi aig socair agus buanachadh ann an staid neo-iompaichte, agus a chum so a sheachnad, dh'fheuch e gu minic ri 'inntinn a lionadh le sinuaintibh eile fad na h-ùin' a bha mis' a labhairt, agus gu h-araidh nuair a bha'n rabhadh cosmhuil ri teachd dlu d'a chor fein.

'Se aobhar an eagail, gur lion-mhor iad anns an t-saoghal, nach d'rainig riamh airde cho eagallach a dh'ain-diadhachd 's a rinn esan, a dh'fheudar am fuath an aghaidh teachdaireachd Dhe, 'nuair a tha i gu firinneach air a liuthairt, a lorgachadh chum an aobhair cheudna. Tha iad a tionndadh air talbh an cluas o ghuth a rabhaidh-san anns an t-soisgeul; cha'n ann do bhrigh gum bheil iad comasach a nochdadh gum bheil e neo-fhior, ach do bhrigh gum bheil e calg-dhireach an aghaidh cleachdaidh no barail-eigin anns am bheil iad a cuir rompa buanachadh an aghaidh gach uile chunnairt. Gun ainharus, ma tha ni 'sam bith toillteanach air an ainm sin, cuthach, is e so e; a tha toirt air daoinibh bhi cho cruaidh a caogadh an suilean, agus cho teann a druideadh an cluasan, an aghaidh an ni sin a dh'fheumas iad, la-eigin, f'haicinn agus a chluinntinn, cho cinnteach agus a tha Dia fior, an dara cuid air la so nan gràs, no an deigh do bhoilsgeadh mu dheireadh na trocair teicheadh gu siorruidh, 'nuair a dhiolas Dia orra gu cothromach ach gu h-uamhasach an tar-chuis a rinn iad air gach conhailr'agus achmhasan a f'huair iad.

Bha mor-earb's aige gum biodh e air a shaoradh aig a

dhleuchainn, o mhearrachd air an do ghabh e beachd ann an sgiobhadh a dhitidh mu 'n aite 'san deachaidh an ciont a chuir an gniomh. Ach cha b'ann le neo-churam a rinn luchd-riaghlaidh a cheartais ann an Cataobh deuchainn a bha cho cudthromach do'n dùthaich a thoirt air aghaidh. Ach an aghaidh so bha dearbh ainm an loch air ainmeachadh le h-aon do na ceud f'lianuisibh a chaidh a ghairm 'na aghaidh. 'Nuair a dhiobhair so e, bha duil aige fathasd gu'n rachadh a shaoradh, do bhrigh nach d'innis e an gniomh eagallach so, a rinneadh ann an uaigneas, do neachl air bith, agus nach robh a h-aon eile 'na f'lianuis air. Cha do threig a neo-churam riamh e, re àm a dheuchainn, ged a bha an drasd agus a risd cuid do nithibh a rinn neo-fhoisneach e. 'Nuair a chual' e a bhinn "gu'n robh e ciontach," air a tòirt a mach leis an luchd-deuchainn, chuir e 'n ceilidh gu sòlaimte gu'n robh e gu neo-chothromach air a dhiteadh, agus bha e gu h-uamhasach air a ghuasad le corruiich, 'nuair a chaill e 'n earbs'a bh'aige ri bhi air a shaoradh, air chor's gur gann a chual' e ni 'sam bith do'n earail chudthromach sin a ch idh thoirt aig an àm le Mòr-fhear Moncrieff. Tha moran a cumail a mach nach peacadh a bhi tagair fa chomhair a bhreitheimh "nach 'eil iad ciontach," 'nuair a tha 'n coguis ag innseadh gum bheil iad "ciontach." Tha focal Dhe gu soilleir a' comharrachadh so amach mar an-tromachadh mor air peacadh, a dh'aindeoin 's mar a dh'fheudas e bhi gu tric air a chleith fo sgait innleachdach gum bheil e laghail; agus ged tha iad gu minic mar so a' folach peacaidh anns an t-saoghal so, gidheadli feumar mean-chunntas a thoirt air a shon aig cathair-breitheanais eile. Dh'f hairich Uistein MacLeod so gu cudthromach an deigh sin, agus ghabh e aithreachas goirt as leth a bhi tagradh "nach robh e ciontach," mar pheacadh an aghaidh Dhe, cho math agus a bhi cuir Siorrachd Chataobh gu mor dbragh agus chosdas neo-fheumail. Chuir e 'n ceilidh dhomhsa, nam bitheadh e air a shaoradh, gu'n rachadh e dhachaидh air a dhaingneachadh ni bu mho na blia e riamh ann an ain-diadhachd, a chionn gu'n d'f hairich e a chridh' a fàs ni 's cruidhe gach mios, agus ni 's uidheamaicht' gu dol air aghaidh ni b'f haid' ann an slige na h-aingidheachd. Labhair e mu'n droch thoradh a tha teachd an lorg a bhi fad' ann am priosan, a thaobh na buaidh' a tha gu nadurrach aig diomhanas, agus cuideachd ain-diadhaidh' air inntinn neo-shuidhichte—toraidhean a tha gu minic dluth air a bhi cho sgriosach riu sin a tha sruthadh o chaithe-beatha aingidh nan ciontacl: a tha aig an saorsuinn fein a' siubhat na duthcha. Bha na sòlasan peacach sin a rinn a spuinneadh dhe 'chliu agus dhe 'shaorsainn, cho measail aig'



agus a bha iad riambh. 'Nuair a lcidh e sios chum codal, bha é ri stri ris na ceumaibh peacach sin anns an robh e roimli a siubhal, a ghairm gu 'inntinn ann am bruadar na h-oïdhche, o'n robh e mhàin air a chumail air ais le cuibhreach daors' a phriosain. Agus mhòthaich e mor-shòlas, 'nuair a thainig aig àm a chodail na nithe peacach sin gu 'inntinn, a rinn a għreasad o shità agus o shamhchair tigh 'athar gu ciont mort-air'.

Am bheil neach 'sam bith 'g am eisdeachd, a tha ann a bhi gu h-an-dàna a fiaradh earrainnean fa leth do na Sgriobtuiribh a chumas fathast amach a bharail ain-diadhaidh sin, mar is f'haid' a thig daoin' air an aghairt ann an sligh' a pheacaidh, gur ann is deonaich' iad air gabbail ris agus umblachd a thoirt do'n t-soisgeul? Mur 'eil buaidh 'sam bith aig na firinnibh soilleir sin uil' a tha sinn a toirt o leabhair Dbe, agus ma tha sinn fathast a rùnachadh eas-urram a chuir air Dia, le bhi 'g radh gum bheil seirbhis an Diabhoil ag ulluchadh muinn-tir gu bhi toirt creideas do shoisgeul Chriosd, agus a bhi a sgrios anamanna dhaoine le bhi toirt orra chreidsinn nach 'eil iad a dol ni 's f'haid' o f'hlaitheanas le bhi dian-ruith a dh'ifrinn; agus ma tha sibh a cumail amach agus a teagasc nam barailean millteach so, gun suim 'sam bith do'n mhòr-chunnart a th'ann dhuibh fein agus do mhuinntir eile, guidh-eam oirbh, beachdaichibh air caithe-beatha MhicLeoid am mortair. Cluinnibh a ghuth fein a labhairt o gheimhlibh a phriosain, \* agus gu h-uamhasach ag innseadh dhuibh, am feadh a tha a chaithe beatha gu h-iomlan na mineachadh ro-chomh-arraicht air a bhriathraibh, mar is f'haid' a chaidh e air aghaidh ann am peacadh, agus mar is doimhn' a thuit e ann an eucoir, gur ann is lugh' a bh'aige do mhothachadh air uamhas a pheacaidh, agus a bha a dh'iarritas aige pitleadh gu Dia. Beachdaichibh air a bheatha, agus thugaibh an ro-aire cionnas a bheir sibh misneachd do mhuinntir eile socair a ghabhail ann an feintearuinnteachd, am feadh 'sa tha iad a dol air an aghaidh ann am peacadh, air eagal aig la mor a chéntais gum bi agaibh ri freagairt air son luil anamanna neo-bhasmhòr. An argumaid so a chuir sinn ta'r combair, o f'hojn naduriach cridl' an duine, agus air a shioilleireachadh le eisimpleir eagallach, dh'fheudamaid a dhaingneachadh le co-dhunadh air a tharruing o uile bhuaidhibh Dhe. Amhaircibh air Dia mar air f'hoillseach-

---

\* o'n chòs 'sa phriosan gus an robh e air a chuir, fo dhit-eadh.

adh anns a Bhiobul, agus abraibh, nach 'eil a nadur gu h-iomlan a toirt barrantas dhuinn air a bhi co-dhùnadli, mar is fhaid' a theid daoin' air an aghaidh ann am peacadh, gur ann is costnhuil gu'n sguir an Spiorad Naomh dlie bhi stri riu, an deigh dhoibh a bhi saltairt gu h-aingidh air gach rabhadh a thug e dhoibh. Nach 'eil obair an Spioraid Naoimh a treorachadh gu naomhachd? Agus ma chuireas daoine cul ri naomhachd, nach 'eil iad a cur an aghaidh an Spioraid? Agus nach 'eil e air a chur an ceil gu'n d'rinn a bhi cur an aghaidh an Spioraid a bhrosnachadh gu minic gu sguir de bli stri ni b'fhaide ri daoinibh? Agus anaoibhinn do'n anam sin, a tha an Spiorad a fàgail do dhorchadas a mheallaидh fein, agus fò bhuaidh uanìhasach spioradaibh na h-ifrinn, air am bheil sadachd chum an t-anam fhaotainn maille riu gu sgrios siorruidh.

VI. Ceann. *Mhòthaich Uistein MacLeod gu'n d'fhuaire a pheacadh amach e.*—Tha e cuid a dh'uairibh air a cheadachadh do na gniomharaibh a's ro-aingidh mairsinn am folach fo sgail dorchadas do-rannsuichte, am feadh a tha eucoraich soirbhleasach a' dol air an aghaidh 'nan slighe diomhair gu suaimhneach, le'n lamhaibh gu domhain air an truailleadh ann am ful neo-chiontach. Tha so a treorachadh an dream a tha cuimhneachadh gur e Dia is fear-riaghlaidh am measg nan cinneach, gu bhi gu solainte beachidachadh air an la sin a chuireadh air leth air son ceart dhioghaltas, 'nuair a bhios an ni sin a tha nis am folach air a thoirt gu solus. Tha peacadh danadais a tha gun bhi air a pheanasachadh, a seasamh mar leus-mara eagallach a dear-sadh oscionn oidhche dhorch' na beatha so, agus a' cuir an ceil cinnteachd latha-breitheanais, air son am bheil ciont an t-saoghalil so ag eigheach le ard-ghuth, chum slighean an Tì sin à tha riaghlaidh nan uile, fhirinneachadh. Ach dó bhrigh gum bheil spiorad na neo-churaim mar chodal trom air inntiñibh mhuillionan, agus 'gam fagail neo-mhothachail air comharaibh nan aimsir, ged tha iad gu h-eagallach a roimh-innseadh na nithe sin ris an ion duinn fiughair a bhi againn; 'se toil De, 'na mhòr throcair, a bhi gu minic a glacadh gniomharan, air nach robh suil mar fhanuis ach a shuil fein, agus 'g an toirt gu solus agus peanas, agus mar sin a toirt do'n mhuinnitir a's neo-churamaich' an dearbhadh a's soilleir' air a riaghlaidh uile-leir-sinneach, agus samhladh dheth 'n ni sin a ni la eil aithnicht', air doigh ni's ro-fharsuinn agus a bhios buan-mhaireannach. Thachair so gu tric thaobh ciont na moirt, anns am bheil freasdal De a' taisbeanadh, gum bheil ful neo-chiontach ag

eigheach ris-sân o'n talamb, le guth co ard agus co boadhach agus a rinn e riabh ann an laithibh Abeil. Far nach robh, a thaobh coslais, meadhonaibh air bith air am fagail chum cos-cheumaibh a mhortaire lorgachadh, tha Dia gu minic a' toirt nithe air an aghaidh, air doigh a tha gu h-ióngantach a' mean-threòrachadh gu dorus a mhortair, agus air uairibh a toirt air criothnachadh aig àm 'fhaotuinn amach, bliadhnachan an deigh do'n ghniomh a bhi, a reir coslais, air aiceamh am measg nan nithe sin a tha gu tur air an di-chuimhneachadh Is tric a smuainich cuid an ciontan fholach o shuilibh dhaoine, leis a mhuinntir air an d'rinn iad eucoir, a mhort, agus fhuair iad a mach, 'nuair a bha e tuilleadh a's ammoch, gur ann a tharruing so peanas ni bu ro-umhasaich orra fein 'san t-saoghal so, agus air an ainm agus an cairdibh masladh.

'Nuair a thugadh corp beubanaicht' Mhurcha à nisgeachajibh Loch-Torr-na-h-eigin, cha robh lorg 'sam bith r'a fhaicinn, leis am b'urrainn e blii air aithneachadh cionnus, a thainig e an sin. Ghleidh an t-uisge gu h-ióngantach an corp o lobhadh, air chor's gu'n robh 'aogas gu furasd' air aithneachadh, agus aithaobh nan lotan mortach domhain a bha air a cheann, chuireadh amharus laidir gu'n deach gniomh déisinneach a dhéanamh, ni a bha gu h-aithghearr air a dhbearbhadh, co luath agus a rinn sgrudadh nan leighean aithnicht', o chomharraibh so-fhaicsinn each a bha air a chorp, gu'n deach' mort borb a chuir an gniomh 'san ait' aonarach, so. Rinn am freasdal dionmhair sin, a ghleidh an corp re ùine co fhada, chum dearbhadh a thoirt gu'n d'fhuling Murcha Grannt bàs ainneartach, aireamh do nthibh a stiuireadh chum am mortair sin a chomharrachadh a mach, air nach do chuir faotuinn no fosgladh, a chuirp an t-eagal bu lugha. Rinn an t-eagal comharracht' a bh'air as an airgiod fhuilteach so, a chuir gu cabliaig buaireasach e chum a chaitheamh gu calamh, mu'm biodh an corp air fhaotuinn, a nis amharus a tharruing air, a bha ni bu mho air a dhaingneachadh, leis mar fhuaradh a mach mealltaireachd nan aobhar a thug e air son fàs saoibhir, ann an ùine cho goirid. Dheth na cuig paidhrichibh stocainean a bh'anns a mhàileid, mhill e dhà, ach ghleidh e an da phaidhir sin a thug banstrach bhoclid Mhic-Aoidh do Mhurcha an la, mu'n do mhortadh e. Fhuaradh aon diubh sin, aige-san, agus thugadh a phaidhir eile dheth clòsaibh ann am priosan Dhor-noich. Bha aon do chompanachaibh MhicLeoid, Coinneach Friseal, ann am bruadar shonraicht' air a sheoladh a dh'ionnsuidh an dearbh aite 'san robh na neapaicean siod' air am folach, an deigh do MhicLeoid an toirt amach à tigh 'athair do aite ni b'uaigniche. Chunnait Coinneach ann a bhguadar a

cheart àit' anns an robh iad am folach, agus chual' e guth ag radh gum buineadh so do'n cheannaich a chaidh a mhort. Chuir MacLeod gu tric an ceil dhomhsa, gu'n robh e làn-chreidsinn, gu'n d'fhoillsicheadh am bruadar so dha air doigh a bha oscionn fiosrachaiddh dhaoine—oir roimh dha bhi air a dhiteadh, nach d'innis e an ni eagallach so do dhuime beo—nach robh e riamh cho mor air mhisg ann an cuideachd Choinnich, 's nach robh mean-chuimhn' aig air gach ni a rinn agus a thubhairt e—gum b'urrainn e tomhas mor do'n uisge-bheatha òl gun a mhothachadh a chall leis—agus gu'n d'thug e mor-chradh d'a inntinn a bhi faicinn an t-amharus leis an d'eisd moran ri fianuis Choinnich. Tha e dearbhte o eachdraidh an t-saoghail, agus air a dhaingneachadh air doigh nach fheudar a chuir an teagamh, gu'n robh mort gu tric air a thoirt gu solus le bruadaribh na h-oidhche; agus cha'n 'eil ni air bith do..chreidsinn anns a bharrail, gum feud an Riaghlaир mor air amannaibh teachd 'san eadraiginn, ann a bhi firinneachadh a laghannan fein, agus geilt ionchuidh a shocrachadh air cridheachaibh dhaoine roimh bhi doirteadh suil dhuine, cia air bith cho uaigeanach 'sa tha an t-àit' anns am bheil am buaireadh gu h-obann a tighinn tarsuinn air an inntinn. Bha an fhanuis cho laidir a's gu'n do mhothaichi an luchd-deuchainn urramach, an deigh suidhe ceithir uairibh sichead a' toirt breith air a chuis so, gu'n robh MacLeod da rireadh ciontach : agus bha MacLeod, aig an aois sin anns am feudadh e toiseachadh air a bhi feumail am measg dhaoine, agus na bhalla luach-mhor de chomunn measail, air a dhiteadh gu bàs na croiche, agus a chorp gu bhi air a thoirt do na leighibh chum a shnasadh. \* Bha so na dhearbhadh ro-shonraicht' air oirdheirceas lagh agus ceartas ar duthcha. Chaidh duin' ann an inbli' iosal, ann an cearn ionallach de'n Ghaeltachd, a mhort gu borb, acli cionnus, no co leis, cha b'f hiosrach neach 'sam bith, agus gidheadh bha rannsachadh cosdail agus saoithreachaill air a thoirt gu crioch le foighidin a bha cliu-thoillteanach, agus an ceann tuilleadh a's ochd miosan deug chaidh am mortair gu ceart a dhiteadh, a reir riaghait an lagha. Tha daoine ro-ullamh chum a bhi gearan air na h-ana-cothromaibh fo am bheil iad a saoithreachadh, a di-chuimhnachadh am mor aobhar thaing-ealachd a tha aca do Dhia air son suidheachadh an crann-chuir anns an t-saoghal. Tha iomadh ni ann an reachd na rioghachd moire so, air an do bhuilich Dia mor fhabhar re ùin' f hada, a tha gu soilleir am feum ath-leasachaidh. Acli bu choir do,

---

\* chum a ghearradh.

nithibh cosmhuiil riu sin air am bheil sinn a nis air ar gairm gu bhi beachdachadh, ar deanamh taingeil gum bheil sinn beo ann an rioghachd anns am bheil dion cho furachail air ullachadh air son beath' agus maoin. Agus dh'f huilingeadh daoine glice moran mu'n tilgeadh iad na reachdan sin bun oscionn, a sleas rè ùine f'hada, air doigh nach robh an coimeas thaobh cothroim agus ceartais ri t haotuinn anns an t-saoghal. Tha an dearbh chaoinshuarrachas sin a tha sgaileadh cho farsuinn, a thaobh luach ar sochairean dhiadhaidh agus shiobhalta, a' cur dhaoine glice fo eagal gum feud Dia ar duthaich mhi-thaingeil a smachdachadh, le bhi buintinn air falbh car uin' f'hada, nan nithe sin air an d'rinne sinn mi-bhuileachadh cho mor. Dh'f haodadh e bhi, an deigh diteadh MhicLeoid, nach b'esan am mortair, ach a mhain gu'n robh comh-roinn aige do'n spuilleadh fhuilteach. Ged bhiodh so ann fein 'na chiont gle mhor, gidheadh tha ni-eigin ro-chraiteach ann a bhi faicinn duin' a fulang'air son cionta, dhe'm bheil e fein a tagradh a neo-chiontas. Goirid an deigh dha bhi air a dhiteadh, dh'iarr e gu durachdach mise f'haicinn. Chaith mi d'a ionnsuidh, agus f'huair mi e ni bu stolda na bha e 'nuair a thugadh a mach a bhinn. Bha e 'na shuidhe 'na chòs, a siorghearan gu'n deach a dhiteadh fo amharus a mhain, agus bha iarrtus aig air deuchainn eil' f'haotuinn. Thug mi air gach neach a bha maille ris aig an àm dol a mach, agus mi fein a'm' aonar f'lagail glaiste maille ris 'na chòs. Chomharraich mi mach dha nadur eagallach a chiont' air son an robh e air a dhiteadh, agus thug mi oidheirp'air f'heuehainn da, gu'n robh e fathast so-dheanta do Dhia maitheanas a thoirt da. A thaobh gum bheil daoin' a tha dol ro-fhad' air an aghaidh ann am peacadh, fo bheachdaibh laidir meallta mu throcair Dhe, a tha 'g oibreachadh mar dheoch-codail eagallach a tha fagail na cogaise gun mhothachadh, eadhon ann am meadhon nam gniomharra a's ro-aingidh, dh'f heuch mi ri sparradh air 'inntinn, gu'n robh trocair Dhe air a taisbeanadh le bhi fosgladh slighe. tre am faodadh cinn-f'headhna nam peacach bhi air an tearnadh, gidheadh nam buanaicheadh daoine gus a chrioch ann a bhi diultadh na slighe sin, gu'n robh an la sin a' teachd anns an glaodhadh trocair, air an d'rinneadh tarcuis, le ard-ghuth air son an sgrios. "Uistein," arsa mise, "beachd-smuainich air briathraibh Dhe, tha do laithean air thalamh air an aireamh, agus thoir an roaire gu sòlaimte do'n roghainn a dh'f hag do Dhia agad—'pill-eadh no bàsachadh.'"

Mhìnich mi dha nàdur an aithreachais, an ceangal do-dhealaicht' a bh'aige ri creidimh 'san t-soisgeul, nach 'eil ann an creidimh gun aithreachas ach a chealgaireachd a's graineile,

agus gum b'leil e co-cheangailte ri fior-aithreachas, gum biodh an toil air a pilleadh o sheirbhis a pheacaidh gu seirbhis De, Bharrachd air a so thubhairt mi ris, " Uistein, ma tha thusa saor o'n chiont eagallach so, tagair do neo-chiontas gus a chrioch, aeh ma tha thu ciontach, agus gum bàsaich thu a' tagradh do neo-chiontas, basaichidh tu le breug a'd'laimh dheas, agus cho cinnteach agus a tha thu nise beo, fosgailidh tu do shuilean ann an ifrinn. Cuinighnich nach e duine ach Dia a tha 'g agairt beath' a mhicraire, agus thoir an aire nach dean thu gu h-aingidh ceannaire an aghaidh a thoile ard-uachdranach-san. Feudaidh trocair a bhi air a faotuinn fathast, ach na d'thugadh mealladh 'sam bith o'n Diabhol ort a bhi bruadar mu throcair as eug-mhais aithreachais, oir ged dh'fhaodadh daoine beo le dalladh (o'n Diabhol) a bhi strì ri claoen-mhìneachadh a chuir air briathraibh Chriosd, hi thusa cinnteach gu'n coinnich na briathran sin thu la-eigin 'nam fior sheadh, " Mur dean sibh aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna," Luc. xiii. 3. Tha mi bronach air do shon—coinnichidh sinn gu h-áith-ghearr anns an t-saoghal shiorruidh—bi glic 'na thrath—tha trocair a gairm an diugh—cha'n 'eil e tuilleadh a's anmoch fathast gu dol a stigh air geata chumhang na beath'—rach a steach, no theid thu dhith."

B'e so brigh na labhair mi, agus riambah cha'n f'haca mi buaidh ni bu mho aig focal beannaichte Dhe (air neach 'sam bith eile.) Bha e air bhall-chrith, bhrùchd na deoir gu paitl' o 'shuilibh, agus air dha amharc gu dian orm'san aghaidh, ghlaodh e gu h-ard, " innsidh mi dhuibh gach ni mu'n ghniomh oilteil so. Mhort mise Murcha Grannt." Thoisich e an sin, a's e sileadh nan deur gu paitl, air an sgeul uamhasach aithris, agus cha cheala mi riambah aidmheil a għluais m' f'haireachdānn cho mor. 'Nuair a chaidh e beagan air aghaidh 'na sgeul, rinn e stad, agus, a cuir a lamh air a chridhe, le mor għluasad \* inntinn a bha aig an àm sin ri f'haicinn 'na ghnuis, ars' esan, " tha mi mothachadh spairn† eagallach an so, ni-eigin a tha fathast a' cuir impidh orm gun an ni eagallach so innseadh. Ach dh'ēisd mi tuilleadh a's fada ris an Diabhol, agus a nis foillsichidh mi dhuibhs' e, o'n tha f'hiġi agam gur i bhur comħairle-sa dhomħ, comħairle caraid m' anna." Chaidh e an sin air aghaidh, agus co luath 's a chluinneadh e fuaim cois a teachd chum an doruis, stadadh e, agus dh'f heoraicheadh e an robh neach sam bith ag eisdeachd an sin. Fadheoidh thainig Siorradh Chataobh a steach, a bha

\* mōr-dhène.

† cruaidh-gleachd eagallach an so,

aig mor-dhragh ann a bhi rannsachadh a mach gu mean gach ni a thaobh mort a Ghranntaich. Thainig e air doigh caoimhneil 'g a amharc, agus a dh'fheorach an robh fios 'sani bith aig Uistein ri chuir a dh'ionnsuidh athar. Bha toil aig MacLeod e dhol a mach gus an criochnaicheadh e a chòmhradh riumsa. Chaidh an dorus a ris a għlasadħ, agus dh'f hagadħ sinn 'n ar n-aonar. 'Nuair a bha e dlu air deireadh 'aidmheil, bha mi sgith le bhi fad' a' m' sheasamh, agus a chionn nach robh aite-suidhe ann a chòs, chaidh mi a shuidh air clach mhōir a b'e aon do phostaibh na leapa air an do luidh e. Las a theo-chridheachd, agus ann an tiotadh spion e an neapaic a bharr a chinn, agus sgaoil e air a chlach i, chum m' aite-suidhe dheanamh cho taitneach 's a b'urrainn e dhomh. N'uaire a chriochnaich e an aidmheil eagallach so, air dhomh an t-iomaguin mør f haicinn a bha air, gum biodh an ni eagallach so a bha uaigneach gus a nis, air earbsadh riums' a mhain, thubhairt mi, "Uistein, tha t-aidmheil uaigneach tearuinnt' agams". Dh'f hoillsich thu so dhomhs' chum mo chomhairl' f-haotainn mar mhinisteir an t-soisgeil. Cha 'n innis mise so gu brath do dhuine beo gun t-aont' fein. Ach b'e mo chomhairle gu'n ceadaicheadh tu dhonih flloillseachadh anis do Skiorradh do dhùth-chá fein. Saoraidh e muinntir eile gu'n d'innis thu dhomhsa gur tu fein a mhain a rinn an gniomh oilteil so." | Dh'aontaich e ris a so air ball, ag radh, air dha a chiont aideachadh dhomh, gu'n robh e toileach ni 'sam bith dheanamh a dh'f heudainns' fhaicinn iomchuidh, agus air dhomh Mr Lumsden a ghairm a steach, dh'innis mi dha brigh aidmheil Uistein, gun iomradh a thoirt air nitibibh eile nach robh freagarrach bhi 'g an luaidh gus an deigh àm a chrochaidh. Dhealaich mi ris a's e fo mhor-iomaguin, ag earalachadh air cia do-sheachannta feumail a bba iompachadh ri Dia, atharrachadh a tha ro-dhuilich ann an cor 'sam bith, ach gu h-araidh 'na chorsa. A bharr air so thubhairt mi ris, "dean strì gu dol a stigh air a għeata chumhang, agus le taingealachd thoir an aire do so, gum bheil Dia ag eisdeachd ri osnaidh priosanaidh Shatain, agus ullamh gu cobhair a dheanamh do'n pheacach a 's mo 'na chruidh-ghleachd chum a chuiblirichean f-haotuinn air am briseadli." Re na h-uin' f-had' a bha e anns a phriosan cha'n f-haca mi deur 'na shuil. Aig àm a dheuchainn cha do shil e deur. Ach a nis, thaobh coslais, bha a chridhe briste. "Mo thruaighe," ars' esan, "tha mi criothnachadh ri smuaineachadh cia cho bcag bròn 's a tha mi a' mothachadh ann a bli 'g aithris a leitlid do għniomh fulteach." 'Nuair a labhair e, ruith na deoir sios gu pailt air a għruaidhibi. Bheachd-

aich mi orra mar bhraoinibh phrisel, a leithid's a tha toirt air ainglibh gairdeachas a dheanamh, 'nùair a tha'n ceud thaiseachadh air toiseachadh, agus a toirt earlas air fras throm do bhròn an aithreachais.

Is uamhasach na truaighean aimsireil a tha gu tric a' cuairteachadh dhaoine mi-dhiadhaidh, 'nuair a tha am peacaidhean 'gam faotuinn a mach. Tha so gu h-eagallach fior mu'n mhortair. Ceangailte 'na chòs\* chianail, tha e nis a feitheamh crioch a bheath', a bhuilich e ann a bhi leantuinn shòlasan pheacach, leis an d'thug e mi chliu air 'ainm agus air a chairdibh. Ciod an solus anns am feum na nithe sin uil' a nis a bli air am faicinn, a bha aon uair air doigh cho mealltach amhain 'ga tharruing ceum air cheum, gu neo-ml.othachail gu cluasag an-shocrach § a mhortaire. Is nair le 'chairdibh a nis 'aideachadh, agus lionaidh gruaing an gnuis ri bhi cluinntinn iomraidh air 'ainm. Tha gach buill' a tha chuislibh a' toirt 'na chorpa 'ga ghreasadh gu 'bhàs maslach. Ach uamhasach mar a tha da rireadh còs a mhortaire, far am bheil e fo bhinn a bhais, a feitheamh ri la a chrochaidh, agus ceangailt' ann an geimhlibh, a mothachadh gu geur gu'n d'f huair a pheacadh amach e, cha ghiulan e'n coimeas a's lugha ris a chor eagallach inntinn anns am feum esan a bhi gu brath air a chuir fodha, aig am bheil a chiontaibh, neo-aithnichte do dhaoinibh, no a chaidh as o-laimh a cheartais, amhain 'ga fhaotuinn a mach, 'nuair a tha osnaibh a mhuinntir a tha fo dhiteadh siorruidh 'ga chuariteachadh. Ciod air bith cho gruamach 'sa dh'f heudas priosan talmhaidh a bhi, agus ciod air bith cho freagarrach 'sa tha e, gu bhi toirt air a mhuinntir neo-mbothachail stad air an t-slige sin a dh'f heudas fadheoidh an tarruing a dh'ionnsuidh r.a croiche, cha'n 'eil e ri bhi air a choimeasachadh ris a phriosan sin aig am bheil a gheatachan air an glasad gu laidir le ordugh Dhe, nach fosgail gu brath chum an dearsadh a's lugha do dhochas a leigeil a steach, no focal urnuigh a leigeil amach. Agus is e so aite-connhuidh uamhasach gach ciontach neo-aithreachail, ge b'e air bith mar dh't heudas e uairean diombuan na beatha so a bhuiteachadh ann an trom-chodal na neo-churam, ri bruadar facin mu dhol as o pheanas. Ged is ni uamhasach dol a dh'amharc air moirtear fo dhiteadh, a dh't heumas ann am beagan laithean seasamh fa chomhair breitheimh nan uile, gidh-eadh tha deoir an aithreachais a sgaoileadh soluis eadhon anns an aite dhubhach so, thaobh gum bheil e comharrachadh spiorad

---

\* 'na ghainntir.      § droighneach.

à tha nis à briseadh troimh na geimhlibh sin a cheangail e' re  
uin' fhada ri a sgríos.

VII. Ceann. *A reir coslais, bhásáich Uistein MacLeod ann an staid iompaichte.*—Ann an caochladh liathibh chunnaic Dia iomchuidh saoibhreas a ghrais a thaisbeanadh, ann an atharrachadh slainteil a dheanamh air na peacachaibh bu mho. Agus ann an so thug e làn-dearbhachd dhuinn a bhi creidsinn, nach 'eil aobhlaig aig neach 'sam bith a bhi tuiteam ann an an-dochas, ma tha e da rireadh toileach ann an la fiosrachaидh a throcaire, pilleadh gu Dia trid an neach sin a tha air a shearmonachadh 'san t soisgeil mar "an t-slighe, an fhirinn, agus a bheatha." Ann an an-dochas tha neart uamhasach, air nach 'eil eolas aig neach ach aca-san aig an robh da rireadh ri cathachadh na aghaidh. Aca so tha fios cia mor an fheum a th'aca air gach misneach a tha Dia a cuir fa'n comhair ann a fhocal, chum cathachadh an aghaidh an namhaid ghuinich so. Is i gloir shionruicht' an t-soisgeil, am feadh a tha e cuir an ceilidh briathran uamhasach 'nan aghaidh-san a tha rag-chridheat agus fad' as o fhireantachd, gum bheil e aig an àm cheudna a labhairt ann am briathraibh a's milse na cainnt nan aingeal, ris a mhuinnitir a's ciontaich' a tha criothnachadh roimh fhocal De. Do bhrigh gur ann le bhi beachdachadh air nadur Dhe 'na oibríbh, a's soilleire a tha daoin' a faicinn a mhaitheis, chunnaic e iomchuidh caochladh eisimpleirean a thoirt 'na fhocal de 'thruas ri cinn-fheadhna nam peacach. Agus tha eachdraidh gach linn a taisbeannadh, anns an t-seadh so mar an ceudna, gum bheil a nadur air feadh gach uile linn neo-atharrachail. Chaidh a chuir an ceilidh cui, gu'n robh e ro chronail do dhaoinibh a bhi comharachadh amach dochas ri trocair o Dhia do na ciontaich a's mo. Tha a bharail so, agus an argumaid air am bheil i air a bonntachadh, uamhasach thar tomhas. Nam buineadh Dia riu-san a tha labhairt mar so, mar bu mhiann leo-san a bhi buntainn ri 'n comb-pheacachaibh, bhiodh an staid da rireadh eagallach. Tha e fada uam a bhi 'g radh nach do sgríobh cuid caochladh nithe, mu mhuinnitir a bhi ruigheachd air trocair as euginhais iompaichaíd; air chor's gu'n do tharruing iad moran de 'n luchd-leughaidh neo-fhaicilleach gu bhi dianruith air an aghaidh gun sgàth anns na ceumaibh sin, cha'n e mhain a sgaoil am measg dhaoine toradh searbh ciont' an-tromaicht', ach a thug orra fein fa dheireadh sgríos siorruidh. Ach tha mi 'ga dhaingneachadh mar fhirinn, 'nuair a tha trocair Dhe air a cur an ceilidh gu firinneach, ag athchuinge air peacachaibh gus an uair mu dheireadh de'in beatha dhiom-buan, pilleadh ri

Dia air an doigh a dh'fhoillsich e 'na fhocal, chum agus gun ruigeadh iad air maitheanas—ann an so cha'n 'eil ni a's urrainn gu nadurrach daoin' a neartachadh 'nan , cursaibh peacach—gu h-a'raidh ma tha aig an a'm cheudna earail fhirinneach air a toirt mu neo-chinnteachd beath' a pheacaich, agus gum bheil, aig a'm dha bhi toirt suas an deo, an guth a bha gu minic a cur im-pidh air pilleadh ri Dia, an sin a sgur gu siorruidh, agus dorus farsuing air fhosgladh do'n chorruich uamhasach sin, a shluigeas suas gu brath iadsan a bluanaicheas gu neo-churamach, gu crioch am beatha, ann an dimeas a dheanamh air foighidin an Dia sin a tha trocaireach, ach a tha mar an ceudna la'n chothromach Tha an trocair cheudna, a tha cromadh sios gu h-iriosal, chum beannachd a phairteachadh ris a pheacach aithreachail a tha creidsinn, agus e 'na sheasamh a croiognachadh air bruach an t-sluic gun ghrunnd, a meudachadh o'ranaibh molaidh na seachd neamhaidh sin, a tha cuairteachadh cathair na gloire, ann a bhi beachdachadh air an taisbeanadh nuadh so de'n ghra's sin a tha ro iongantach ; am feadh a tha e, aig an a'm cheudna, a' cur an ceil an diteadh a's duibhe orra-san, a tha sior-bhuanachadh ann a bhi cur an aghaidh ughdarrais an Dia a tha saoibhir ann an trocair.

'Nuair a tha mi a' cur an ceil gu'n do bhasaich MacLeod 'na dhuine iompaichte, 'se mo dhian-iarrtus gun d'thugadh sibh an aire, do na dearbh aobharaibh air am bheil mi a bonntachadh a bharail so. Tha fhios agam gum feud eagal a bhi air a ghitinn anns an inntinn, amhain le dluth-shealladh air a bha's, agus a tha caitheamh air falbh 'nuair a tha'n t-sealladh sin air a thoirt as an rathad ; agus gum feud gradh a bhi ann, a tha 'g eiridh o bheachd meallt' air gu'n d'fhuair an t-anam trocair ; ni nacl 'eil gne' ni's fearr, thaobh an toraidh a tha sruthadh uaith, na a bheachd ud eile. Tha m'earbs' do thaobh a staid-sa air a boun-tachadh air an dearbhadh a chunnaic mi ann do fhior atharrachadh eridhe, air oibreachadh le creidimh ann an Iosa Criod. 'Se mo bheachd nach leig mi gu bra'th air di-chuimhn', an dian-dhur-achd leis an cuala mi e 'na cho's a' seinn urnuigh an t-Salm-adair—

“ O chionta fola saor-sa mi,  
O Dhia, a Dhe mo shlaint' ;  
Seinnidh gu h-ard air t-fhireantachd  
Mo theangadh auns gach ait.”—Salm. li. 14.

Bha geur-mhothachadh domhain ri fhaicinn 'na uile ghiulan ; a bha gu h-iongantach eadar-dhealaicht' o'n mhi-dhiadhachd a bha cho comharracht' ann a chaithe-beatha, ré nan tri bliadhna nu dheireadh de bheatha. 'Nuair a dh'aithris e na briathran so, " o chionta fola," bha ni-eigin ro-sholaimte ri fhaicinn 'na chainnt

agus 'na ghiulan, a bha leigeadh ris am mothachadh domhain a bh'aige de'n chiont oillteil sin, air son an robh e a nis ag iarruidh maitheanais. Nochd 'inntinn eud a thaobh 'fhaireachdainn fein, ni a bha air dhoigh araidh taitneach, ann an cor neach aig an robh a staid shioruidh gu bhi air a suidheachadh ann am beagan laithean, a reir a chreidimh, agus cha'n ann leis a bheachd a dh'fheudadh tr'bhi aige m'a chor fein. Air la araidh, goirid an deigh a dbhitdh, bha mi labhairt ris mu chor na muinntir sin a bha a reir coslais air an iompachadh, 'nuair a bha am bàs am fagus, ach a phill a ris ri'n seann chursaibh, 'nuair a bha an slàint' air a h-aisig air ais. An sin rinn mi stad beag, agus an deigh sin thubhairt mi, "Uistein, nach 'eil thus a creidsinn nam bàs-aicheadh iad anns an staid sin, gu'n rachadh iad a dhìth, ged dh'fheudadh daoine gu h-an-dana radh gu'n deach' iad do fhlaitheanas?" Fhreagair e gur tric a thug e'n aire dha sin, agus gu'n d'aontaich e ris na thubhairt mise m'a thimchioll. Cheasnaich sé e fein air an ath-mhaduinn air a cheann so, agus dh'innis e dhonhsa gu'n do chomharrach e, ged bu mhiannach leis bàsachadh ann an creidimh Chriosd, gidheadh nach b'urrainn e radh nach mo gu mor bu roghnaich' leis, gum biodh a bheath' air a caomhnadh anns an t-saoghal, ni a dhearbh air nach do chreid e do rireadh an soisgeul. "Tha mi ag aontachadh leat anns a bharail sin, Uistein," arsa mise, "ach chomhairlichinn dhuit an t-atharrachadh cridhe so iarraidh o Dhia, nach d'iarr an truagh-an riambh ann an diomhain." Air an la'n deigh sin, dh'innis e dhomh gu'n d'eisd Dia r'a urnuigh, "agus," le ard-ghuth agus mor-dhurachd, ars' esan, "b'fhearr leam bhi air mo chrochadh ceud uair agus bàsachadh ann an creidimh Chriosd, na bhi beo ceud bliadh'n ann an Asaint aon an sòlas agus socair. Shaoil team uair-eigin, ars esan, gu'n robh iompachadh 'na ni gle flur-asd', ach a nis tha mi faicinn gum bheil e 'na ni anabarrach duilich, agus tha mo chaithe-beatha ré na h-uin' a chaidh seachad, agus na cleachdaidhean a lean mi, 'ga dheanamh moran ni's cruaidhe dhomh. Nan d'thugadh muinntir og creideas do gach ni a dh'fheudainns' innseadh dhoibh o m'fhein f'hiorsachadh, cha smuanicheadh iad gu brath an geat' a dheanamh moran ni's aimhleathan, le bhi ri moille, agus ann a bhi cur suas iomadh ceap-tuislidh roimh aithreachas, le cleachdaidh bibh aingidh. Cha chomasach dhomhs' innseadh ciod an co-ghleachd a bh'agam ri m' thoil fein, ni a's beag a shaoil leam o cheann fhada, 'nuair a bharalaich mi gu faoin, gum bu leoир beagan mhionaidhean roimh'n bhàs chum an obair mhòr so a choimhli-ionadh. An deigh mo blais, thugaibh rabhadh do mhuinntir eile gun iad a dheanamh mar rinn mise, dail cho fad' a chur ann

an gnothuch mor so na beatha—oir tha mise 'ga chuir an cell duibh mar fhirinn, gur daor a chosd e dhomhsa." Fhuair e comas a bhi faicinn bas Chriosd, mar an t-aon éirig air son slaint a pheacaich, agus gur e'n creidimh a tha gabhail ri Criod 'na uil' oifigibh, an t-aon ni mor a tha ceangal r'a reite san, a tha uil' fhoirfidh. Chunnaic e gu'n robh an fhuil so lan-chomasach air esan a ghlanadh, o'n fhuil neo-chiontach a rinn e dhortadh. Chomharraich mi mach dha cho ro-fheumail agus a bha e, 'nuair a bha e 'nar comas, an ni sin a thugadh air falbh le ana-ceartas aisig air ais, agus so a dhéanamh a thaisbeanadh, cha'n e mhain ar n-umhlachd dligheach do Chriosd mar Righ, ach mar an ceudna treibhdhireas ar n-aithreachais. Mhinich mi so dba o na Sgriobtuiribh Naomha, far am bheil e gu soilleir air aithneadh do na h-uil' a tha ciontach, an t-anaceartas a rinn iad air muinntir cile, mheud 'sa tha e 'nan comas, a leasachadh, agus far am bheil e air fheuchainn mar an ceudna as eugnáis so, nach 'eil am brón a tha iad ag aideachadh air son an uilc a rinn iad ach faoin agus meallta. Goirid an deigh so thug e dhomh mean-chunntas sgriohhta, mu na h-uile d'an d'thug e air iasad an t-airgiot a bhuiineadh do Mhurcha Ghrannt, agus gach ni a cheannaich e leis; agus, a sileadh mar gum b'ann deoir goirt os cionn na fala sin a dboirt e, dh'aithn e le dian-iarrtus gu'n d'thugta' an t-airgiot so do chairdibh Mhurcha. Dh'innis e dhomh gu pongail an dearbh aite 'san d'fholach e leabhar poc' a cheannaiche, agus e fo churam thaoblí nam paipéirean a blá air an tasgadh ann, 'san robh cunntas mu na fiachaibh a bláige ri fhaotainn aig an àm an do mhortadh e, fo eagal gu'n robh iad air am nilleadh le uisg' a gheamhraidh. 'Se aobhar an eagail, ann a bhi sparradh an dleasdanais sin, bhi 'g aisig air ais an ni sin a chaidh thoirt air falbh, gur lionmhor iad a tha 'g aideachadh a bhi fo bhrón air son so, a bhitheas air am saotuinn gu h-eagallach an deigh laimh air an aithreachas sin, a mhain a sheasas ri meidh an ionaid naoimh,\* far nach bi eiseachd 'sam bith anns a chreidimh sin, nach 'eil 'san t-seadh so a freagairt do'n eisimpleir chomharraicht' a thaisbean Sacheus, an cì-mhaor. A thaoblí MhicLeoid, bha e dhomh 'na mhór-sholas a bhi faicinn a churaim, chum an t-ana-ceartas a rinn e air cairdibh brònach an duin' a mhort e, a leasachadh.

Le ceud thoiseach an aithreachais 'na anam, blá teo-chridheachd 'òige cosmhul ri bhi ag ath-bheothachadh. Air feasgar a cheud láir an d'eutromaich e a choguis, leis gach ni a blá 'na inntinn innse.

---

\* an t-Sanctuari.

eadh dhomh, chaidh mi d' a chòs anns a phriosan, agus fhuair mi e gu h-iongantach stolda. " Tha mi mothachadh eallach throm air a thogail dhe m' inntinn an diugh," ars' esan, " tha mi 'n dochas gum faigh mi codal an nochd." " Am bu mhiann leat do phiuthar fhaicinn" arsa mise, " tha i ro-iarrtanach air t' fhaicinn ? " " O ! tha eagal orm," ars' esan, " nach seas m'fhaireachdainn ris a sin, agus gu'n tarraing e steach iomaguin an t-saoghail air m'anam, a bu chòir a nis bhi air a shlugadh suas gu h-iomlan ann an smuaintibh ro chùramach, mu bli 'g ullachadh air son na siorruidheachd, a tha dlùth orm." Gidh-eadh dh'aontaich e a fàicinn. Bha e 'na shealladh drùighteach dhomhsa da rireadh. Thuit i ann an neul \* air leabaidh a brathair. " A phiuthair," ars' esan gu ciuin, " cha'n iongantach ged bhiodh tu fo ghéur-chràdh ri mise fhaicinn anns a chor eagallach so. Tha do bhrathair 'na mhortair. Ach thoir an ro-aire nach bi thu fo ni's mo do chùram air mo shon-sa na air son t'anma fein. Gabh an Leabhar-Shalm so. Gheibh mise Leabhar-Shalm ni's mo na e am maireach. Gleidh air mo sgàths' e, ach dh'f haoidte gu'n cràdh e thu bhi cuimhneachadh air an ait\* anns an d'f huair thu e." " Uistein, a ghaoil Uistein," ars' ise, 's i labhairt ann an geur-chràdh muladach, " fuitteach mar a tha do lamhan cha'n urra' mo chridh' a dhi-chuimhneachadh gur tu mo bhrathair." Seachduin roimh a bhìas thug e dhomsa litir gu a cur a dh'ionnsuidh a phàrantan, anns an robh na briathran so :— " Tha mi 'guidheadh gu'n ceadaich sibh dhomh sgriobhadh d'ur n-ionnsuidh an aon uair so. Tha mi 'g aideachadh, gu'n d'thug mi bhur cinn liatha le bròn chum na h-uaigne ; agus bithidh sibh air 'ur cradh gu goirt 'nuair a chluinneas sibh aig àm 'sam bith m'ainm mi-shona air a luaidh. Agus cha'n iongantach e." \* \* \* " Ach gabhaidh mi do dhanadas orm fein a radh, gum bu chòir dhuibh bhi toirt buidheachais do'n Tighearn air son gu'n robh sgriobhadh eagallach mo dhitidh air a dhearbhadh, do bhrigh nam bithinn air mo shaoradh an la sin air an deach mo dhiteadh, gu brath cha'n fhaicinn Dia ann an trocair, oir b'f hearr leam dol an comhair mo chinn a dh'ifrinna mo chiont aideachadh." \* \* \* " Air dhomh bhi cho mi-shona 's gu'n do chuir mi am peacadh eagallach so an gniomh, tha mi le m' uile chridh' a toirt buidheachais do'n Tighearn uile-chumhachdach, 'nam uil' urnuighibh, air son gu'n robh mo chiont air a dhearbhadh. Chuir e fearg orm gum faca Dia iomchuidh binn mo dhitidh a bhi air a toirt amach cho luath ;

ach tha mi 'n diugh a faicinn gu'n robh e tuilleadh a's fada gum a bhi air a dhearbhadh." \* \* " Air son fola Mhurchaidh Ghrannt, tha mi ri bàs aimsireil fhlolang, ach tha dochas agam ri slainte shiorruidh. Cuiribh 'ur n-earb' anns an Tighearn, 's e mo dochas gum bheil sibh aig cathair nan gràs ag ùrnuigh air mo shonsa. 'Nam uil' urnuighibh air son m' anna neo-bhasmhoir fein, ann a bhi 'g iarraidh maitheanas 'nam uile pheacannaibh trid Iosa Criod, neach a's e " an t-slighe, an fhirinn, agus a bheatha," tha mise cur suas m' athchuinge ri Dia air bhùr sònsa. Tha mi fo bhròn do-labhairt gach la, air son gu'n do bhris mi an cuigeamh àithne ann an easumhlachd dhuibhse, ged shaoil leibh gu brath nach bitheadh an t-seathamh àithne air a briseadh leam. Thoirniug sibh dhomh gach ceum a threoraich gu briseadh na seathamh àithne. Dh'aithn sibh dhomh cùl a chur ris an uisge-bheatha, agus b'e an t-uisge-beatha aon do na nithibh sin a tharruing mi gu bhi 'nam mhortair. Fagaidh mi bhùr deagh chliu aig an Urramach Mr Alastair Clàrc, Ministeir ann an Inbhirnis." \* \* " Agus fagaidh mi aige mar an ceudna eachdrachd mo bheatha fein, fhad 's a's cuimhne leam sin." \* \* " Gum beannuich Dia araon sibhse agus mise. Tha dochas agam gum faic mi sibh ann am flaitheanas. Thugaibh mo bheannachd do m' pheathraichibh bhochd, agus thugaibh pòg do m' Dhònull beag gaolach air mo shonsa." \* \* " O ! mo mhathair bhochd !—O ! mo mhathair bhochd !—gu'n robh Dia maille rithe. Gràs ar Tighearna Iosa Criod gu'n robh maille ribhse agus riomsa, gu siorruidh ! Beannachd leibh. Is mise bhùr mac mi-shona."

Bha mise 'san àm sin a' labhairt ris mu ghaol Chriosd ; agus ann a bhi mineachadh an teagaisg sin, " Uistein," arsa mise, " tha mi cinnteach gum bheil thu taingeil dhoibhsan a tha cho caoimhneil dhuit 'sa phriosan ?" " Tha, ars' esan gu ro chaomh-all, " 'nuair a chluinneas mi 'ur guths' anns an tranns' a teachd a dh'ionnsuidh mo chòis, tha mo chridh' an sin a lasadh le gràdh dhuibh, nach comasach dhomh a chur an ceilidh." Tha fior aithreachas a deanamh atharrachadh iongantach air a ghiulan : 'se an dearbh shuidheachadh, anns am bheil na h-aignidhean blatha, a bha air an reothadh le buaidh a pheacaidh air an inntinn, a' toiseachadh ri comharraibh taitneach a thaisbeanadh.

Chuir mi fa chomhair an fhaireachdainn leis am bu choir do mhortair, a fhuair maitheanas, bàsachadh, a tha air mhodh sonraigheachd eadar-dhealaicht o fhaireachdainn neach a dh'fhuiling air sgàth fireantachd, agus gur e bhi 'ga thoirt fein suas gu toileach do'n bhàs a dh'orduich Dia mar pheanas a pheacaidh, aon do thoraidhibh a chreidimhsan. Air maduinn an làtha a shuidhich-

eadh air son a chrochaidh, dh'innis e dhomhsa nach robh iarrtus  
 a nis aig' air a bhàs a sheachnad, agus gu'n robh e làn-dearbhte,  
 nan caomhnadh daoin'a bheatha, gum peacaicheadh iad an aghaidh  
 toil Dhe, a tha 'g agairt fuil a mhortaire. " Cha'n 'eil mi smuain-  
 eachadh," ars' esan, " gum bu chòir dhomh bàsachadh mar  
 mhartarach ; tha briathran cui'd a bhàsaich air son a chiont' dhe'm  
 bheil mise coireach, a cur mor-iongantais orm. Cha'n urradh  
 mi a nheas gu'n robh iad ceart ; tha mis' a fulang peanais choth-  
 romaic air sòn ciont' a tha ro-oillteil. Ach tha mi anis gu h-iriosal  
 taingeil air son an dochas sin, gum bheil mo pheacaidhean cròdh-  
 dhearg air am maitheadh, agus gur e am bàs làireach a tha mi gu  
 fhulang mo pheanas deireannach." Airdhomhsa ràdh ris gum faod-  
 adh e bhi air a ghiùlan gu àit a chrochaidh ann an cairt, nam b'e bu  
 roghnaiche leis, " Cha'n eadh," ars' esan, " is fearr leam coisceachd  
 maille ribhse ; nam bithinn air mo ghiùlan, shaoilteadh gu'n robh  
 mi mi-thoileach air a bhàs f' hulang. A nis bu mhiann leam bhi  
 taisbeanadh, gum bheil mi géilleadh gu toileach do'n pheanas  
 cheart a tha air aithneadh ann an lagh mo Dhe, air son mo chiont'  
 uamhasaich. Tha mi beannachadh Dhe air sòn gu'n robh mo  
 chiont air a thoirt gu solus ; tha mi fo bhròn air son gu'n robh e cho  
 sad' air a cheiltinn. Tha mi creidsinn nam bitheadh e air f' haot-  
 ann amach ni bu tràthaile, nach bitheadh m' inntinn cho mòr air a  
 cruadhachadh, ni mo a chostadh mo règ-mhuineelas spàirn cho  
 eagallaeh dhomh." " 'Se so an cothrom deireannach anns am  
 bi comas agad air labhairt rioms' ann an uaigneas anns an  
 t-saoghal so," arsa mise, " agus uime sin ma tha ni 'sam bith  
 eil' agad ri radh rium, 'se so an t àm.' Thubhairt e gu'n do  
 rùnaich e sgriobhadh a dh'ionnsuidh 'athar air Di-sathairne, ach  
 gu'n robh e air a bhacadh o sin, le muinntir a bhi tighinn 'ga  
 amharc, agus a nis dh'àithn e dhomhsa sgriobhadh a dh'ionn-  
 uidh 'athar, 'nuair a bhitheadh e cothromach dhembh, agus a  
 ràdh nach robh iarrtus aig' air a bhi beo ni b'fhaide—gu'n do  
 bhàsaich e ann an sìth, agus gu'n robh e air a chràdh gu mòr  
 air son a mhaslaidh a thug e air san. Cha b'rrainn e nis saor-  
 sainn a ghabhail ann an earrann air bith dhe'n t-sabaid a mhi-  
 bhuileachadh, an la sin a mhi-naomhaich e gu tric, anns an  
 uine a chaidh seachad ; eadhon ann an litir a sgriobhadh,  
 ebum smuaintean m'a bhas a phairteachadh r'a pharantaibh,  
 a bha nis fo bhristeadh-cridhe (an litir sin nach robh e  
 'na chomas a sgriobhadh air Di sathairne.) " Ach," ars'  
 esan, " tha aon ni a tha 'na callach trom air mo spiorad, agus 'se  
 sin staid dhithis de m' chompanaich, do'n do theagaisg mi a bhi  
 mealladh mhaighdeanan òga, mar a rinn mi fein. 'S iad —,  
 agus —. Cha mhath leam gu'n luaidheadh sibhs' an ains-

meannan ri neach 'sam bith eile. 'Se mhain na bu mhath leam sibh a chur an ceil, gu'n robh e 'na mhòr-bhròn dhomhsa, nach b'urrainn mi rabhadh a thoirt dhoibh aghaidh ri aghaidh, mu'n chomhairle mhallaicht' a thug mi dhoibh, cuimhnichidh iad fein so, gun labhairt riu air an ainm. O ! gu'n robh mo bhàs mas-lach 'na mheadhon ann an cosg a chur air an ole sin, gus an do tharruing mi iad. Dh'iuinis mi nis dhuibh, cho fad' 's a's cuimhne leam, gach earrann do eachdraidh mo chaithe-beatha chiontaich. Agus thug so eutromachadh mor do m'inntinn. B'e Di-luain, an ceathramh la fishead do mhios dheireannach an fhoghair 1831, a shuidhicheadh air son a chrochaidh. Choisich e sios staidhrichean a phriosain gu suidhichte ciallach. An uair a bha e teachd a nuas thubhairt e rium, " innisibh dom' athair gum bheil mi creidsinn gum bi e gu h-aith-ghearr ann am flaitheanas, agus tha mi gu h-iriosal ag earbsadh gum bi mi fein an sin gu 'choinneachadh." Air an t-slighe dh'ionnsuidh na croiche, a bha dlùth do mhive o'n phriosan, bluanach e air tùs ann a bhi ieughadh a Bhiobuill le mòr-dhurachd, agus an sin 'nuair a bha caoidh cuid a' cur mor-iomaguin air, thubhairt e gu ciuin, " na gulaibh air mo shons', ach air bhur son fein," agus an sin thoisich e air seinn earrainnean do chaochladh shalmaibh le guth laidir reidh. 'Nuair a dhìrich e sgàlan na croiche, thuit e air a ghilùnaibh, agus rinn e ùrnuigh car tamuill ann an tosdachd. Air 'iarrtus fein leugh mise Salm li. 14, 15, 16, 17, agus an deigh an seinn, dh'iarr e orm an cuigeadh caibdeil deug do'n t-soisgeul a reir Lucais a leughadh, agus an deigh sin rinn ni urnuigh. Dhruigh na rannan sin, dhe'n euala mi e seinn cuid gu tuirseach na chòs 'sa phriosan, a bba air doigh araidh freagarrach d'a staid, gu mor air 'inntinn ; agus mar an ceudna an caibdeil a chaidh a leughadh, anns am bheil cunntas mu aoibhneas nan aingeal, osciunn pheacach air an iompachadh, agus mu'n mhac stròdhail a pilltirn gu tigh 'athar. An deigh do'u urnuigh bhi air a criochnachadh, labhair e an sin ris an t-sluagh, air doigh a bha ro-fhreagarrach, a saoradh gach aoin neach eile o chuid no pairt a bhi aca anns a mhort, ag aid-eachadh ceartas a bhinn, a cur an ceil, nan gabhadh esan comh-airl' a phàrantan, nach d'thigeadh e gu brath an sud. agus a toirt iomadh earail gle chudthromach do'n oigridh mu thimchioll chairtean, uisge-beatha, agus bhoirionnaich. Air dha iomadh uobhar ainmeachadh ni'a dhol air seachran, labhair e am focal sin, uisge-beatha, da uair le guth ard agus gheur. " Gu brath," ars' esan, " cha lainhsichinn cairt, agus ma's toil leibh cuid-eachd bhoirionnaich, faighibh mnathan dhuibh fein, nam b'aill leibh iomadh rib a sheachnad. Mu mheadhon an earail so, chuir e'n ceil ann am briathraibh ro-chaomhail, beachd a bha air doigh

comharracht' a taisbeanadh gu'n robh Spiorad Chriosd a' gabhail comhnuidh ann am MacLeod am mortair. "Mo chairdean òga, nam bithinnse cinnteach gum bitheadh e 'na rabhadh eifeachdach dhuibhse, chum 'ur pilleadh o na ceumaibh mallaicht' anns an do shiubhail mi fein roimh so le ciocras, is toileach a dh fhuil-inginn am bàs maslach so da uair." B'iongantach da rireadh an t-atharrachadh a bha na briathran sin a leigeil ris ann am faireachdainnibh an neach sin a bha aon uair 'na thraig do'n pheacadh, agus a dheilbh, le spiorad diabhlaidh, mort a bhios na ghnath-chuimhneachan oillteil air Loch-Torr-na-h-eiginn, do luchd-aitich Asaint. An deigh dha 'inntinn a chuir an ceil anns na briathraibh ro-mhothachail so, thainig cunnart na muinntir sin tarsuinn air 'inntinn, a tha cur dail ann an aithreachas gu leabaidh bais, agus gu ro-chudthromach thubhairt e—"thugaibh an roaire nach cuir sibh dail ann an obair an iompachaidh gus an aon uair deug. Dheonuich Dia dhomhsa uin' agus meadhon-aibh, chum pilleadh d'a ionnsuidh fein, ann an laithibh deireannach mo bheatha chiontaich, ach cha do gheall e sin a bhuiileachadh oirbhse." Bha so 'na fhirinn ro-chudthromach, a tha taisbeanadh, air mhodh comharracht', an cunnart eagallach a tha iad sin a ruith, a tha, gu àm a tha gu h-uamhunnach neo-chinnteach, a cur dail anns an obair mhor air son nach 'eil uin' air a deonachadh, ach aimsir na beath' a ta lathair. 'Nuair a chrioch-naich e na bh'aige ri radh ris an t-sluagh, rinn Mr Cennedi urnuigh gu ro-dhurachdach. Chaidh MacLeod an sin air a ghlunaibh, agus rinn e urnuigh gu tosdach. 'Nuair a dheirich e o ghlunaibh thubhairt mise, "Uistein, am bheil thu ullamh air son a bhais?" Fhreagair e gu sòlaimte, "tha mi." Le ceum seas-mhach, agus inntinn shuidhichte, chaidh e suas air stòl na croiche, 'Na chor aig an dearbh àm so bha ni-eigin gle chomharrachte. Bha an là frasach : coslach ris an la sin air an do chuir e 'n gniomh, mu bhliadhna gu leth roimh an àm so, an ciont uamhasach airson an robh e nis ris a bhas fhlang, a reir ceartais. Bha 'aghaidh air beanntaibh tir a dhuthchais—far an robh 'athchuimhneachadh air an teagast a fhuaireann an toiseach 'òige, gach rabhadh air an d'rinn e tarchuis, agus fuil an neach a mhort e, air mhodh sòlaimt' a' comh-chomhlaichadh fa chomhair na h-inntinn —agus far an robh a phàrantan, fo bhristeadh cridhe, a smuaineachadh air eall eagallach an dochais thaitnick sin, a bh'aca uair-eigin m'a thimchioll. Fa chomhair bha uisgeachan caolais Mhora, dluth do bhonn na croiche ; a bha gairm gu smuaintean cuid an t-uisg' aonarach sin air bruaich an do chuir e am mort so an gniombh, am leadh a bha e toirt gu inntinn cuid cile, bruaich na siorruidheachd neo-chriochnaichte sin air

an robh spiorad a mhortair' nis 'na sheasamh. Agus air do'n chrochadar an còrd a cheartachadh, thug e fein a nuas a chur-rachd air a shuilibh, agus le guth aoibhneach sheinn e Salm xxxi. 5, 6—

“ A'd' laimh-sa mhain, a Dhia nan dùl,  
Mo spiorad tiomnam suas ;  
A Dhia na firinn, is mo thriath,  
'S tu dh'f huasgail air mo chruas.  
“ Is fuath leam iad a bheir fainear  
Na breugan diomhaineach ;  
Ach dochas ann an Dia nan gras  
Chuir mi gu muinghineach.”

An sin, an deigh dha a radh gu solaimt', “ A Thighearn' Iosa glac mo spiorad,” thug e'n combarradh gu'n robh e deas—thuit an stòl—agus gun spairn air bith theich a spiorad do'n t-saoghal shiorruidh, chum comhail a thoirt do bhreitheamh nan uile. Rinn coslas ògail agus tlachdmhor MhicLeoid, uamharrachd a chiont', agus an irioslaichd agus a mhuinighin a bha ri'm faicinn 'na ghiulan, am bàs so 'na shealladh draughteach air doigh comharraicht. Bha mor-shluagh a lathair aig an am, agus bha cùid diubh fo mhor-ghluasad inntinn. An deigh do'n chorp a bhi an crochadh an uine ghnathaichte, chaidh a thoirt a nuas. Cha robh am fiaradh bu lugha ri fhaicinn 'na ghnuis, ach bha i cho seimh agus a chunacas i 'nuair a chaidh e suas air stòl na croiche. Chaidh a chorp a thoirt air ais do'n phriosan, roimh dha bhi air a chur do Dhunéidin, gu bhi air a shnasadh.\* Bu ni so air nach b'urrainn e smuaineachadh gun mhor-oillt, dà sheachduin roimh a bhàs. An deigh sin labhair e rium-sa m'a dheibhinn, agus leis a sin bha e ni bu reidhe ris. Bha corp Mhurcha, a mhortadh, air a thogail à 'uaigh fhuilteach, agus air adhlacadh am measg a chàirdean, ann an Loch Bhraoin; ach corp a mhortair' air a dhiteadh gu bhi air a chumail as an uaigh, agus fada o dhuslach 'aithrichean.

‘Nuair a tha mi 'g radh gun bheil dochas agam, gu'n do bhàs. aich MacLeod 'na dhuine iompaichte, cha dana leam a radh gum bheil mi cinnteach. Bha mi mean-eolach air cor 'inntinn. Air sgàlan na croiche chuir e'n ceilidh, gur ann dhomhs' amhain a thug e 'eachdraidh bhronach, agus gu'n do dhiult e freagradh a thoirt do na ceistibh, a chaidh chur air le muinntir eile, ag radh, gu'n innsinns' an t-ionlan dhoibh an deigh a bha. A reir gach ni a chunnaitc mise m'a thimchioll, tha dochas agam gu'n do bhasaich e air aonadh ris an Tighearn. Ach ni's fhaide

\* air a sgrudadh.

na so cha dana leam dhol. Cha bhuin e dhomhs' a bhi glacadh còir air an ni'sin a buineas do Dhia amhain. Cha robh a laithean air an sineadh, chum fior atharrachadh ann a staid a thaisbeanadh, le buanachadh gu seasmhach ann am meadhon thrioblaidean, thonnan bhuaireasach, agus mealltaireachd na beath' ata lathair. Ach do Dhia bha a chridh' aithnichte. Tha dochas agam gu'n d'rainig an gràs sin air-san, a thug maitheanas do Mhanaseh aithreachail agus irioslaicht'. Ach nam bu mhath leibhs' a bhi cinnteach a thaobh 'ur staid fein, pillibh a nis ri bhur Dia, agus na cuiribh dail aim gu uair bàis, 'nuair a dh'fheudas na daoin' a's glice bhi air am mealladh. Bu chiont uamhasach a chiont-sa, agus bu domhain an doghainn a dh'fhàisg a chridhe, 'nuair a bha e smuaineachadh air a cheannaich' a mhòrt e. Dh'innis e dhomh, ann am briathraibh ro-mhothachail, nach robh farmad aige riu-san a chaidh as o cheartas an lagha, an deigh dhoibh a bhi coireach dhe'n chiont a chuir e fein an gniomh. Bheachdaich e air ambeatha mar bheatha ro-thruagh, fo dhiteadh lagh a Chruth-fhir, agus am feadh: a bha am beatha mhallaicht' air a buanachadh, nach robh iad ach a' cur ciout' ri ciont. Tha dochas agam gum faic mi MacLeod fathast ann an aireamh na muinnntir sin, a tha air an saoradh o na h-uile diteadh. Chrioth-nach e gu tric, 'nuair a smuainich e, ciod nan deanadh Dia a cheartais esan a bhualadh marbh. 'nuair a bha corp beubanaicht' Mhurcha air a chur, le a lamhaibh f'huilteach-san, ann an uisgeibh fuar Loch-Torr-na-h-eigin. Tha e dearblite leam, nan ruigeadh a ghuth a nis air an t-saoghal a ta lathair, gu'n earalaich-eadh e air na h-uile an cunnart sin a sheachnadh, a ruith esan air an la eágallach ud, dheth nach comasach do dhuine beo an t-iomlan a lán-bhreithneachadh, mar a ni na spioradan sin a chaidh do'n t-saoghal shiornidh, air ball an deigh a bhais.

Tha mi toilichte le bli faicinn mu'n cuairt dhomh aireamh cho tuor, do'n mhuinnntir sin a's mo do'm bheil mo ghradh air thalamh, agus leis an f'hoighidin agus an doigh sholainte leis an d'eisd sibh rè uine cho fhada, agus moran agaibh fo mbi-ghoireas phearsant', a thaobh ro-dhomhladais an ionaid-noraidh so.\* Ach cha'chomasach dhomh dealachadh ribh air a leithid

\* Shearmonaich an t-Urramach Mr' Clarc air feasgar Di-luain (la a chrochaidh) do'n choimh-thional a's mo u's cuimhne leinn f'haicinn ann an ionad-aoraidh 'sam bith anns an aite so. Cha b'urrainn ni bu lugha na tri mile pearsa bhi an taobh a stigh do'n ionad-aoraidh, far an robh an domh-Jachadh tur do' ghiulainte, a thuilleadh air-na ceudabilh a bha gu foighid-peach ag eisdeachd an taobh a mach do na dorsaibh, re àm an aoraidh. Ged bha 'n t-sraid lan' gus an taobh eile (dh'i, dh'fhalbh moran nach robh a cluinnintu, 'Se ar barail gu'n d'thainig dlù air sea mile pears' a mach

so a dh'äm—am a tha mi guidheadh nach fhaic mi gu brath a leithid—gun fhocal no dha a dh'earail sholaimte a thoirt dhuibh.

Mo chairdean ro ghradhach!—Chuir mi co-dhunadh a nis air a chunntas aith-ghearr a runaich mi thoirt dhuibh, dheth aon do na h-eachdraidh a's muladaich' a thainig riamh fo m'aire, agus chriochnaichinn an aithris so, a tha gu geur a luasgadh m'fhaireachdaiann, leis an f'hanuis a chur gu coguis gach aon agaibh, ann am briathraibh goirid, ris am bheil mi guidheadh oirbh eisdeachd gu foighidneach, do bhrigh gu'm bheil e teachd o neach, cha'n e mhain aig am bheil mor-ghradh dhuibh, ach mar an ceudna air am bheil e mar f'hiachaibh, fo bhoid sholaimte, teachdaireachd Dhe a liuthairt gu firinneach. Mo luchd-eisdeachd oga, a tha toiseachadh air dol a steach air cuan buair-easach na beatha so, ann an uile eutromas na h-oige!—bithibh air bhur faicill roimh cheud-thoiseach an uile. 'Nuair a bha Uistein MacLeod air a ghiulan air aghaidh, le deigh air sgeudachadh agus òl, is beag a shaoil leis nach stadadh e guς an d'thigeadh e gu bhi 'na mhortair. Bithibh air 'ur faicill roimh bhi reith ann am fiachaibh—bithibh onorach—agus a chum 's gum bi sibh onorach, bithibh naomh 'n 'ur caithe-beatha—is cosdail an ni am peacadh—tarruingidh e sibh do na ribeachaibh sin o 'm bi e ni's ro dhuilghe dhuibh, gach àm, dol as. Bithibh seachnach air companachaibh neo-mheasarra agus aindiadhaidh. Ma tha sibh 'n 'ur seirbhisich, cleachdaibh gach uile dhichioll chum faotuinn a steach do na teaghlaicheibh a's mo anns am bheil do naomhachd; agus ma tha sibh air bhur n-eigneachadh, gu bhi deanamh seirbhis dhoibhsan a tha fuathachadh an Tighearn, smuainichibh air Obadiah, neach, air dha bhi deanamh seirbhis ann an tigh Ahaib agus Iesebeil, "air an robh eagal an Tighearna o 'oige." Teichibh o mhisg, ruidh tearachd, agus strogh-alachd, oir neartaich iad sin ann ami MacLeod na h-an-tograighean a tharruing e gu bhi 'na mhortair, agus thug iad air gu tric a radh, ann an doghrainn anna, gum b'fhearr leis nach beirt.

a dh'eisdeachd an t-searmon; chaidh moran diulbh dhachaidh, an dara cuid a chionn nach b'urra' dhoibh fhaotainn cho faisg agus gu'n cluinneadh iad, no nach b'urra' dhoibh fuachd na h-oidhche fhulaing air an t-sraid. Dubh'airis Mr Clark eachdraidh a mhortair' na shearmon, o'o d'fhog sinne caochladh nithe a tha air an cur sios ann an litir-naidheachd an la 'n diugh Ged chaidh da uair a thiome bhaileachadh ann an liuthairt na searmoin, dh'eisdeadh rithe le mor-aire, ach air uairibh gu'n do chuireadh staid airre, le osaichibh agus deurlaibh cuid do'o luchd-eisdeachd.—In-blairns, 28amh la do'n deicheamh mios, 1831.

N.B. Chaidh an cunnas so, a tha air a chur sios air leth o'n t-searmon, a thoirt o'n litir-naidheachd sin d'an ainm "an Journal" (no "Lathail.")

adh riabh e. Chuala sibh gu tric mu thimchioll creidimh. Bithibh air 'ur faicill o shaoilsinn, gum bheil fior-chreidimh aig an neach sin nach 'eil a leantuinn Chriosd mar a Righ. Tha creidimh ann, as am bheil cuid gu minic a' deanamh mor-uaill, agus a labhairt mu'n chomh-f hurtachd sin a tha e toirt dhoibh, ann am briathraibh uaibhlreach. Ach bithibh tan-chinnteach a thaobh nam faoin-chreidmheach sin, a tha sior-bhuanachadh ann a bhi 'cur an gniomh aingidbeachd, gum faighear iad sadheoidh 'nam muinntir nach do chreid an "soisgeul" riabh, agus gu'n cluinn iad na briathran eagallach sin o Chriosd, "cha b'aithne dhomh riabh sibh." 'Se am fior chreidmheach an duin' a's sona anns an t-saoghal so, agus 'san t-saoghal ri teachd. Is lionnibh rib o'n rachadh daoin' as, nam bitheadh e mar ro-churam orra Criosd a leantuinn anns na daimhlibh beannuichte sin, anns am bheil e air f'hoillscachadh dhuinn anns an t-soisgeul shiorruidh.

Mo chairdean a chaidh cheana fad' air 'ur n-aghaidh ann an seirbhis a pheacaidh!—Cha'n 'eil e tuilleadh a's anmoch pill-eadh. Cluinnibh guth Dhe. Tha Iehobhah a' mionnachadh. Tha e mionnachadh air fein. Agus ciod e an ni a tha e gu solaimte daingneachadh le 'mbionnaibh? 'Se so e. Eisdibh le mor iongantas. "Nach 'eil tlachd aig" ann am bàs an aingidh, ach gum pilleadhbh an t-aingidh o 'shlighe, agus gum bith-eadh e beo," Eseziel xxxiii. 11. Beachdaichibh gu sonraicht' air so: ged nach 'eil tlachd aig Dia'n 'ur bàs, gidheadh mur pill sibh bàsaichidh sibh. "Tha Dia trocaireach," deir iomadh duine neo-churamach cuthaicheil, am feadh a tha e sugradh air bruaich an t-sluis gun ghrunnd, "agus air an aobhar sin feudaidh mise bhi beo gun eagal mar a's aill leam." Gum "bheil Dia trocaireach," is aon so do na firinnibh a's glormhoire agus a's sò-lasaich' a chaidh riabh a sheirm ann an cluasaibh pheacaelh, a tha toillteanach air truaigh shiorruidh. Tha an trocair so air a taisbeanadh anns an t-sligte iongantach sin, a tha air a fosgladh chum dol as "o'n sfeirg sin a tha ri teachd," agus mar an ceudna anns na h-earailibh ro-dhurachdach agus chaombail, a tha air an sparradh air daoinibh ceannaireach neo-churamach, chum "pilleadh" air an la so air am bheil Dia a feitheamh ri bhi gràsmhor, do pheacachaibh a philleas. Ach runaich an "Dia trocaireach" so gu cothromach, air doigh a tha do-atharraicht', 'nuair a bhithcas la goirid na beatha so air dol seachad, agus a bhitheas iad air an glacadh le laimh treun a bhais, a ruith gu dian anns an t-sligh' a tha treorachadh sios gu ifrin, ann an sin gum bi a chorruich gu siorruidh a lasadh 'nan aghaidh-san uil' a thug cluas bhodhar do ghuth na trocair', a blia 'g athchuinge

orra pilleadh. Smuainichibh air an ionad, far am bheil stoirm corruiich neo-chriochnaichte gu brath a seideadh, am feadh nach toir dearsadh air bith do dhochas an soilleireachadh a's lugha, ré na h-oidhche neo-chriochnaichte sin, ann am meadhon duibhre an dorchadais sin tha osnайдhean an an-dochais a' seirm gun sgùr; agns gluaiseadh na nithe so uile sibh, chum stadh a dhean-aph air an t-sligh', a tha treorachadh chum doimhneachd an leir-sgrios sin nach feadar a thomhas; agus teichibh, am feadh 'sa tha e 'n 'ur comas, o sgrios do leasaichte. Na abraibh gum bheil an leithidean so do smuaintibh amhain freagarrach, chum clann bheag a chur fo gheilt, tha iad freagarrach chum criothnachadh a thoirt air a chridhe a's cruidhe. Tha e gu tric a tachairt, gum bheil daoin' a beachdachadh le caoin-shuarachas air na h-uamhasaibh so, do bligrigh nach 'eil iad a creidsinn teisteis De mu'n timchioll. Ach tl-ig an la sin, 'nuair a mhiannaicheas na miltean gu diomhain, gu'n robh iad air geur-aire agus creideas a thoirt do na nithibh so ann an tìm, mu'n d'thainig iad gu bual ulbh gu neo-eifeachdach aig geata na 'rocaire, an deigh dha bhi air a ghlasa th le crannaibh troma ruin shuidhicht' an De shiorruidh, nach gluaisear ni's mo le cumhachd air bith no cruaidh spairn urnuigh. 'Se nis an t-àm taitneach Tha Dia a feitheamh ri 'ur pilleadh. Am feadh a mhaireas a bheath' a ta lathair, cha'n 'eil aitreachas tuilleadh a's annnoch. Ann an uin' aith-ghearr, bithidh gach cothrom agus sochair a tha nis air am buileachadh, air an toirt air falbh gu siorruidh. Luathaichibh—O! luathaichibh! Ann an uine ghoirid bithidh 'ur staid shiorruidh air a suidheachadh, air doigh a bhios do-atharraicht'. Tha Criod a nis a toirt cuir adh gràsmhor dhuibh, leis a chaomhalachd neamhaidh sin a thaish-bean e, 'nuair a dhoirt e 'fhuil ar Calbhari. Tha beatha no bàs siorruidh an crochadh ris an roghainn sin a ni sibh, ré aimsir neo-chinnteach na heath' a ta lathair. Am bheil sibh a mothachadh 'ur cridh' anabarrach ain-deonach air gabail ri Criod 'na uile dhreuchdaibh? Gairmibh air an Dia sin a tha ceannsachadh tonnan na fairge bhuaireasaich, agus cuidichidh esan sibh gu buaidh a theirt air bhur toil. Ach seachnaibh comhairle na muinntir sin, nach 'eil air an toirt gus an soisgeul a chreidsinn, le'm b'aill sibh a chreidsinn gum bheil iad sabhailt, ciod air bith iomaguin fo'm feud iad fathast a bhi. Bithidh iadsan ul' a bhàsaicheas anns a staid so air an sgrios, le ar Tighearn Iosa Criod, 'nuair a dh'fhoillsichear e o neamh maille r'a ainglibh cumhachdach, 2 Tess. i. 8.

O sibhs a tha fiaradh nan Sgriobtuirean, chum bhur sgrios fein agus aimhleas mhorain mu' 'ur timchioll!—Thugaibh an aire nach cuir sibh peacadh MhicLeoid as leth an De naoimh.

**Is toibheum a radh mu Dhia gu'n do runaich e'n ciont uamhasach so, mar mheadhon iompachaideh a mhortaire.** Chruadhaich an ciont so gu nadurrach a chridhe, agus b'e toil De 'iompachadh, cha'n ann le meadhon a dheanamh do'n mhort a chuir e'n gniomh, ach a dh'aindeoin a chruadhbais eagallach cridhe, leis an d'rinn an gniomh oillteil sin fhuadachadh ni b'fhaid' as na bha e riamh, o'n atharrachadh bheannuicthe so. 'Sann 'nuair a thuggear so gu soiller, a their sibh m'a thimchioll, gur "aithinn e air a spionadh as an teine." Na cuiribh 'aithreachas-san as leth a pheacaideh uamhasaich a rinn e, ach as leth a ghràis iongantaich sin, a tha comasach air buaidh a thoirt air a chruadhas cridh', a bh'air a mheadachadh le ciont cho uamhasach. Bithibh air bhur faicill roimh bhi treòrachadh dhaoine gu beachd faoin a ghabhail air peacadh, le bhi 'g innseadh dhoibh gum feud e bhi na mheadhon chum an iompachadh. Tha'n teagast so 'g eas-onorachadh Dhe, agus millteach do'n pheacach, a dh'f heumas an dara cuid a bhi air iompachadh anns a bheatha so, no siorruidheachd uamhasach a chaitheamh ann an osnaibh neo-chuiochmaicite. Ma tha sibh fo eagal a bhi air 'ur gairm le Dia, gu freagairt air son a bhi 'cur as a leth nan nithe sin a's fuathach le a nadur—no ma tha truas agaibh ri anamaibh dhaoin' a tha mar so air an combair-leachadh, gu bhi 'teann-ghlacadh d'an ionnsuidh nan cuibhricilean sin, a cheanglas iad ni 's teinne ri an sgrios—cuiribh an aghaidh nam barilean ain-diadhaidh sin, a tha an Diabhol gu buadhach, fo sgàil aingil soills', a' cur ann an intinnibh neo f'haicilleach, chum croin do-chur an ceil, dhoibh fein agus do mhuiantir eile.

**Mo bhraithrean agus mo pheathraichean ann an Iosa !—Thugadh an sealladh a chunnaic sibh an diugh gu bhur cuimhne, an Tí sin a chaidh a mach an taobl a muigh do gheataibh Ierusalem, a giulan a chrann-ceusaidh throm.** Dh'f huiling an neach sin a chunnaic sibh a fulang an diugh, gu ro-cheart. Ach dh'f huiling Criod pianntan eagallach a bláis air bhur son-sa, chum slighe gu beatha shiorruidh f'hosgladh dhuibh. Smuainichibh air a nis, a chum gu'n dean ath-chuimhn' air na rinn e air bhur son, 'ur brosnachadh gu bhi sior-mheadachadh ann an naombachd. Bha e air a mhisneachadh ann am fulang a bhais, do bhrigh gum b'fhiorsach e air na sochairibh iongantach, a bhiodh air am pairteachadh ri miltibh gun aircamh de'n chinneadhaoine. 'Nuair a bha 'f'huolangas uamhasach air toisceachadh, bha a shuil a' beachdachadh air gach anam anns an ionad-aoraidh so, do'n robh tairgsibh na troeaire gu bhi air am frithealadh 'na ainni, cho math agus a bha e dearadh air an t-sluagh do-aircamh sin, a chomhnuictheas gu siorruidh 'na rioghachd neamh-

aidh. Cha'n 'eil e comasach gum pàidh siorruidheachd fein, na fiachan fo'm bheil sinn dhasan. Giulanamaid a mhasladh-san gu foighidneach ann am meadhon saoghail neo-churamaich. Agus am feadh 'sa tha iadsan a tha dol air seachran uaith, air am faic-inn a lionadh an t-saoghail le truaighe, biodh e 'na churam oirnn esan a leantuinn, a bha dol mu n cuairt a deanamh maith. Ann ar truas riusan a tha am peacaidhean gu tric 'nam mallachd do dhaoinibh, agus ann ar n-urnuighibh, maille ri cleachdadh gach meadhon air son an iompachaidh, taisbeanamaid an spiorad ceudna a nochd esan, 'nuair a dh'eisd e ri urnuigh aithreachail a ghaduich', a bàsachadh air a chrann-ceusaидh.

Cumamaid uile cuimhne air fàisgeachd na h-uair', anns am bi sinn 'n ar fianuisibh air sealladh a's uamhasaiche na so—na h-aingidh do gach imbh agus aois, firionn agus boirionn, air am pilltinn a dh'ifriinn, maille ris na h-uile chinneachaibh nach cuimhnich Dia, Salm ix. 17. Ceadaichibh dhonh a ghuidheadh oirbhse, mo cho-pheacaich neo-iompaichte—air gloir agus air uamhasaibh an t-saoghail ri teachd—air feirg Dhe, agus bàs Chriosd—air guth aslaich an t-soisgeil, agus air gach rabhadh solaint' a th'air a thoirt ann—air luach bhur n-anamanna neo-bhasmhor, agus air cunnart teachd gearr air slainte;—deanaibh spairn gu dol a steach air a gheata chumliang. Esan a thug earail dhùibh an diugh o sgàlan na croiche, agus a thug dhomhs', air bruaich na bith-bhuantachd, an eachdraidh eagallach o'm bheil mi nis 'g ar n-earalachadh, tha e nis san t-siorruidheachd mhoir. Agus feudaidh sibhs' a bhi air an oidhch' an nochd, ag eisdeachd ri fuaim dheireannach guth aslachaidh Dhe, a' gnuideadh oirbh pilleadh, chum gu'n d'theid sibh as o thruaighe shiorruidh, agus gu'n ruig sibh air beatha neo-bhasmlor. Cha bu bheag an sólas a thug e dhomh, ann am meadhon luasgaidh chràitich m' fhaireachdainn air an la'n diugh, nach b'e h-aon agaibhs' a chunnaic mi fo'n t-sail bhasmhor, an àit' a mhortaire. Nam b'ann mar sin a bhiodh a chuis, 's gann a tha fhios agam cionnus a b'urradh mi a ghiulan. Tha mi 'mothachadh ceangail daimh eadar sibhs' agus mise, nach biodh e ach diomhain dhomhsa ionnsuidh a thoirt air a chur an ceil

Mo cho-luchd bail' a tha air bhur n-iompachadh!—A luchd-aiteachaidh na cathrach shiorruidh! ceadaichibh dhomh aslachadh oirbh, air uil' aingidheachd an latha chul-sleainhnaich so, agus air sgàth truais 'ur Maighstir urramaich, bithibh fo churam air son gloir Chriosd, agus uisgichibh le bhur deuraibh 'san uaigneas, iadsan nach d'rinn riamh urnuigh air an son fein. Bitibh riaghailteach 'nur giulan fein. B'e giulan mi-riaghailteach cuid do luchd-aideachaidh aon do na meadhonaibh, leis an d'thug an

Diabhol air MacLeod a chreidsinn nach robh anns an diadhachd ach ainm, agus leis an d'fhug e air mar so cùl a chur ris a chairt-uil naomh so, ann a bhi stiuireadh am meadhon nan cunnartan lionmhòr, leis am bheil cuan na beatha so gu tiugh air a chomhdachadh, gus an d'fhuair se e fein air a ghilacadh, le laimh ceartais ath-dbiolaidh, a shaoil leis aon uair gu faoin a bhi ag amharc air as aonais feirge. Taisbeanaibh sibh fein 'san t-saogh-al mar litrichibh bheo Chriosd. Na d'thugaibh bhur gnuis do'n spiorad ana-creideach sin, a tha sgaileadh air feedh na tire, leis am bu mhiann aonachd naomh na firinn a sgrios gu tur, fo ainmibh dreachmhòr spiorad saorsainn (a tha uamha-ach), agus rannsachadh a mach nithe nuadha. Muinntir a tha do'n f'honn inn-tinn cheudna riusan a tha an t-Abstol ag ainmeachadh, 2 Timi. iii. 7, "A' sìr-f hoghlum, agus gun chomas doibh gu brath teachd chum eolais na firinn," a ta r'a f haicinn ann iad a bhi buntainn ri teagasgaibh Chriosd, mar nithibh a bhiodh gu buileach neochinnteach, agus air an doigh so teachd gu bhi 'fiaradh aitheantan ro-naomha-san, agus mar so 'bhi sgaileadh creach agus ainneart am measg gach comuin. Agus a lionadh na tire le truaighe ioma-fillte, mar a rinn muinntir an t-seann saoghal, gus fa dheireadh an robh corruiich Dhe air a tarruing a nuas, agus éigh chràiteach an t-sluaigh r'a chluinnntinn ann an uisge na dile, a bha nis a' cur an gniomh ruin an Tt sin a tha eagallach ann am feirg, cho math 'sa a tha e saoibhir ann an trocair. Sibhse a ta 'n 'ur maighstiribh ! Cumaibh air chuimhne an doigh anns am bheil sibh cunntasach do bhur Dia agus do 'ur duthaich, a thaobh na thig an lorg an teagaisg agus an eisimpleir a tha 'ur seirbhisich a faotainn uaibh. Cha'n ann a chum 'ur saoibhreas a mheudachadh, no 'ur n-ard-an a riarachadh, a tha bhur seirbhisich air an toirt dhuibh. Dhuraichdeadh sinn a bhi creidsinn d'ur taobhsa gu'n d'thig bhur seirbhisich, fo bhur curamsa, gu bhi nam buill fheumail am measg comuin, agus gu'n ruig iad air na sochairibh sin a bhios chum am maith ainsireil agus siorruidh. Agus a thaobh an doigh air an coimhlinn sibh 'ur dleasdanas anns an t-seadh so, ris am bheil duil air doigh cothromach, tha an la teachd anns an d'thoir sibh cunntas dhasan a "dh'iarras an ni a chaidh seachad," Leahhar an t-Searmonaiche, iii. 15.—Sibhs' a tha 'n 'ur coimhlearsnachaibh ! Thugaibh misneachd do aon a cheile ann an eagalan Tighearna, agus seachnaibh cuideachd luchd misg' agus uidh tearachd, mar nach bu mhath leibh bhi air bhur faotainn a' meudachadh ain-diadhaidheachd ar la, agus a tarruing sgrios siorruidh oirbh fein agus air blur companachaibh.

Smuainichibh air an toradh, air caochladh doighibh, a dh'fheudas sruthadh o na nithibh sin, d'am bheil sibh air 'ur brosnachadh gu bhur gnuis a thoirt, araon dhuibh fein agus do mhuinnir eile. Cha'n eil e comasach do'n duine sin, d'an aithn' agus a tha 'sireadh a shlainte shiorruidh fein, geill a thoirt do bheachd Chain—"am mise fear gleidhidh mo bhrathar?" Aithriche agus a mhathraiche! Deanaibh faire thar anaumannabhair 'ur cloinne. Is ro-luachmhор an ni sin a tha air earbsadh ribhse. Cuimhnichibh gur ann air son siorruidheachd a tha sibh a' togail suas bhur sliochd. Coinnichidh sibhs' agus iadsan gu h-aithghearr anns an t-saoghal neo-elriochnaichte. Gu'n deonaich Dia, am feadh 'sa tha sibh le gradh 'g an glacadh 'nur n-uchd, nach fhaic neach agaibh gu brath iad a toirt masladh follaiseach air bhur n-ainm; no, ann an doghrainn do-chur an ceilidh, nach cluinn sibh an guth ann am meadhon caoidh na muinntir sin a tha fo dhiteadh shiorruidh! Gu'n deanadh Dia Israel 'ur coimhidh, fo sgàil a ghleidhidh naoimh fein. Amen.

---

#### BRIATHRAN DEIREANNACH MHICLEOID.

Tha briathran MhicLeoid, a labhair e o sgàlan na croiche, air an cur sios annan so mar bha iad air an toirt anns an Litir Naigheachd ris an abrar "an Journal," (no "Lathair"), air an ochdaonh ja fichead do mhios dheireannach an fhoghair 1831, agus a reir 's mar chaidh an sgríobhadh o 'bheul fein, air sgàlan na croiche, gu curamach le Mr Stalcer, Fear-iuil na Litir-naigheachd cheudna. Chaidh a sgríobhadh gu puncaill, saor o fhocal no dha a dhi-chuimhnich e, agns tha iad sin air an toirt fainear 'san t-searmon, roimh so. Tha iad air an cur sios ann an so, do bhrig aum bheil e iomchuidh, air son iomadh aobhar, gum biodh iad air an deanamh follaiseach do na h-uile.

Is duilich leam nach urra' mi labhairt ribh anns a bheurl', ach làn-mbinichidh an t-Urramach Mr Clàrc dhuibh na tha mi dol a radh. O! mo chairdean, gabhaibh ris an ni a deiream, mar gum b'ani o dhuine marbh a thigeadh e—oir feudar beachdachadh orms' aig a cheart àm so, mar dhuin' a tha marbh do'n t-saoghal. Ghuidhinn air an òigradh a tha lathaир an so, iad a chuimhneachadh an Cruithfhear ann an laithibh an òige. Is tric a shaor leainsa gum biodh e trath ni's leoир dhomh fàs diadhaidh 'nuair a thigeadh sean aois, no 'nuair a bhithina air mo shinadh air

leabaidh tinneis no báis, ach O ! cionnus a mheall mi mi fein.  
 'Sann de throcair Dhe a tha e, gu'n robh mi air mo thoirt gu mothachadh dhethi mo chiont—gu'n deach stad a chur orm ann mo chursa peacach. Tla mi 'g aideachadh ceartais na binn' a chaidh thoirt a mach 'nam aghaidh, tha mi 'g aideachadh gu'n do thoill mi basachadh, a reir lagha na tìr agus lagha Dhe. Tha mi beannachadh an uile-chumhachdaich air son, ged tha moran d'a reachdaibh air an di-chuimhneachadh am measg dhaoine, gidheadh, gum bheil urrad dhe a lagh air a ghabhail a steach, ann an reachdaibh na duthcha so, 's gum bheil fuil a mhortaire air a h-iarrnidh, air son na fola neo-chiontaich a dhoirt e. Mo chairdean, bha mi ciontach ann an iomadh peacadh, ach cha do dhoirt mi fuil co-chreutair riamh ach fuil Mhurchaidh Ghrarnt. Cha robh lamh aig creutair beò 'sam bith eile 'sa mhort sin, ach agams'—'s mise 'nam aonar a rinn an gniomh ainiochdmhor so. Cha robh cuid no pairt 'sa mhort aig Coinneach Friseal, an neach a thug a leithid a chunntas iongantach fa chomhair na cùirte, mu'n blruadar a chunnaic e, ni mo a dh'innis mise dba m'a thimchioll. Cha robh, tha mi nis ag radh gu sòlaimte, nach d'innis mi do dhuine ri amh mu'n ghniomh, gus an d'aidich mi e do'n Urramach Mr Clàrc an deigh mo dhitidh. Cha robh fios-rachadh 'sam bith aig an Fhrisealach mu'n ghniomh, ach'dh'f hoill sich an Tighearn sealladh eagallach dha. B'aill leam labhairt ri sean agus òg, ach gu h-àraidh ris a mhuinnitir òg a tha'gam eisdeachd. Cha'n eil mi fein sean, ach chabhi mì ni's sine 'san t-saoghal so na tha mi, oir ann am beagan mhionaidean feumaidh mi bhì air mothaisbeanadh an lathair mo bhreithheimh; agus mo chairdean cha'n eil fhios agaibh ciod cho luath 'sa dh't heudas sibhse bhi air 'ur gairm, gu cathair-breitheanais an uile-chumhachdaich. Mar neach o na marbhaibh ghuidhinn oirbh, mo chairdean, sibh a chumail o'n uisge-bheatha—O ! o'n uisge-bheatha, oir ged bhithinnse beo ceud bliadh'n, cha chuirinn glaine gu brath ri m' cheann ; agus mo chairdean, na bithibhs' a cumail conaltraidh ri boirionnaich amайдeach, oir tha mi 'g radh mar an ceudna, ged bhithinn beo ceud bliadhna, cha'n fhosgailinn mo bhilean ri h-aon diubh—'s iad sin na h-aobhairean a tha mis' a coireachadh air son mo staid' mhuladaich aig an àm so. Tha mi ag radh a rìs, gum bheil mi a' labhairt mar neach o'n uaigh, ach mur creid sibh Maois agus na Faidhean, ni mo a chreideas sibh ged dh'earalaicheadh neach o na marbhaibh sibh. Cha'n eil ach beagan uin' agam chum labhairt ribh. Feumaidh wi greasad gu bàs. Nan ccadaicheadh an uin' e, b'urra mi labhairt gus ainmaireach, mu thimchioll mo chor, agus nan aobhairean a threoraiach g'a ionnsuidh; ach tha mi 'g 'ur scoladh a dh'ionnsuidh

Mr Clàrc, neach a tha gu searmonachadh dhuibh air an fheasgar so, agus a bheir cunntas firinneach dhuibh mu thimchioll nan nithe sin. Dhasan chuir mi 'n ceilidh an t-iomlan. Cha d'innis mi breug 'sam bith dha, ged 's iomadh breug a dh'innis mi riamh, agus chaidh moran a radh mu m' thimchioll nach robh 'na fhirinn. Cha 'n abair mi ribh gum bheil mi ann an Criosd, (oir cha'n 'eil m' earbs' a ni 'sam bith a ta annam fein), ach aig an am cheudna cha'n abair mi air chor 'sam bith, nach 'eil mi basachadh ann an Criosd, o'n tha mo dhòchas agus m' earbs' annsan air son slainte. O'n uair a chaidh mo bhinn a thoirt amach, dh'f hiosraich mi gun teagamh gum bheil Dia gràsmhor, agus gum bheil Dia trocaireach." (An so dh'f heoraich e ciod an uair dhe 'n la a bha e.) "Nis o'n tha mi, mar tha sibh a faicinn, 'nam sheasamh air stairsneach a bhàis, tha mi 'cur an céill gu sòlaimte, nach robh fiosrachadh 'sam bith aig mo chairdibh mu'n ghniomh oillteil. Cha robh, cha robl—rinn iad an dleasdanas riomsa, agus nam bithinn air leantuinn an seòlaidhean, cha bhithinn an so an diugh, 'nam sheasamh air sgàlan na croiche—air an ao-bhar sin, tha mi 'g radh ris na h-uile neach, "thoir onoir do t'athair agus do d' mhathair." An sin chriochnaich e mar so: "Oli, mo Thighearn agus mo Dhe, bi trocaireach do gach neach a tha lathair an so, agus deonuich gu'n gabh iadsan agus muinntir eile rabhadh, o'n chomharradh eagallach so de thoradh beath', a bha air a caitheamh ann am peacadh agus ann an eucoir. Nis, mo chairdean, slàn leibh—slàn leibh gu brath, agus gu'n robh an Tighearn 'g 'ur beannacbadh, agus a deanamh trocair oirbh uile."

MEARACHDAN A CHLO-BHUALAIDH.

Taobb Sreath

10	7	<i>airson</i>	firinnean	<i>leugh</i>	is firinn so
12	6	....	mu'n	....	ris an
31	11	....	peacadh	....	peacadh so
35	27	....	an robh	....	gu'n robh
38	35	....	a pheathar	....	a bhràthar
39	43	....	corruiich pheacach	....	anambiannaibh peacach
49	10	....	a tha dearbhadh	....	agus a mothachadh

N.B. ^ thuilleadh air mearachdaibh a chlò-bhualaidh a tha air an comharrachadh a mach ann an so, bheachdaich mi air mearachdaibh eile nach fùi an ainmeachadh, do bhrigh nach 'eil iad a bristeadh seadh nam briathran.

Tha e 'na mhòr-shòlas dhomh gu'n d' thug Ministerean diadhaidh agus Crioduidhean àraidh teisteanas ro thaitneach air an t-searmon a th'agùibh 'san leabhar so. Agus gum bheil an teisteanas ceudna air a thoirt leis an duine diadhaidh cluuiteach sin, agus mo charaid fiughaill, Mr Uilleam M'Gabhain, ann an Glascho, ughdar an leabhair sin d'an ainn am Protast-anach—agus gum bheil e 'na chomb f' hurtachd ro mhòr dha gum bheil i sit air a h-eadar-theangachadh gu Gaelic,

EBENESER DAVIDSON,  
An t-Eadar-theangair.















